	• Cuideachadh a thoirt do stiùirichean agus luchd-obrach le mìneachadh agus buileachadh a’ phoileasaidh le bhith a’ toirt ghoireasan, trèanadh agus stiùireadh seachad; • Comhairle a thoirt seacad air cùisean giùlain sam bith a tha air an togail; • Cuideachadh a thoirt le bhith a’ sgrùdadh cùisean giùlain.	• Assist managers and employees in the interpretation and implementation of the policy through the provision of tools, training and guidance; • Advise on any conduct issues raised; • Assist with the monitoring of conduct issues.
6	Measadh Buaidh Co-ionannachd	Equality Impact Assessment
6.1	Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh a dhleistanais gus dèanamh cinnteach nach	Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or

	dèanar leth-breith is nach bi duine sam bith fo ana-cothrom air sgàth aois, ciorramachd, ath-dhealbhadh gnè, pòsaidh is com-pàirteachais shìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè no taobhadh feise. Chaidh am poileasaidh seo a sgrùdadh tro Mheasadh Buaidh Co-ionannachd gus co-ionannachd a chomasachadh.	disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation. This policy has been screened through an Equality Impact Assessment to enable equality.
7	Earr-ràdh 1 – Ceanglaichean-lìn gu Stiùireadh Riaghaltas na h-Alba • Tìodhlaicean is Aoigheachd • Achd nan Rùintean-dìomhair Oifigeil • Inbhean Iomchaidh	Appendix 1 – Scottish Government Guidance Links • Gifts & Hospitality • Official Secrets Act • Standards of Propriety
8	Smachd Sgrìobhainn	Document Control

Dreach Version Number	Adhbhar/Atharrachadh Purpose/Change	Ùghdar Author	Ceann-là Date
V2	Review and Renewal	KNG	06/04/25



**Màthaireachd, Athaireachd, Uchd-mhacachd,
Fòrladh Pàrantach Cumanta agus Co-roinnte**

**Maternity, Paternity, Adoption,
Ordinary & Shared Parental Leave**

Air aontachadh le/Approved by: Comataidh Poileasaidh is Goireasan

Air aontachadh air/Approved on: 01/09/2021

Lèirmheas a dhìth/Review due on: 01/09/2023

Eadar-theangachadh dearbhte/translation checked: XXXXXX

Clàr-innse		Index
1.0	POILEASaidh air Màthaireachd	MATERNITY POLICY
1.1	Adhbhar	Purpose
1.2	Farsaingeachd	Scope
1.3	Mìneachadh Bhriathran	Definition of Terms
1.4	Modh	Procedure
1.5	Cùram ro bhreith	Ante-Natal Care
1.6	Slàinte is Sàbhailteachd	Health and Safety
1.7	Làithean Cumail ann an Coluadar	Keeping in Touch Days
1.8	Tilleadh a dh'Obair	Return to Work
1.9	Còirichean Luchd-obrach rè agus an dèidh Màthaireachd	Employee Rights During and After Maternity
1.10	Measadh Buaidh air Co-ionannachd	Equality Impact Assessment
2.0	POILEASaidh air Fòrladh Neonatal	NEONATAL LEAVE POLICY
2.1	Adhbhar	Purpose
2.2	Farsaingeachd	Scope
2.3	Fòrladh Sreath 1	Tier 1 Leave
2.4	Fòrladh Sreath 2	Tier 2 Leave
2.5	Measadh Buaidh air Co-ionannachd	Equality Impact Assessment
3.0	POILEASaidh air Fòrladh Athaireachd	PATERNITY LEAVE POLICY
3.1	Adhbhar	Purpose
3.2	Farsaingeachd	Scope
3.3	Cho fad 's a mhaireas Fòrladh Athaireachd	Length of Paternity Leave
3.4	Pàigheadh Athaireachd Reachdail (SPP)	Statutory Paternity Pay (SPP)
3.5	Sochairean Cùmhnantail	Contractual Benefits
3.6	Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Athaireachd	Return to Work after Paternity Leave
3.7	Measadh Buaidh air Co-ionannachd	Equality Impact Assessment
4.0	POILEASaidh air Uchd-mhacachd	ADOPTION POLICY
4.1	Adhbhar	Purpose
4.2	Farsaingeachd	Scope
4.3	Mìneachaidhean	Definitions
4.4	Ion-roghnachd	Eligibility
4.5	Cho fad 's a mhaireas Fòrladh is Pàigheadh Uchd-mhacachd	Length of Adoption Leave and Pay
4.6	Pàigheadh Uchd-mhacachd Reachdail	Statutory Adoption Pay
4.7	Brath gu bheillear am beachd Fòrladh Uchd-mhacachd a ghabhail	Notice of Intention to take Adoption Leave
4.8	Teisteanas Maidsidh	Matching Certificate
4.9	Sochairean Cùmhnantail	Contractual Benefits
4.10	Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Uchd-mhacachd	Return to Work after Adoption Leave
4.11	Measadh Buaidh air Co-ionannachd	Equality Impact Assessment
5.0	POILEASaidh air Fòrladh Pàrantach Cumanta	ORDINARY PARENTAL LEAVE POLICY
5.1	Adhbhar	Purpose
5.2	Farsaingeachd	Scope
5.3	Làn-chòir	Entitlement
5.4	A' dèanamh iarrtas airson Fòrladh Pàrantach Cumanta	Requesting Ordinary Parental Leave
5.5	Cur an dàil Fòrladh	Postponing Leave

Formatted: Font: Bold

Formatted: Font: Not Bold

Formatted: Font: Not Bold,

Pàipear 5.1 PT3.1

<u>54.6</u>	Sochairean Cùmhnantail	Contractual Benefits
<u>54.7</u>	Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Pàrantach Cumanta	Returning to work following Ordinary Parental Leave
<u>54.8</u>	Measadh Buaidh air Co-ionannachd	Equality Impact Assessment
<u>65.0</u>	POILEASÀIDH AIR FÒRLADH PÀRANTACH CO-ROINNTE	SHARED PARENTAL LEAVE POLICY
<u>65.1</u>	Adhbhar	Purpose
<u>65.2</u>	Farsaingeachd	Scope
<u>65.3</u>	Ion-roghnachd airson Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Eligibility for Shared Parental Leave
<u>65.4</u>	Làn-chòir	Entitlement
<u>65.5</u>	Brath air làn-choir air Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Notification of an entitlement to Shared Parental Leave
<u>65.6</u>	Dearbhadh air Ion-roghnachd	Evidence of Eligibility
<u>65.7</u>	A' bucaigeadh Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Booking Shared Parental Leave
<u>65.8</u>	Brath air Fòrladh Leantainneach	Continuous Leave Notifications
<u>65.9</u>	Brath air Fòrladh Neo-leantainneach	Discontinuous Leave Notifications
<u>65.10</u>	A' freagairt ri Brath air Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Responding to a Shared Parental Leave Notification
<u>65.11</u>	Atharrachaidhean do Fhòrladh Pàrantach Co-roinnte a chaidh a chur air dòigh cheana	Variations to arranged Shared Parental Leave
<u>65.12</u>	Pàigheadh Pàrantach Co-roinnte	Shared Parental Pay
<u>65.13</u>	Sochairean Cùmhnantail	Contractual Benefits
<u>65.14</u>	Coluadar rè Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Contact during Shared Parental Leave
<u>65.15</u>	Làithean cumail ann an coluadar rè Fòrladh Pàrantach Co-roinnte (SPLIT)	Shared Parental Leave in Touch Days (SPLIT)
<u>65.16</u>	Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Returning to Work After Shared Parental Leave
<u>65.17</u>	Measadh Buaidh air Co-ionannachd	Equality Impact Assessment
<u>76.0</u>	Smachd Sgrìobhainn	Document Control

1.0 Poileasaidh air Màthaireachd

1.1 Adhbhar

Tha am poileasaidh seo a' cur an cèill còirichean agus làn-chòirichean an luchd-obrach aig Bòrd na Gàidhlig a tha leatromach, aig a bheil cèile a tha leatromach no a tha ag uchd-mhacachadh pàiste is tha am poileasaidh ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach fiosrach air na sochairean (a thaobh pàigheadh agus fòrladh) an dà chuid reachdail agus a bharrachd a tha rim faotainn.

Tha a' buidheann an geall nach bithear a' dèiligeadh ri neach-obrach sam bith ann an dòigh nas mì-fhàbharaiche, no gan cur à dreuchd, a chionn 's gu bheil iad leatromach, neo-làthaireach air fòrladh màthaireachd, no airson adhbhar sam bith eile ceangailte ri leatrom no màthaireachd.

Tha am poileasaidh seo a' cur an cèill na riatanasan a thaobh bhrathan air feadh leatrom an neach-obrach, bho thoirt brath air leatrom gu tilleadh a dh'obair.

1.2 Farsaingeachd

Tha am poileasaidh seo a' mìneachadh nan còirichean is làn-chòirichean a th' aig luchd-obrach a thaobh màthaireachd, a bharrachd air na dleastanasan aca, agus tha e a' dèiligeadh ris a h-uile seòrsa de luchd-obrach, gun umhail air uairean a thide a tha iad ag obair, fad seirbheis no dè cùmhnannt air a bheil iad air an fhastadh.

1.3 Mìneachadh Bhriathran

- **pàigheadh màthaireachd reachdail** (*statutory maternity pay—SMP*) Thèid seo a phàigheadh ri luchd-obrach ion-roghnach a tha a' gabhail fòrladh màthaireachd no a tha a' fàgail cosnadh ri linn leatrom no breith-chloinne. Thèid SMP, nas lugha cis agus tabhartasan Àrachais Nàiseanta, ma tha sin iomchaidh, a phàigheadh gach mìos. Faodar SMP obrachadh a-mach air stèidh làitheil.
- **seachdain sa bheilear an dùil gum bithear ri**

Maternity Policy

Purpose

This policy sets out the rights and entitlements of employees of Bòrd na Gàidhlig who are pregnant, whose spouse is pregnant or who are adopting a child and aims to ensure that employees are aware of the benefits available both statutory and additional (pay and leave).

The organisation is committed to no employee being treated less favourable or dismissed because they are pregnant, absent on maternity leave, or any other reason connected with pregnancy or maternity.

This policy sets out the requirements regarding notification throughout an employee's pregnancy from notification of pregnancy to return to work.

Scope

This policy outlines the maternity rights, entitlements and obligations of employees and covers all categories of employee, regardless of hours worked, length of service and the contract on which they are employed.

Definition of Terms

- **statutory maternity pay (SMP)** is payable to eligible employees who take maternity leave or leave employment because of pregnancy or childbirth. SMP, less tax and National Insurance Contributions, if applicable, will be paid on a monthly basis. SMP may be calculated on a daily basis;
- **expected week of confinement (EWC)** is the week in which the baby is due to

breith-chloinne (*expected week of confinement—EWC*) an t-seachdain sa bheilear an dùil gum beirear an leanabh, a rèir teisteanas bho dhotair no bean-ghlùine an neach-obrach sgrìobhte air an teisteanas màthaireachd (MATB1);

be born as certified by the employee's doctor or midwife on the maternity certificate (MATB1);

- **Teisteanas MATB1** an teisteanas airson shochairan màthaireachd a bhithear a' toirt do neach-obrach leatromach le dotair no bean-ghlùine. Bidh e a' cur an cèill an t-seachdain sa bheilear an dùil gum bithear ri breith-chloinne (EWC);
- **fòrladh màthaireachd** an ùine sam bithear air falbh bhon obair ri linn màthaireachd. Tha làn-chòir aig a h-uile neach-obrach, ge bith dè cho fhad 's a tha iad air a bhith ag obair don bhuidhinn, air 26 seachdain de dh'fhòrladh màthaireachd cumanta, air an leantainn le 26 seachdain de fdh'fhòrladh màthaireachd a bharrachd. Chan fhaod fòrladh tòiseachadh barrachd is 11 seachdain ron t-seachdain sa bheilear an dùil gum bithear ri breith-chloinne (EWC);
- **ùine airson pàigheadh màthaireachd** (*maternity pay period—MPP*) an ùine sam bi pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) ri pàigheadh do neach-obrach a tha ion-roghnach;
- **pàigheadh màthaireachd** Bidh làn-chòir aig a h-uile neach-obrach, far a bheil iad ion-roghnach, air 39 seachdain de Phàigheadh Màthaireachd Reachdail. Thèid seo a phàigheadh aig: 6 seachdainean aig 90 sa cheud de thuarastal seachdaineil cuibheasach agus na 33 seachdainean a chòrr aig a' phrìs neo-chaochlaideach airson pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP)
- **pàigheadh màthaireachd a bharrachd** Far a bheil neach-obrach ion-roghnach air naoi mìosan de phàigheadh màthaireachd, bidh làn-chòir aca air pàigheadh màthaireachd a bharrachd. Far a bheil luchd-obrach ion-roghnach air pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP), bidh iad ion-roghnach air a' phàigheadh mheudaichte, air chumha gu bheilear a' coileanadh nan slatan-tomhais a thaobh tilleadh a dh'obair.
- **MATB1 certificate** is the maternity benefit certificate given to a pregnant employee by the doctor or midwife. It states the expected week of confinement (EWC);
- **maternity leave** is the period of time away from work due to maternity. All employees, regardless of length of service are entitled to 26 weeks ordinary maternity leave followed by 26 weeks additional maternity leave. Leave cannot begin more than 11 weeks before the EWC;
- **maternity pay period (MPP)** is the period during which SMP is payable to an eligible employee;
- **maternity pay** All eligible employees will be entitled to 39 weeks of Statutory Maternity Pay. This will be paid at: 6 weeks at 90% of average weekly earnings and the remaining 33 weeks at the flat rate SMP
- **additional maternity pay** Employees who qualify for nine months maternity pay will automatically be entitled to take the additional maternity pay. Employees that qualify for SMP will qualify for the enhanced payment, providing the criteria on returning to work is met.

1.4 Modh

Procedure

Pàipear 5.1 PT3.1

Nuair a tha neach-obrach a' faighinn daingneachadh meidigeach gu bheil iad leatromach, bu chòir dhaibh brath sgrìobhte a chur gu an stiùiriche-sreatha mu dheidhinn agus, is ma thèid iarraidh orra, teisteanas meidigeach a thoirt seachad mar dhaingneachadh.

When an employee receives medical confirmation that they are pregnant, they should immediately notify their line manager in writing of this and, if requested to do so, provide a medical certificate confirming it.

Tha seo air chor 's gun tèid aig Bòrd na Gàidhlig a dhèanamh cinnteach, far an gabh a dhèanamh gu reusanta, gum bithear a' seachnadh cunnart sam bith don t-slàinte is sàbhailteachd aca a dh'fhoadadh èirigh bhon obair aca.

This is to enable Bòrd na Gàidhlig to ensure, as far as is reasonably practicable, that any risk to their health and safety arising from their work may be avoided.

Aig a' char as anmoiche, bu chòir do neach-obrach brath a chur gu Bòrd na Gàidhlig gu bheil iad leatromach 15 seachdain ron t-seachdain sa bheilear an dùil gum bithear ri breith-chloinne.

At the latest, an employee should notify Bòrd na Gàidhlig that they are pregnant 15 weeks before the expected week of confinement.

Tha e mar phàirt den phoileasaidh a bhith a' tairginn taic is cobhair, far an gabh sin a dhèanamh, rè na leatromachd agus an dèidh na breithe. Aon uair 's gu bheil Bòrd na Gàidhlig mothachail air leatromachd an neach-obrach, bithear a' cur fios chun an neach-obrach air an reachdas làithreach agus comhairle dhaibh air còirichean is riatanasan uile.

It is part of the policy to offer support and assistance where possible during the pregnancy and after the birth. Once Bòrd na Gàidhlig is aware of an employee's pregnancy the employee will be informed on the current legislation and advised on all rights and requirements.

Bithear a' toirt fios dhaibh cuideachd a bheil iad ion-roghnach air na 26 seachdain de dh'fhòrladh màthaireachd cumanta agus 26 seachdain de dh'fhòrladh màthaireachd a bharrachd. Bidh làn-chòir aig a h-uile neach-obrach air 52 seachdain de fhòrladh màthaireachd reachdail. Tha seo a' buntainn ris a h-uile neach-obrach ge bith dè fad a' seirbheis.

The employee will also be informed whether they are eligible for the 26 weeks ordinary maternity leave and 26 weeks additional maternity absence. All pregnant employees are entitled to 52 weeks statutory maternity leave. This applies regardless of length of service.

Taobh a-staigh 28 là bho innse don fhaisteach gu bheil iad leatromach, bu chòir brath a chur gu luchd-obrach air a' chòir aca air fòrladh is pàigheadh màthaireachd. Bu chòir aontachadh cuideachd air ceann-là tillidh an dèidh an fhòrlaidh mhàthaireachd.

Employees should be notified within 28 days of telling the employer they are pregnant, their right to maternity leave and pay. A date of return should also be agreed following the maternity leave.

Bidh an neach-obrach ion-roghnach air pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) ma bhios iad fastaichte le Bòrd na Gàidhlig fad 26 seachdain gu leantail nuair a tha 15 seachdain ann gus an t-seachdain sa bheilear an dùil ris an leanabh agus ma tha iad a' cosnadh co-dhiù gu leòr a thaobh adhbharan Àrachais Nàiseanta. Thathar a' pàigheadh pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) fad 39 seachdain.

The employee will qualify for SMP if they have been employed by Bòrd na Gàidhlig continuously for 26 weeks by 15 weeks before the week the baby is due and earns at least enough to be relevant for National Insurance purposes. SMP is paid for 39 weeks.

~~Ach, t~~Tha am pàigheadh màthaireachd aig Bòrd na Gàidhlig nas fialaidh na an t-ìos-mheud reachdail agus, ma tha luchd-obrach ion-roghnach air pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP), bidh iad ion-roghnach air a' phàigheadh a bharrachd, air chumha gu bheil a' coileanadh nan riatanasan a thaobh tilleadh a dh'obair.

~~However,~~ Bòrd na Gàidhlig maternity pay is more generous than the statutory minimum and if employees qualify for SMP they will qualify for the enhanced payment, providing the criteria on returning to work is met.

Formatted: Not Highlight

Bidh a h-uile neach-obrach a tha ion-roghnach a' faighinn 26 seachdain aig pàigheadh slàn, air an leantainn le 13 seachdain aig pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) agus 13 seachdain gun phàigheadh. Gus am pàigheadh meudaichte seo fhaighinn, feumaidh an neach-obrach gabhail os laimh, ann an sgrìobhadh, ri tilleadh don dreuchd thùsail aca airson co-dhiù ~~ae~~~~n~~~~tri~~ mhiosan de dh'obair.

All qualifying employees will receive 26 weeks at full pay followed by 13 weeks at SMP and a further 13 weeks unpaid. In order to receive this enhanced payment, the employee must undertake, in writing, to return to their original post for a minimum period of ~~three~~~~one~~ working months.

Formatted: Not Highlight

Ma tha an neach-obrach a' dearmad air tilleadh don dreuchd thùsail (~~no dreuchd eile aig a bheil teirmichean is cumhaichean coltach~~) bidh aca ri pàigheadh air ais do Bhòrd na Gàidhlig an diofar eadar an t-airgead a fhuair iad agus na pàighidhean màthaireachd reachdail air a bheil iad ion-roghnach. Gheibhear an gnothach seo bho Cheann an Ionmhais is Chùisean Corporra.

If the employee fails to return to the original post (~~or a post which has similar terms and conditions~~) then they will be liable to repay to Bòrd na Gàidhlig the difference between the money they have received and the statutory maternity payments to which they are entitled. This undertaking can be obtained from the Head of Finance and Corporate Affairs.

Far a bheil luchd-obrach ion-roghnach air fòrladh màthaireachd cumanta, bidh iad ion-roghnach air fòrladh màthaireachd a bharrachd.

Employees who qualify for ordinary maternity leave will also qualify for additional maternity leave.

Ma tha neach-obrach a' moladh gun till iad a dh'obair tràth gun a bhith a' cleachdadh an làn-chòrach iomlaine air 52 seachdainean de fhòrladh màthaireachd, dh'fhaodadh gum bi iad ion-roghnach air iarrtas a chur a-steach airson fòrladh pàrantach co-roinnte còmhla ris a' chèile aca. Airson tuilleadh fiosrachaidh air seo, faic an earrann air fòrladh pàrantach co-roinnte.

If an employee proposes to return to work early without using the full 52-week entitlement to maternity leave, they may be eligible to apply for shared parental leave with their partner. For more information on this, please see the shared parental leave section.

Formatted: Body Text, Justified, Right: 0.14 cm, Tab stops: 5.52 cm, Left

Ma tha neach-obrach dheth tinn le tinneas ceangailte ri leatromachd rè ceithir seachdainean ron t- seachdain sa bheil an dùil gum bithear ri breith-chloinne, thèid pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) (no am pàigheadh a bharrachd, far a bheil sin iomchaidh) a phàigheadh mar bhuil.

If an employee is off sick with a pregnancy related illness during four weeks before the expected date of confinement then statutory maternity leave and pay will commence.

Faodaidh pàigheadh màthaireachd tòiseachadh air an latha a' thòisich am fòrladh màthaireachd.

Maternity pay will begin on the day maternity leave begins.

1.5 Cùram ro bhreith

Bidh làn-chòir aig neach-obrach ri ùine dheth pàighte, rè uairean obrach air adhbhar cùram ro bhreith. Faodar iarraidh orra cairt choinneimh no sgrìobhainn air choreigin eile a sholarachadh airson a h-uile coinneimh den leithid seach a' chiad turas.

Ante-Natal Care

An employee will be entitled to paid time off during working hours for the purpose of ante-natal care. They will be required to produce an appointment card or some other document confirming all appointments other than the first.

1.6 Slàinte is Sàbhailteachd

Feumar beachdachadh gu cùramach air slàinte is sàbhailteachd an neach-obrach a tha leatromach, no a tha ri beathachadh air a' chìoch, fhad 's a tha an neach-obrach aig obair. Ma tha iomagaineach sam bith ann, feumar aire an t-sreath-stiùiriche a tharraing riutha.

Health and Safety

Careful consideration must be given to the health and safety of pregnant and breast-feeding employee's whilst at work. If there are any concerns reference must be made to the line manager.

Bu chòir gum bi measadh cunnart air a dhèanamh le Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra.

A risk assessment should be conducted by the Head of Finance and Corporate Affairs.

Thathar luchd-obrach toirmisgte bho bhith ag obair, no bho bhith a' faighinn cead bhon fhastaiche a bhith ag obair, taobh a-staigh dà sheachdain bho cheann-là na breithe-cloinne.

Employees are prohibited from working or being permitted by the employer to work, during a period of two weeks from the date of childbirth.

1.7 Làithean Cumail ann an Coluadar

Faodaidh luchd-obrach taghadh a bhith ag obair agus a bhith air am pàigheadh airson suas ri 10 latha rè an fhòrlaidh mhàthaireachd aca. Tha na "làithean cumail ann an coluadar (KIT)" seo air an dealbhachadh gus an neach-obrach a chumail fiosraichte air atharrachaidhean is leasachaidhean taobh a-staigh na dreuchd aca agus fiosrachadh as ùr sam bith mu dheidhinn gnothachais. Cha chaill an neach-obrach a' chòir aca air pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) airson nan seachdainean sa bheilear ag obair nan làithean seo, agus cha toir na làithean seo am fòrladh màthaireachd gu crìch.

Keeping in Touch Days

Employees can choose to work and be paid for up to 10 days during their maternity leave. These "keeping in touch days (KIT)" are designed to keep the employee up to speed with changes and developments within their role and any business updates. KIT days do not extend the period of maternity or adoption leave and once KIT days have been utilised the employee will lose a week's SMP for any week in which they work for Bòrd na Gàidhlig.

Tha là KIT a' cunntadh mar là slàn mu bhios neach-obrach ag obair leth là neo là slàn. Bu chòir bruidhinn mu phàigheadh làithean KIT ro-làimh le manaidsear-loidhne an neach-obrach.

A KIT day counts as a full day whether the employee works a half day or a full working day. Payment of any KIT days should be discussed in advance with the employee's line manager.

~~Chan fhaod leth-bhreith a dhèanamh an aghaidh luchd-obrach ma tha iad a' taghadh gun a bhith a' gabhail cothrom airson tighinn a-steach a dh'obair rè an fhòrlaidh mhàthaireachd aca.~~

~~Employees must not be discriminated against if they choose not to take advantage of coming into work during their maternity leave.~~

1.8 Tilleadh a dh' Obair

Bu chòir an neach-obrach agus a mhanaidsear-loidhne cumail ann an conaltradh tro ùine fòrladh

Return to Work

The employee and line manager should maintain contact throughout any period

Pàipear 5.1 PT3.1

~~Sam bith~~ Tòisichidh Bòrd na Gàidhlig air coluadar leis an neach-obrach air fòrladh gus dèanamh cinnteach gu bheil an neach-obrach agus a' bhuidheann ag obair a dh'ionnsaigh an aon cheann-là airson tilleadh a dh'obair.

Ma tha an neach-obrach ag iarraidh tilleadh a dh'obair nas tràithe na an ceann-là a chaidh aontachadh, tha feum aca brath a thoirt seachad air a' cheann-là atharraichte 2 mhios ro làimh.

Tha làn-chòir aig luchd-obrach air tilleadh don aon dreuchd ~~neo dreuchd gun chumhachan nas lugha,~~ aig an aon àite agus san aon chomas, air teirmichean is cumhaichean cosnaidh nach eil nas mì-fhàbharaiche na bha aca mus do thòisich am fòrladh màthaireachd aca, agus air leasachaidhean sam bith a chuireadh an gnìomh fhad 's nach robh iad an làthair.

Ma tha an t-ath-bhreithneachadh bliadhnail air tuarastail a' tachairt fhad 's a tha iad neo-làthaireachte, bheirar brath chun an neach-obrach air an tuarastal ath-bhreithnichte aig an àm seo.

Ma tha Bòrd na Gàidhlig a' buileachadh àrdachadh-pàighidh a bheirar gu buil bho cheann-là a tha eadar toiseach na h-ùine a chleachdar gus pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) obrachadh a-mach agus deireadh an fhòrlaidh mhàthaireachd, bithear ag ath-àireamhachadh tuarastal seachdaineil cuibheasach an neach-obrach gus an t-àrdachadh-pàighidh a ghabhail a-steach is fiachan sam bith pàighte.

Ma tha neach-obrach a' dèanamh iarrtas airson tilleadh a dh'obair air stèidh phàirt-ùine, bu chòir don neach-obrach iarrtas a chur a-steach fo Phoileasaidh Obrachadh Sùbailte aig Bòrd na Gàidhlig. ~~Bhòrd na Gàidhlig beachdachadh air an iarrtas gu reusanta agus cha bu chòir cead a dhiùltadh gu neo-reusanta. Chan eil e riatanach gum bithear a' dèanamh na h-aon dreuchd-pàirt-ùine 's a bhathar a' dèanamh mus do thòisich am fòrladh màthaireachd, ach bu chòir gu bheil i coltach a thaobh nàdar is inbhe na dreuchd agus le cumhaichean pro-rata ris an obair roimhe. (Ach, ma thathar a' tilleadh a dh'obair pàirt-ùine, aig an toiseach co-dhiù, cha bhithear a' coileanadh nan slatan tomhais airson a' phàighidh a bharrachd agus feumar an t-airgead a bharrachd a phàigheadh air ais.)~~

of leave to ensure that both parties are working towards the same date of return to work.

If an employee wants to return to work earlier than the original date agreed they are required to give 2 months' notice of the amended date.

Employees are entitled to return to the same job or one of no lesser conditions at the same place and in the same capacity, on Terms and Conditions of Employment no less favourable than those at the commencement of their maternity leave and to any improvements implemented in their absence.

If the annual salary review falls during the period of their absence, the employee will be notified of their reviewed salary at this time.

If Bòrd na Gàidhlig grants a pay rise that is effective from a date between the start of the period used to calculate SMP and the end of the maternity leave, then the employee's average weekly earnings taking account of the pay rise will be recalculated and any arrears paid.

If an employee wishes to return on a part-time basis then they should submit a request under Bòrd na Gàidhlig's Flexible Working Policy. ~~(However returning to work part-time, at least initially, will negate the enhanced payment criteria and will require repayment of the excess money).~~

Accrued annual leave and public holiday entitlement from the period of maternity leave will be carried over to when the employee returns to work.

Formatted: Not Highlight

Formatted: Body Text, Right: 0.18 cm

Thèid fòrladh bliahnail agus làithean-saora poblach tàrmaichte bhon ùine fòrladh màthaireil an toirt air adhart gu nuair a thilleas an neach-obrach a dh'obair.

Còir tilleadh a dh'obair air a dàileachadh leis an neach-obrach

Ma tha neach-obrach a' fulang bho thinneas aig deireadh an fhòrlaidh mhàthaireachd aca, bidh na riaghailtean àbhaisteach a thaobh pàigheadh tinneis gan cur an gnìomh.

Dearmad air Tilleadh a dh'Obair

~~Ma tha luchd-obrach a' dearmad air tilleadh a dh'obair an dèidh dhaibh an t-uas-mheud de fhòrladh màthaireachd fhaotainn an dèidh breith-chloinne, dh'fhaodadh iad an còir tilleadh aca a chall.~~

~~Bidh uallach air Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra comhairle a thoirt don neach-obrach gu bheil an ùine aca air ruith a mach.~~

~~Tha e riatanach, ge-tà, gum bi Bòrd na Gàidhlig a' cur fios gu luchd-obrach gus faighinn a mach dè tha iad an dùil a dhèanamh. Chan eil còir aig Bòrd na Gàidhlig a bhith a' gabhail mar fhiacham gu bheil luchd-obrach air an cùmhnant aca a bhriseadh agus nach eil còir tilleadh aca tuilleadh gu an-obair.~~

Postponement of Right to Return to Work by Employees

If an employee is suffering from an illness at the end of maternity leave then normal sick rules shall apply.

Failure to Return

~~If employees fail to return after the maximum period of maternity leave following giving birth, they may lose their rights to return.~~

~~The Head of Finance and Corporate Affairs will be responsible for advising the employee that the time period has expired.~~

~~It is imperative, however, that Bòrd na Gàidhlig contacts employees to ascertain their intentions. Bòrd na Gàidhlig is not entitled to just assume that employees have breached their contract and no longer have a right to return to work.~~

Formatted: Body Text, Justified, Right: 0.18 cm

1.9 Còirichean Luchd-obrach rè agus an dèidh Màthaireachd

~~An dèidh dhaibh tilleadh bho fhòrladh màthaireachd cumanta no fòrladh màthaireachd a bharrachd, bidh làn chòir aig an neach-obrach air an aon dreuchd agus na h-aon teirmichean is cumhaichean 's a bh' aca, ach far a bheil suidheachadh anbharr air èirigh no far a bheil adhbhar air choreigin eile ann a tha a' ciallachadh nach eil e comasach gu reusanta do Bhòrd na Gàidhlig an neach-obrach a thoirt air ais don dreuchd thùsail aca. Bidh làn chòir aig an neach-obrach air dreuchd choltach le teirmichean is cumhaichean a tha coltach no nas fheàrr.~~

● **leantalachas seirbheise** – An dèidh dhaibh tilleadh a dh'obair, bidh làn leantalachas seirbheise aig luchd-obrach a thaobh obrachadh a-mach airgead-dìolaidh anbharr agus sochairean eile ceangailte ri seirbheis. Tha seo air chumha gu bheil luchd-obrach a' tilleadh gu Bòrd na Gàidhlig air a' cheann-là shuidhichte.

● **sochairean sgeama peinnsein: suimeannan bho bhuill** – Fhad 's a tha iad air fòrladh màthaireachd,

Employee Rights During and After Maternity

~~On return from ordinary or additional maternity leave the employee is entitled to the same job and the same terms and conditions, except where a redundancy situation has arisen or there is some other reason why it is not reasonably practicable for Bòrd na Gàidhlig to take the employee back in their original job. The employee will be entitled to be offered a similar job with the same terms and conditions.~~

● **continuous service** - Employee's will continue to accrue continuous service during any period of leave.

● **pension scheme benefits, members' contributions** - Whilst on maternity leave

Formatted: Indent: Left: 0.26 cm, No bullets or numbering

Formatted: List Paragraph, Indent: Left: -0.03 cm, Hanging: 0.32 cm, Right: 0.02 cm, Bulleted + Level: 1 + Aligned at: 1.12 cm + Indent at: 1.77 cm, Tab stops: 2.4 cm, Left

bidh luchd-obrach fhathast nam ball de sgeama peinnsein Bòrd na Gàidhlig. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' toirt air falbh suimeannan bho phàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) an luchd-obrach far an gabh sin dèanamh.

- **sochairean sgeama peinnsein: suimeannan bho Bhòrd na Gàidhlig**— Bidh a' bhuidheann a' cumail a' cur a-steach suimeannan às leth an neach-obrach, stèidhte air an tuarastal a bh' aig an neach-obrach nuair a thòisich iad fòrladh màthaireachd. **Ma tha an t-ath-bhreithneachadh bliadhna air tuarastal a' tachairt rè ùine na neo-làthaireachd agus an neach-obrach fhathast a' faighinn pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP), bidh Bòrd na Gàidhlig a' cur a-steach suimeannan stèidhte air an tuarastal ath-bhreithnichte.**
- **seirbheis ion-pheinnsean – Air tilleadh a dh'obair, bidh làn leantailachas seirbheise aig luchd-obrach a thaobh peinnsein.** Mura till luchd-obrach a dh'obair, bidh an t-seirbheis ion-pheinnsean aca a' sgur aig deireadh na h-ùine airson pàigheadh màthaireachd (MPP).

employees will remain in Bòrd na Gàidhlig pension scheme. Bòrd na Gàidhlig will deduct contributions from employees' SMP where possible;

- **pension scheme benefits, Bòrd na Gàidhlig contributions** – the organisation will continue to make its contributions on behalf of the employee, based on the employees' salary at the commencement of maternity leave.

- **pensionable service – Pensionable service will continue to accrue during any period of leave.** If employees do not return to work their pensionable service will cease at the end of MPP.

Formatted: Font: Bold

1.10 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh an dleastanas a th' aige gus dèanamh cinnteach nach bidh duine sam bith a' fulang leth-breith no ana-cothrom air sgàth aois, ciorramachd, ath-dhealbhadh gnè, pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, cràbhadh no creideamh, gnè no aomadh gnèitheasach. Chaidh am poileasaidh seo a sgrùdadh tro mheasadh buaidh air co-ionannachd gus co-ionannachd a chomasachadh.

Equality Impact Assessment

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation. This policy has been screened through an equality impact assessment to enable equality.

2.0 Poileasaidh Fòrladh Ùr-bhreithneach

2.1 Adhbhar

Tha am poileasaidh seo a' mìneachadh nan còraichean, nan dleastanasan agus nan dòighean-obrach leis am faod luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig tagradh a dhèanamh airson fòrladh ùr-bhreithneach a ghabhail. Tha am fòrladh seo nam pàirt de Achd Cùram Ùr-bhreithneach (Saor-làithean agus Pàigheadh) 2023.

Neonatal Leave Policy

Purpose

This policy sets out the rights, responsibilities and procedures whereby employees of Bòrd na Gàidhlig can apply to take neonatal leave. This leave forms part of the Neonatal Care (Leave and Pay) Act 2023.

Formatted: Font: 14 pt, Bold

Formatted: Font: 14 pt, Bold

Formatted: Font: 12 pt, Bold

Formatted: Font: 12 pt, Bold

2.2 Farsaingeachd

Thèid cùram ùr-bhreithneach a thoirt do leanaban a dh' fheumas cùram a bharrachd tràth nam beatha. Faodaidh an cùram seo a bhith a' gabhail a-steach:

- cùram meidigeach a gheibhear san ospadal
- cùram a thèid a thoirt don leanabh às deidh

Scope

Neonatal care is given to babies who require additional care in early life. This care may include:

- medical care received in hospital
- care given to the baby after leaving

Formatted: Font: Bold

Formatted: Font: 12 pt, Bold

Formatted: Indent: Left: 0.04 cm, Bulleted + Level: 2 + Aligned at: 1.27 cm + Indent at: 1.9 cm

- dha an ospadal fhàgail, fo stiùireadh comhairliche
- sgrùdadh leantainneach agus tadhalan le proifeiseantaich cùram slàinte air an rèiteachadh leis an ospadal
 - cùram maothachaidh no cùram deireadh-beatha

Gur dòcha nach tachair cùram ùr-bhreithneach ann an aonad ùr-bhreithneach. Ma thòisicheas leanabh fo 28 latha a' faighinn cùram ùr-bhreithneach, bidh pàrantan airidh air fòrladh cùraim ùr-bhreithneach a ghabhail.

- 'S e pàrantan ion-roghnach an fheadhainn aig a bheil uallach co-roinnte no leotha fhèin airson a' phàiste agus tha seo a' gabhail a-steach ma tha iad:
- am màthair no am pàrant breith
 - an t-athair
 - pòsta leis a' chom-pàirtiche catharra no com-pàirtiche na màthar no a' phàrant breith – tha seo a' gabhail a-steach com-pàirtichean den aon ghnè
 - a' gabhail ri leanabh, a' gabhail a-steach altramachd gus uchd-mhacachd
 - pàrantan san amharc ann am màthaireachd ionaid

Bidh gach pàrant ion-roghnach airidh air suim fa leth de fhòrladh. Tha luchd-obrach airidh air fòrladh ùr-bhreithneach bhon chiad latha aca a' tòiseachadh obair.

Faodaidh pàrantan an aon uiread den fhòrladh ùr-bhreithneach a ghabhail eadhon ged a thèid barrachd air 1 leanabh a thoirt a-steach do chùram ùr-bhreith ann an cùis ioma-bhreith.

Bidh e comasach dha pàrantan co-dhiù 1 seachdain a ghabhail, agus 12 seachdainean de fòrladh aig a' char as àirde a rèir dè cho fada 's a tha an leanabh aca a' faighinn cùram ùr-bhreithneach. Gheibh pàrantan 1 seachdain airson gach seachdain a tha an leanabh ann an cùram ùr-bhreith.

Feumaidh an leanabh a bhith ann an cùram airson co-dhiù 7 latha an dèidh a chèile. Ma tha pàrant air fòrladh pàrantachd reachdail a ghlèidheadh mu thràth, faodar fòrladh cùram ùr-bhreithneach a chur ris a' cheann thall.

Faodar fòrladh a ghabhail ann an 2 ìre mar a mhinichear gu h-ìosal.

- hospital, under the direction of a consultant
- ongoing monitoring and visits by healthcare professionals arranged by the hospital
 - palliative or end-of-life care

Neonatal care might not take place in a neonatal unit. If a baby under 28 days starts receiving neonatal care, parents will be eligible to take neonatal care leave.

Eligible parents are those with shared or sole responsibility for the child and this includes if they are:

- the mother or birth parent
- the father
- married to, the civil partner or for partner of the mother or birth parent – this includes same-sex partners
- adopting a child, including fostering to adopt
- intended parents in a surrogacy

Each eligible parent will be entitled to a separate amount of leave. Employees are entitled to neonatal leave from their first day of starting a job.

Parents can take the same amount of neonatal leave even if more than 1 baby is taken into neonatal care in the case of multiple births.

Parents will be able to take a minimum of 1 week, and a maximum of 12 weeks leave dependant on how long their baby is receiving neonatal care. Parents will receive 1 week for each week the baby is in neonatal care.

The baby must be in care for at least 7 consecutive days. If a parent has already booked statutory parental leave, neonatal care leave can be added to the end of this.

Leave can be taken in 2 tiers as explained below.

Formatted: Indent: Left: 0.63 cm, No bullets or numbering

Formatted: Indent: Left: -0.01 cm

2.3 Fòrladh Ìre 1

Tha Fòrladh Ìre 1 air an toirt seachad airson na h-ùine nuair a tha an leanabh fhathast a' faighinn cùram ùr-bhreithneach agus a' gabhail a-steach 1 seachdain às deidh don chùram crìochnachadh.

Leis na cuibhreannan fòrladh phàrantan reachdail eile, dh' fhaodadh seo leigeil le ball den luchd-obrach fòrladh ùr-bhreithneach a bharrachd a chruinneachadh rè na h-ùine seo a ghabhas a ghabhail a' cleachdadh fòrladh Ìre 2.

'S e eisimpleir de seo far a bheil leanabh air a bhreith agus fòrladh athaireachd reachdail air an toirt seachad às deidh a' bhreith ach gu bheil an leanabh a' faighinn 4 seachdainean de chùram ùr-bhreith. Leis gu bheil an fòrladh athaireachd reachdail air a chleachdadh rè na h-ùine seo, tha fòrladh ùr-bhreithneach a bharrachd air an cruinneachadh.

Tier 1 Leave

Tier 1 Leave is provided for the period when the child is still receiving neonatal care and including 1 week after care has ended.

Given the other statutory parental leave allowances, this may allow a staff member to have additional neonatal leave accrued during this period which can be taken using the Tier 2 leave.

An example of this may be where a child is born and statutory paternity leave is provided following the birth but the child receives 4 weeks of neonatal care. As the statutory paternity leave is used during this period, further neonatal leave is accrued.

Formatted: Font: 12 pt, Bold

Formatted: Font: 12 pt

Formatted: Font: 12 pt, Bold

Formatted: Font: 12 pt, Bold

2.4 Fòrladh Ìre 2

Faodar am fòrladh ùr-bhreithneach cruinnichte seo a chleachdadh ann an Fòrladh Ìre 2 aig ceann-latha nas fhaide air adhart. Tha am fòrladh ri chleachdadh taobh a-muigh Ìre 1 agus ro dheireadh 68 seachdainean bho cheann-latha breith an leanabh.

Nuair a bhios pàrantan air saor-làithean cùram ùr-bhreith, bu chòir do mhanaidsearan dèanamh cinnteach gu bheil iad:

- a' cumail conaltradh
- a' cumail fiosrachadh a thèid a cho-roinn dìomhair
- a' toirt taic rè saor-làithean cùram ùr-bhreith

Tier 2 Leave

This accrued neonatal leave can be used in Tier 2 Leave at a later date. The leave is to be used outside Tier 1 and before the end of 68 weeks from the date of the child's birth.

When parents are on neonatal care leave, managers should make sure they:

- keep in touch
- keep information shared confidential
- provide support during neonatal care leave

Formatted: Font: 12 pt, Bold

Formatted: Font: 12 pt, Bold

Formatted: Font: Bold

Formatted: Font: 12 pt, Bold

Formatted: Font: Bold

Formatted: Left

2.5 Pàigheadh agus Sochairean Cùmhnantail

Gus a bhith airidh air pàigheadh cùram ùr-bhreithneach, feumaidh 26 seachdainean de sheirbheis leantainneach a bhith aig pàrantan. Feumar na 26 seachdainean a chrìochnachadh ron 't-seachdain iomchaidh'. Feumaidh iad fhathast a bhith ann an cosnadh anns an t-seachdain mus tòisich cùram ùr-bhreithneach.

Feumaidh pàrantan co-dhiù £125 a chosnadh san t-seachdain air a' chuibheasachd airson 8 seachdainean ron t-seachdain iomchaidh.

Mairidh a h-uile sochair cùmhnantail eile aig Bòrd na Gàidhlig rè na h-ùine fòrladh seo. Tha còir aig luchd-obrach tilleadh chun na h-aon obrach no aon

Pay and Contractual Benefits

To be eligible for neonatal care pay, parents must have 26 weeks of continuous service. The 26 weeks must be completed before the 'relevant week'. They must still be in employment in the week before neonatal care starts.

Parents must have earned at least £125 a week on average for 8 weeks before the relevant week.

All other Bòrd na Gàidhlig contractual benefits will remain during this period of leave. Employees are entitled to return to

Formatted: Indent: Left: 0.04 cm, Bulleted + Level: 1 + Aligned at: 0.63 cm + Indent at: 1.27 cm

Formatted: Indent: Left: 0 cm, Hanging: 0.63 cm, Tab stops: 2.13 cm, List tab + 2.63 cm, Left + Not at 1.27 cm

Formatted: Indent: Left: 0.04 cm, Bulleted + Level: 1 + Aligned at: 0.63 cm + Indent at: 1.27 cm

Formatted: English (United Kingdom)

Formatted: Indent: Left: 0.63 cm, Tab stops: 2.63 cm, Left

Formatted: Font: 12 pt, Bold

Formatted: Font: Bold

de chumhachan nach eil nas ìsle na an fheadhainn aig toiseach an fòrladh ùr-bhreithneach agus gu leasachaidhean sam bith a chaidh a chur an gnìomh nan neo-làthaireachd.

the same job or one of no lesser conditions than those at the commencement of their neonatal leave and to any improvements implemented in their absence.

2.6 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh an dleastanas a th' aige gus dèanamh cinnteach nach bidh duine sam bith a' fulang leth-breith no ana-cothrom air sgàth aois, ciorramachd, ath-dhealbhadh gnè, pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, cràbhadh no creideamh, gnè no aomadh gnèitheasach. Chaidh am poileasaidh seo a sgrùdadh tro mheasadh buaidh air co-ionannachd gus co-ionannachd a chomasachadh.

Equality Impact Assessment

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation. This policy has been screened through an equality impact assessment to enable equality.

Formatted: Font: 12 pt, Bold

Formatted: Font: Bold

Formatted: Font: 12 pt, Bold

Formatted: Font: Bold

Formatted Table

2.0 Poileasaidh air Fòrladh Athaireachd

2.1 Adhbhar

Tha am poileasaidh seo a' cur an ceill còirichean is uallaichean luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig a thaobh fòrladh athaireachd agus na modhan-obrach leis am faod iad iarrtas a dhèanamh air a shon.

Paternity Leave Policy

Purpose

This policy sets out the rights, responsibilities and procedures whereby employees of Bòrd na Gàidhlig can apply to take paternity leave.

2.2 Farsaingeachd

Feumaidh luchd-obrach na cumhaichean a leanas a choileanadh gus làn-chòir a bhith aca air fòrladh athaireachd àbhaisteach.

Scope

Employees will need to satisfy the following conditions to qualify for ordinary paternity leave.

Feumaidh iad:

- uallach a bhi aca, no an dùil a bhith aca, airson àrach a' phàiste;
- a bhi nan dearbh-athair a' phàiste no pòsta ri màthair a' phàiste no cèile sìobhalta / cèile / cèile aon-ghnèitheach màthair a' phàiste;
- air a bhith ag obair airson Bòrd na Gàidhlig gu leantail fad 26 seachdainean a' dol a-steach chun na 15mh seachdain air a bheil dùil ris an leanabh.

They must:

- have or expect to have responsibility for the child's upbringing;
- be either the biological father of the child, married to the child's mother or, be the civil partner / partner / same sex partner of the child's mother;
- have worked continuously for Bòrd na Gàidhlig for 26 weeks by the 15th week before the baby is due.

Formatted: Not Highlight

Tha a' làn-chòir air fòrladh stèidhte air cleamhnas le màthair a' phàiste, agus mar sin bidh fòrladh athaireachd is fòrladh uchd-mhacachd cuideachd buntainneach do chom-pàirteachasan aon-ghnèitheach.

The entitlement to leave is based on a relationship with the child's mother, so paternity and adoption leave also apply to partnerships of the same sex.

2.3

Bidh feum air luchd-obrach brath a thoirt do Bhòrd

Taking Paternity Leave

Employees will be required to inform Bòrd

na Gàidhlig gu bheil iad an dùil fòrladh athaireachd a ghabhail ro dheireadh na còigeamh seachdain deug ron àm sa bheilear an dùil ris an leanabh, mura gabh seo a dhèanamh gu practaigeach. Feumaidh luchd-obrach innse don bhuidhinn:

- an t-seachdain sa bheilear an dùil gum beirear an leanabh;
- a bheil iad ag iarraidh aon no dà sheachdain de dh'fhòrladh a ghabhail;
- cuin a tha iad ag iarraidh gun tòisich am fòrladh.

na Gàidhlig of their intention to take paternity leave by the fifteenth week before the baby is expected, unless this is not reasonably practicable. Employees will need to tell the Company:

- the week the baby is due;
- whether they wish to take one- or two-weeks' leave;
- when they want their leave to start.

2.4 Dè cho fad 's a mhaireas Fòrladh Athaireachd?

Far a bheil luchd-obrach ion-roghnach air, bidh làn-chòir aca a chur romhpa gun gabh iad an dà chuid aon seachdain de fhòrladh athaireachd no dà sheachdain co-leantaileach de dh'fhòrladh athaireachd (chan e corra latha).

Length of Paternity Leave

Eligible employees will be entitled to choose to take either one week or two consecutive weeks' paternity leave (not odd days).

Faodaidh luchd-obrach a chur romhpa gun tòisich iad an cuid fòrladh:

- bho cheann-là breith a' phàiste (co-dhiù a bheil seo nas tràithe no nas anmoiche na bhathar an dùil); no
- bho uimhir làithean thaghte no seachdainean an dèidh breith a' phàiste (co-dhiù a bheil seo nas tràithe no nas anmoiche na bhathar an dùil); no

Employees can choose to start their leave:

- from the date of the child's birth (whether this is earlier or later than expected); or
- from a chosen date within a 52 week period of the child's birth so long as they provide their line manager with 28 days' notice.

~~bho cheann-là taghte.~~

•

Faodaidh fòrladh tòiseachadh air latha sam bith san t-seachdain no an dèidh breith a' phàiste, ach feumar a' chrìochnachadh:

~~taobh a-staigh 56 làithean bhon cheann-là air an do rugadh am pàiste, no~~

~~ma tha am pàiste air bhreith tràth, taobh a-staigh na h-ùine bhon cheann-là air an do rugadh am pàiste suas ri 56 làithean an-chleachdadh taobh a-staigh 52 seachdainean bho breith na pàiste. dèidh na seachdain san robh dùil ri breith.~~

Leave can start on any day of the week on or following the child's birth but must be utilised within 52 weeks of the child's birth.

•

Cha bhi ach aon ùine de dh'fhòrladh ri faotainn airson luchd-obrach, gun umhail gun robh barrachd is aon leanabh air a' bhreith bhon aon leatromachd.

Only one period of leave will be available to employees irrespective of whether more than one child is born as the result of the same pregnancy.

Mu bhios an neach-obrach airson na cinn-là na seachdainean fòrladh athaireachd aca atharrachadh, feumaidh iad 28 làithean de fhios a thoirt don mhanaidsear-loidhne aca.

If the employee wishes to change the dates in which any week of their paternity leave commences then they must provide their line manager with 28 days' notice.

Formatted: Font: (Default) Calibri

- gu bheil iad, no gum bi iad, a' coileanadh nan cumhaichean airson ion-roghnachd agus gu bheil làn-chòir aca air fòrladh pàrantach co-roinnte;
- gu bheil am fiosrachadh a thug iad seachad ceart;
- mur iad a' mhàthair/uchd-mhacair, feumaidh iad daingneachadh gur iad an dàrna cuid athair a' phàiste no cèile, cèile sìobhalta no com-pàirtiche na màthar/uchd-mhacair;
- gun toir iad fios gu Bòrd na Gàidhlig sa bhad ma tha iad a' sgar de bhith ion-roghnach. Feumaidh an neach-obrach foirgheall soidhnichte bhon chèile aca a thoirt seachad a tha a' daingneachadh:
- an ainm, an seòladh aca agus an àireamh àrachais nàiseanta aca (no foirgheall nach eil àireamh àrachais nàiseanta aca);
- gur iad màthair/uchd-mhacair a' phàiste no gur iad athair a' phàiste no gur iad cèile, cèile sìobhalta no com-pàirtiche na màthar/uchd-mhacair;
- gu bheil iad a' coileanadh na deuchainne a thaobh cosnadh agus tuarastal agus gum b' ann orrasan, air ceann-là breith a' phàiste no socrachadh airson uchd-mhacachd, am prìomh uallach airson a' phàiste, còmhla ris an neach-obrach;
- gu bheil iad ag aontachadh ris an uimhir de dh'fhòrladh pàrantach co-roinnte a tha an neach-obrach an dùil ri ghabhail;
- gu bheil iad ag aontachadh gum faod a' buidheann a bhith a' giùllachd an fhiosrachaidh a gheibhear ann am foirm an fhoirghill; agus
- san t-suidheachadh far is e an cèile a' the date on which the child is expected to be born and the actual date of birth or, in the case of an adopted child, the date on which the employee was notified of having been matched with the child and the date of placement for adoption;
- the amount of shared parental leave the employee and their partner each intend to take
- a non-binding indication of when the employee expects to take the leave. The employee must provide a signed declaration stating:
- that they meet, or will meet, the eligibility conditions and are entitled to take shared parental leave;
- that the information they have given is accurate;
- if they are not the mother/adopter they must confirm that they are either the father of the child or the spouse, civil partner or partner of the mother/adopter;
- that should they cease to be eligible they will immediately inform Bòrd na Gàidhlig. The employee must provide a signed declaration from their partner confirming:
- their name, address and national insurance number (or a declaration that they do not have a national insurance number);
- that they are the mother/adopter of the child or they are the father of the child or are the spouse, civil partner or partner of the mother/adopter;
- that they satisfy the employment and earnings test and had at the date of the child's birth or placement for adoption the main responsibility for the child, along with the employee;
- that they consent to the amount of shared parental leave that the employee intends to take;
- that they consent to the organisation processing the information contained in the declaration form; and
- in the case whether the partner is the

Pàipear 5.1 PT3.1

mhàthair/uchd-mhacair, gun toir iad fios chun a' chèile aca sa bhad ma tha iad a' sgur de choileanadh nan slatan-tomhais airson ion-roghnachd.

mother/adopter that they will immediately inform their partner should they cease to satisfy the eligibility conditions.

5.6 Dearbhadh air Ion-roghnachd

Faodaidh Bòrd na Gàidhlig, taobh a-staigh 14 làithean bhon d' fhuair eadh brath air làn-chòir air fòrladh pàrantach co-roinnte, iarraidh:

- ainm is seòladh-gnothachais an fhastaidheir a tha a' fastadh cèile an neach-obrach (far nach eil cèile an neach-obrach fhathast air thuarastal, no far a bheil iad ag obair air an ceann fhèin, feumar fiosrachadh pearsanta a thoirt na àite);
- far a bheilear a' dèiligeadh ri pàrantan bith-eòlasach, lethbhreac de theisteanas-breithe airson a' phàiste (no, far nach deach a leithid fhaighinn fhathast, foirgeall a thaobh àm is àite na breithe);
- far a bheilear a' dèiligeadh ri pàiste uchd-mhacaichte, fianais sgrìobhte air ainm is seòladh na buidhne uchd-mhacachd, an ceann-là air an d' fhuair eadh brath gun deach am maidseadh le pàiste agus an ceann-là air a bheil a' bhuidheann uchd-mhacachd an dùil gum bithear a' socrachadh a' phàiste airson uchd-mhacachd.

Gus làn-chòir fhaighinn air fòrladh pàrantach co-roinnte, feumaidh an neach-obrach am fiosrachadh seo a thoirt seachd taobh a-staigh 14 làithean bhon d' fhuair eadh an t-iartras.

Evidence of Eligibility

Bòrd na Gàidhlig may, within 14 days of the shared parental leave entitlement notification being given, request:

- the name and business address of the partner's employer (where the employee's partner is no longer employed or is self-employed their contact details must be given instead);
- in the case of biological parents, a copy of the child's birth certificate (or, where one has not been issued, a declaration as to the time and place of the birth);
- in the case of an adopted child, documentary evidence of the name and address of the adoption agency, the date on which they were notified of having been matched with the child and the date on which the agency expects to place the child for adoption.

In order to be entitled to shared parental leave, the employee must produce this information within 14 days of receiving the request.

5.7 A' bucaigeadh Fòrladh Pàrantach Co-roinnte

A bharrachd air brath a thoirt air an làn-chòir aca air fòrladh pàrantach co-roinnte/pàigheadh pàrantach co-roinnte, feumaidh luchd-obrach brath a thoirt gum bi iad a' gabhail fòrladh. Ann an iomadh cùis, bithear a' toirt brath gum bithear a' gabhail fòrladh aig an aon àm 's a thathar a' toirt brath gu bheil làn-chòir aca air fòrladh pàrantach co-roinnte.

Tha còir aig luchd-obrach trì brathan a thoirt seachad sa bheil iad a' socrachadh nan ùineachan sa bheil iad an dùil fòrladh a ghabhail. Faodaidh gach brath a bhith a' gabhail a-steach an dara cuid aon ùine de ghrunn sheachdainean de fhòrladh no dà no barrachd is dà sheachdain de fhòrlach neo-leantainneach, far a bheil an neach-obrach an dùil gum bi iad a' tilleadh a dh'obair eadar ùineachan

Booking Shared Parental Leave

In addition to notifying their entitlement to shared parental leave/shared parental pay, employees must also give notice to take the leave. In many cases, notice to take leave will be given at the same time as the notice of entitlement to shared parental leave.

Employees have the right to submit three notifications specifying the shared parental leave periods they are intending to take. Each notification may contain either a single period of a number of weeks of leave or two or more weeks of discontinuous leave, where the employee intends to return to work between

Pàipear 5.1 PT3.1

de fhòrladh.

Chan fhaodar fòrladh pàrantach co-roinnte a ghabhail ach ann an seachdainean iomlan, ach faodaidh e tòiseachadh air latha sam bith san t-seachdain. Mar eisimpleir, nan robh seachdain de fhòrladh pàrantach co-roinnte a' tòiseachadh air Dimàirt, bhiodh e a' crìochnachadh air Diluain.

Feumaidh luchd-obrach fòrladh pàrantach co-roinnte a bhucaigeadh le bhith a' toirt a' bhratha cheart co-dhiù ochd seachdainean ron cheann-là air a bheilear ag iarraidh gum bithear am fòrladh a' tòiseachadh agus (far a bheil seo iomchaidh) agus a' faighinn pàigheadh pàrantach co-roinnte.

5.8 Brath air Fòrladh Leantainneach

Faodaidh brath a bhith airson ùine de fhòrladh leantainneach, a tha a' ciallachadh gu bheilear a' toirt brath gum bithear a' gabhail uimhir de sheachdainean mar aon ùine neo-bhrìste de fhòrladh.

Tha còir aig luchd-obrach air bloca leantainneach de fhòrladh, air am bi iad a' toirt fios ann an aon bhrath, fhad 's nach bi e a' dol thairis air an àireamh iomlan de sheachdainean de fhòrladh pàrantach co-roinnte a tha rim faotainn dhaibh agus gu bheil iad air brath a thoirt mu dheidhinn co-dhiù ochd seachdainean ro làimh.

Faodaidh luchd-obrach trì brathan air leth a thoirt seach airson ùineachan leantainneach de fhòrladh.

5.9 Brath air Fòrladh Neo-leantainneach

Faodaidh an t-aon bhrath cuideachd a bhith a' gabhail a-steach iarrtas airson dà ùine, no barrachd is dhà, de fhòrladh neo-leantainneach, rud a tha a' ciallachadh gu bheilear ag iarraidh àireamh shònraichte de sheachdainean de fhòrladh thar ùine shònraichte, air a bhriseadh le eadar-ùineachan far a bheil an neach-obrach a' tilleadh a dh'obair.

Far a bheil iomagain ann a thaobh an urrainnear gabhail ris a' bhrath, thèid coinneamh a chur air dòigh gus còmhraidh a dhèanamh air airson tighinn gu rèiteachadh a tha a' coileanadh feumalachdan gach taobh.

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' toirt fa-near brath air fòrladh neo-leantainneach, ach tha còir aig a' bhuidhinn am brath a dhiùltadh. Ma tha am pàtran

periods of leave.

Shared parental leave can only be taken in complete weeks but may begin on any day of the week. For example if a week of shared parental leave began on a Tuesday it would finish on a Monday.

Employees must book shared parental leave by giving the correct notification at least eight weeks before the date on which they wish to start the leave and (if applicable) receive shared parental pay.

Continuous Leave Notification

A notification can be for a period of continuous leave, which means notification of a number of weeks taken in a single unbroken period of leave.

Employees have the right to take a continuous block of leave notified in a single notification, so long as it does not exceed the total number of weeks of shared parental leave available to them and at least eight weeks' notice has been provided.

Employees may submit up to three separate notifications for continuous periods of leave.

Discontinuous Leave Notification

A single notification may also contain a request for two or more periods of discontinuous leave, which means asking for a set number of weeks of leave over a period of time, with breaks between the leave where the employee returns to work.

Where there is concern over accommodating the notification, a meeting will be arranged to discuss the notification with a view to agreeing an arrangement that meets the needs of both parties.

Bòrd na Gàidhlig will consider a discontinuous leave notification but has the right to refuse it. If the leave pattern

Pàipear 5.1 PT3.1

fòrlaidh ga dhiùltadh, faodaidh luchd-obrach an dara cuid am brath a thoirt air ais taobh a-staigh 15 làithean no am fòrladh a ghabhail mar bhloca leantainneach.

Ma tha luchd-obrach a' cur romhpa gun gabh iad fòrladh mar aon bhloca leantainneach, bidh suas ris an 19mh latha aca bhon cheann-là air an tugadh am brath tùsail gus taghadh a dhèanamh air cuin a tha iad ag iarraidh gum bi am fòrladh a' tòiseachadh. Chan fhaod am fòrladh tòiseachadh nas luaithe na ochd seachdainean bhon cheann-là air an tugadh am brath tùsail. Mura bheil an neach-obrach a' taghadh ceann-là tòiseachaidh eile, bidh am fòrladh a' tòiseachadh air a' chiad latha fòrlaidh a chaidh iarraidh sa bhrath thùsail.

Bithear a' beachdachadh air gach iarrtas airson fòrladh neo-leantainneach a rèir airidheachd na cùise. Far a bheilear ag aontachadh ri aon iarrtas, cha bhi sin a' stèidheachadh ro-shampall no a' cruthachadh còir airson neach-obrach eile air pàtran co-chosmhail de fhòrladh pàrantach co-roinnte.

is refused, employees can either withdraw it within 15 days of giving it or can take the leave as a single continuous block.

If the employees choose to take the leave in a single continuous block, they have until the 19th day from the date the original notification was given to choose when they want the leave period to begin. The leave cannot start sooner than eight weeks from the date the original notification was submitted. If the employee does not choose a start date then the leave will begin on the first leave date requested in the original notification. Each request for discontinuous leave will be considered on a case-by-case basis. Agreeing to one request will not set a precedent or create the right for another employee to be granted a similar pattern of shared parental leave.

5.10 A' freagairt ri Brath air Fòrladh Pàrantach Co-roinnte

Aon uair 's gun d' fhuair eadh brath bucaigidh, bheirear freagairt ri luchd-obrach ann an sgrìobhadh gun a bhith nas fhaide na an 14mh latha an dèidh an iarrtas fhaighinn.

Responding to a Shared Parental Leave Notification

Once a leave booking notice is received a response will be provided to the employees in writing no later than the 14th day after the leave request was made.

5.11 Atharrachaidhean do Fhòrladh Pàrantach Co-roinnte a chaidh a chur air dòigh cheana

Far a bheil luchd-obrach air ùine de fhòrladh pàrantach co-roinnte a bhucaigeadh, tha cead aca atharrachadh no a chur às air chumha gu bheil iad a' toirt fios ann an sgrìobhadh co-dhiù ochd seachdainean mus tòisich latha an atharrachaidh. Chan fhaod latha tòiseachaidh ùr sam bith a bhith nas tràithe na ochd seachdainean bho cheann-là an iarrtais atharrachaidh.

Variations to arranged Shared Parental Leave

Employees are permitted to vary or cancel an agreed and booked period of shared parental leave, provided that they provide written confirmation at least eight weeks before the date of the variation. Any new start date cannot be sooner than eight weeks from the date of the variation request.

Far a bheil an neach-obrach a' toirt brath airson am fòrladh aca atharrachadh no a chur às, a' gabhail a-steach brath gum bi iad a' tilleadh a dh'obair tràth, is àbhaist gum bithear ga chunntadh mar bhrath ùr agus mar sin lùghdaichidh seo a' chòir aca air fòrladh a bhucaigeadh/atharrachadh le bhith a' toirt air falbh aon iarrtas. Ach far an deach an t-atharrachadh adhbharachadh le breith thràth an leanab, no a chionn 's gun do dh'iarr Bòrd na Gàidhlig atharrachadh don fhòrladh, is an neach-

Any variation or cancellation notification made by the employee, including notice to return to work early, will usually count as a new notification reducing their right to book/vary leave by one request. However, a change as a result of a child being born early, or as a result of Bòrd na Gàidhlig requesting the leave be changed, and the employee being agreeable to the change, it will not count as further

Pàipear 5.1 PT3.1

obrach taitneach leis an atharrachadh, cha bhi sin a' cunntadh mar bhrath a bharrachd.

notification.

Bithear a' deimhinneachadh atharrachaidhean ann an sgrìobhadh.

Variations will be confirmed in writing.

5.12 Pàigheadh Pàrantach Co-roinnte

Dh'fhaodadh gum bi làn-chòir aig luchd-obrach ion-roghnach air suas ri 37 seachdainean de phàigheadh pàrantach co-roinnte fhad 's a tha iad a' gabhail fòrladh pàrantach co-roinnte. Bidh an àireamh de sheachdainean a tha rim faotainn ag atharrachadh a rèir an uireid a bhios a' mhàthair/uchd-mhacair a' lùghdachadh na h-ùine aca airson pàigheadh màthaireachd/uchd-mhacachd no cuibhreann màthaireachd.

Shared Parental Pay

Eligible employees may be entitled to take up to 37 weeks shared parental pay while taking shared parental leave. The number of weeks available will depend on the amount by which the mother/adopter reduces their maternity/adoption pay period or maternity allowance period.

A bharrachd air feumalachdan ion-roghnachd a choileanadh airson fòrladh pàrantach co-roinnte, far a bheil neach-obrach ag iarraidh tagradh a dhèanamh airson pàigheadh pàrantach co-roinnte, feumaidh iad gach aon de na slatan-tomhais a leanas a choileanadh:

In addition to meeting the eligibility requirements for shared parental leave, an employee seeking to claim shared parental pay must further satisfy each of the following criteria:

- feumaidh gun robh làn-chòir aig a' mhàthair/uchd-mhacair air pàigheadh màthaireachd reachdail/pàigheadh uchd-mhacachd reachdail no cuibhreann màthaireachd, agus feumaidh gu bheil iad air an ùine aca airson pàigheadh màthaireachd/pàigheadh uchd-mhacachd no cuibhreann màthaireachd a lùghdachadh;
- feumaidh an neach-obrach a bhith an dùil gum bi iad a' gabhail cùram a' phàiste rè na seachdain sam bidh pàigheadh pàrantach co-roinnte ri phàigheadh;
- feumaidh gu bheil aig an neach-obrach, anns na h-ochd seachdainean a' dol suas ri, agus a' gabhail a-steach, an 15mh seachdain ron cheann-là air a bheil dùil ris a' phàiste/ri maidseadh, tuarastal seachdaineil cuibheasach nach eil nas lugha na a' chrìoch chosnaidh as ìsle airson tabhartasan Àrachais Nàiseanta a tha an gnìomh aig an àm;
- feumaidh an neach-obrach fuireach fo fhastadh leantainneach gus an tòisich a' chiad sheachdain de phàigheadh pàrantach co-roinnte;
- feumaidh an neach-obrach brath ceart a thoirt seachad a rèir nan riaghailtean air an cur an cèill gu h-ìosal.
- Far a bheil làn-chòir aig luchd-obrach air pàigheadh pàrantach co-roinnte fhaighinn,
- the mother/adopter must be/have been entitled to statutory maternity/adoption pay or maternity allowance and must have reduced their maternity/adoption pay period or maternity allowance period;
- the employee must intend to care for the child during the week in which shared parental pay is payable;
- the employee must have average weekly earnings for the period of eight weeks leading up to and including the 15th week before the child's expected due date/matching date which are not less than the lower earnings limit in force for National Insurance contributions;
- the employee must remain in continuous employment until the first week of shared parental pay has begun;
- the employee must give proper notification in accordance with the rules set out below;
- Where employees are entitled to receive shared parental pay they

Pàipear 5.1 PT3.1

feumaidh iad, co-dhiù ochd seachdainean mus faigh iad pàigheadh pàrantach co-roinnte sam bith, brath sgrìobhte a thoirt sa bheil iad a' cur an cèill gu bheil làn-chòir aca air pàigheadh pàrantach co-roinnte. Far an gabh a dhèanamh, bu chòir gum bi seo mar phàirt den bhrath a tha ag ràdh gu bheil làn-chòir aca air fòrladh pàrantach co-roinnte.

A bharrachd air na dh'fheumar a bhith sa bhrath a tha ag ràdh gu bheil làn-chòir aca air fòrladh pàrantach co-roinnte, feumaidh brath sam bith a tha ag ràdh gu bheil làn-chòir aca air pàigheadh pàrantach co-roinnte a bhith a' gabhail a-steach:

- ceann-là tòiseachaidh agus ceann-là crìochnachaidh airson pàigheadh màthaireachd/uchd-mhacachd no cuibhreann màthaireachd;
- an t-sùim iomlan de phàigheadh pàrantach co-roinnte a tha ri fhaotainn, an t-sùim iomlan de phàigheadh pàrantach co-roinnte a tha gach cuid an neach-obrach agus an cèile aca an dùil a ghabhail, agus fios, ris nach bithear a' dèiligeadh mar aonta ceangaltach, air cuin a bhios an neach-obrach an dùil tagradh a dhèanamh airson pàigheadh pàrantach co-roinnte;
- foirgheall soidhnichte bhon neach-obrach a tha a' daingneachadh gu bheil am fiosrachadh a thug iad seachad ceart, gu bheil iad, no gum bi iad, a' coileanadh nan cumhaichean ion-roghnachd airson pàigheadh pàrantach co-roinnte, agus gun toir iad fios gu Bòrd na Gàidhlig sa bhad ma tha iad a' sgur de bhith ion-roghnachd.

Còmhla ris a' bhrath, feumaidh gu bheil foirgheall soidhnichte bho chèile an neach-obrach a tha a' daingneachadh:

- gu bheil iad ag aontachadh gum faod an neach-obrach tagradh a dhèanamh airson pàigheadh pàrantach co-roinnte agus gum faod a' bhuidheann pàighidhean pàrantach co-roinnte sam bith a ghiullachd airson an neach-obrach;
- san t-suidheachadh far is e an cèile a' mhàthair/uchd-mhacair, gu bheil iad air am pàigheadh màthaireachd/pàigheadh uchd-mhacachd no cuibhreann màthaireachd aca a lùghdachadh;
- san t-suidheachadh far is e an cèile a' mhàthair/uchd-mhacair, gun toir iad fios chun a' chèile aca sa bhad ma tha iad a' sgur de choileanadh nan slatan-tomhais airson ion-roghnachd.

must, at least eight weeks before receiving any shared parental pay, provide written notice advising of their entitlement to shared parental pay. Where possible, this should be included as part of the notice of entitlement to take shared parental leave.

In addition to what must be included in the notice of entitlement to take shared parental leave, any notice that advises of an entitlement for shared parental pay must include:

- the start and end dates of any maternity/adoption pay or maternity allowance;
- the total amount of shared parental pay available, the amount of shared parental pay the employee and their partner each intend to claim, and a non-binding indication of when the employee expects to claim shared parental pay;
- a signed declaration from the employee confirming that the information they have given is correct, that they meet, or will meet, the criteria for shared parental pay and that they will immediately inform Bòrd na Gàidhlig should they cease to be eligible.

Notice must be accompanied by a signed declaration from the employee's partner confirming:

- their agreement to the employee claiming shared parental pay and for the organisation to process any shared parental pay payments to the employee;
- in the case where the partner is the mother/adopter, that they have reduced their maternity/adoption pay or maternity allowance;
- in the case where the partner is the mother/adopter, that they will immediately inform their partner should they cease to satisfy the eligibility conditions.

Thèid pàigheadh pàrantach co-roinnte a phàigheadh aig an reata suidhichte leis an stàit agus bithear ga làimhseachadh mar thuarastal agus mar sin bidh e fo bhuaidh lùghdachaidhean pàigheadh mar a choisinnear (PAYE).

5.13 Sochairean Cùmhnantail

Rè fòrladh pàrantach co-roinnte, bidh teirmichean is cumhaichean uile ann an cùmhnant fastaidh an neach-obrach a' cumail a' dol, ach a thaobh tuarastal. Gu h-àraid, bithear a' cumail a' tàrmachadh làn-chòir air fòrladh bliadhnail agus làithean-saora poblach.

5.14 Coluadar rè Fòrladh Pàrantach Co-roinnte

Mus tòisich fòrladh pàrantach co-roinnte, bithear ag aontachadh air ullachaidhean airson cumail ann an coluadar.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' glèidheadh na còrach aige an tachartas sam bith a bhith a' dèanamh conaltradh reusanta còmhla ri luchd-obrach bho àm gu àm rè fòrladh pàrantach co-roinnte. Dh'fhaodadh an coluadar a bhith a' gabhail a-steach còmhraidhean air planaichean airson tilleadh a dh'obair, ullachaidhean sònraichte a dh'fheumar dèanamh, trèanadh, no dìreach airson an neach-obrach a chumail fiosraichte air leasachaidhean aig obair fhad 's a tha iad air a bhith dheth.

5.15 Làithean cumail ann an coluadar rè Fòrladh Pàrantach Co-roinnte (SPLIT)

Faodaidh luchd-obrach obair no trèanadh a choileanadh airson suas ri 20 làithean fhad 's a tha iad air fòrladh pàrantach co-roinnte gun a bhith a' toirt gu crìch am fòrladh pàrantach co-roinnte aca agus gun bhuaidh sam bith air a' chòir aca air tagradh a dhèanamh airson pàigheadh pàrantach co-roinnte. 'S e "làithean fòrladh pàrantach co-roinnte cumail ann an coluadar" (*Shared Parental Leave In Touch—SPLIT*) a chanar riutha seo.

Cha bhi Bòrd na Gàidhlig fo dhleastanas a bhith a' tairgse obair, agus cha bhi an neach-obrach fo dhleastanas obair a dhèanamh, fhad 's a tha iad air fòrladh pàrantach co-roinnte, agus bidh an neach-obrach gun dolaidh sam bith ma tha iad a' diùtadh a dh'obair.

Cha bhi làithean sam bith air an do dh'obair an neach-obrach a' leudachadh fad na h-ùine de fhòrladh pàrantach co-roinnte.

Pàighear obair sam bith a chaidh a dhèanamh fo ullachaidhean SPLIT aig an reata làitheil

Shared parental pay will be paid at a rate set by the State and is treated as earnings and therefore subject to normal pay as you earn (PAYE) deductions.

Contractual Benefits

During shared parental leave, all terms and conditions of the employees' contract of employment will continue, except for salary. In particular, contractual annual leave and public holiday entitlement will continue to accrue.

Contact during Shared Parental Leave

Before a period of shared parental leave begins arrangements for keeping in touch will be agreed.

Bòrd na Gàidhlig reserves the right in any event to maintain reasonable contact with employees from time to time during their shared parental leave. Contact may include discussions about plans to return to work, special arrangements to be made, training, or simply to update on developments at work during the absence.

Shared Parental Leave in Touch Days (SPLIT)

Employees can agree to work or attend training for up to 20 days during shared parental leave without bringing their period of shared parental leave to an end or impacting on their right to claim shared parental pay. These are known as "Shared Parental Leave in Touch" or "SPLIT" days.

Bòrd na Gàidhlig will not be obliged to offer, nor will the employee be obliged to attend, work whilst on shared parental leave and the employee will not suffer any detriment if they refuse to work.

Any days worked do not extend the total duration of the shared parental leave period.

Any work undertaken under the SPLIT arrangements will be paid at the normal

Pàipear 5.1 PT3.1

àbhaisteach de phàigheadh. Far am pàighear pàigheadh pàrantach co-roinnte agus tha seo nas lugha na an reata làitheil àbhaisteach, thèid am pàigheadh a bharrachadh chun an reata làitheil àbhaistich. Far nach eilear a' faighinn pàigheadh sam bith, pàighear an reata làitheil àbhaisteach aig an ath chean-là pàighidh.

Faodar làithean SPLIT a ghabhail mar làn-làithean no leth-làithean.

5.16 Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Pàrantach Co-roinnte

Bidh luchd-obrach air fios foirmeil sgriobhte fhaighinn a thaobh ceann-là mu dheireadh den fhòrladh pàrantach co-roinnte aca, agus thathar an dùil gum bi iad a' tilleadh a dh'obair air an ath latha-obrach an dèidh a' chinn-là sin, mura toir iad brath contrarra gu Bòrd na Gàidhlig.

Ma tha neach-obrach airson tilleadh a dh'obair nas tràithe na an ceann-là tillidh a bhathar an dùil, faodaidh iad brath sgriobhte a thoirt seachad gus am fòrladh atharrachadh, a' toirt fios co-dhiù ochd seachdainean ron cheann-là air am bi iad a' tilleadh. Bidh seo a' cunntadh mar aon de na trì brathan aca.

Ma tha an neach-obrach air trì brathan a chleachdadh mar-thà gus fòrladh a bhucaigeadh agus/no atharrachadh, cha bhi Bòrd na Gàidhlig fo dhleastanas sam bith a bhith a' gabhail ris a' bhrath gum bi an neach-obrach a' tilleadh tràth, ach faodaidh am Bòrd roghnachadh gum bithear a' gabhail ris.

Air dhaibh tilleadh a dh'obair an dèidh fòrladh pàrantach co-roinnte, ma tha an t-sùim iomlan de fhòrladh màthaireachd/athaireachd/uchd-mhacachd reachdail agus fòrladh pàrantach co-roinnte a' tighinn gu 26 seachdain no nas lugha na sin, is àbhaist gum bi an neach-obrach a' tilleadh don aon obair a bh' aca mus do thòisich am fòrladh màthaireachd/athaireachd/uchd-mhacachd agus an ùine as ùire de dh'fhòrladh pàrantach co-roinnte. Bidh seo air na h-aon teirmichean is cumhaichean obrach mar nach robh iad air a bhith neo-làthaireach.

Ma tha an t-sùim iomlan de dh'fhòrladh màthaireachd/athaireachd/uchd-mhacachd reachdail agus fòrladh pàrantach co-roinnte a' tighinn gu 26 seachdain no nas motha na sin, bidh làn-chòir aig an neach-obrach a thilleadh don aon

daily rate of pay. Where shared parental pay is being paid and this is less than the normal daily rate, the pay will be topped up to the normal daily rate. Where no pay is being received, the full normal daily rate will be paid at the next available pay date.

SPLIT days may be taken as full or half days.

Returning to Work After Shared Parental Leave

Employees will have been formally advised in writing of the end date of any period of shared parental leave and they are expected to return on the next working day after this date unless they notify Bòrd na Gàidhlig to the contrary.

If an employee wishes to return to work earlier than the expected return date, they may provide a written notice to vary the leave, giving at least eight weeks' notice of their date of early return. This will count as one of their three notifications.

If the employee has already used their three notifications to book and/or vary leave then Bòrd na Gàidhlig is under no obligation to accept the notice to return early but may choose to do so.

On returning to work after Shared Parental Leave, if the employees aggregate total statutory maternity/paternity/adoption leave and shared parental leave amounts to 26 weeks or less, they will normally return to the same job which they occupied immediately before commencing maternity/paternity/ adoption leave and the most recent period of shared parental leave. This will be on the same terms and conditions of employment as if they had not been absent.

If an employee's maternity/paternity/ adoption leave and shared parental leave amounts to 26 weeks or more in aggregate, they are entitled to return to the same job they held before

Pàipear 5.1 PT3.1

obair 's a bha aca mus do thòisich an ùine as ùire de fhòrladh. Far nach gabh seo a dhèanamh, thèid iad do obair eile a tha gach cuid iomchaidh is freagarrach san t-suidheachadh, agus air teirmichean is cumhaichean nach eil nas mì-fhàbharaich na bhiodh aca mar làn-chòir mura robh iad neo-làthaireach.

Ma tha neach-obrach cuideachd a' gabhail ùine de fhòrladh pàrantach neo-phàighte de 4 seachdainean no nas lugha, cha toir seo buaidh sam bith air a' chòir aca a bhith a' tilleadh agus is àbhaist gum bi làn-chòir aca tilleadh don aon obair 's a bha aca mus do thòisich an ùine mu dheireadh de dh'fhòrladh mas e gu bheil an t-sùim iomlan de fhòrladh màthaireachd/athaireachd /uchd-mhacachd agus fòrladh pàrantach co-roinnte a' dol thairis air 26 seachdainean.

Ma tha neach-obrach cuideachd a' gabhail 5 seachdainean de dh'fhòrladh pàrantach co-roinnte neo-phàighte, fiù 's ma tha an t-sùim iomlan de fhòrladh màthaireachd/athaireachd/uchd-mhacachd agus fòrladh pàrantach co-roinnte a' dol thairis air 26 seachdainean, bidh làn-chòir aca a bhith a' tilleadh don aon obair 's a bh' aca mus do thòisich an ùine mu dheireadh de fhòrladh no, far nach gabh seo a dhèanamh, gu obair eile a tha gach cuid iomchaidh is freagarrach san t-suidheachadh, agus air teirmichean is cumhaichean nach eil nas mì-fhàbharaich na bhiodh aca mar làn-chòir mura robh iad neo-làthaireach.

commencing the last period of leave. Where this is not possible it will be to another job which is both suitable and appropriate in the circumstances, and on terms and conditions no less favourable than those to which they would have been entitled had they not been absent.

If an employee also takes a period of unpaid parental leave of 4 weeks or less this will have no effect on their right to return and they will normally still be entitled to return to the same job as they occupied before taking the last period of leave if the aggregate weeks of maternity/paternity/adoption and shared parental leave do not exceed 26 weeks.

If an employee also takes a period of 5 weeks of unpaid parental leave, even if the total aggregate weeks of maternity/paternity/ adoption and shared parental leave do not exceed 26 weeks, they will be entitled to return to the same job they held before commencing the last period of leave or, where this is not possible, another job which is both suitable and appropriate in the circumstances, and on terms and conditions no less favourable than those to which they would have been entitled had they not been absent.

5.17 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh an dleastanas a th' aige gus dèanamh cinnteach nach bidh duine sam bith a' fulang leth-breith no ana-cothromach air sgàth aois, ciorramachd, ath-dhealbhadh gnè, pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, cràbhadh no creideamh, gnè no aomadh gnèitheasach.

Chaidh am poileasaidh air fòrladh màthaireachd, athaireachd, uchd-mhacachd agus pàrantach co-roinnte a chur tro mheasadh air buaidh co-ionannachd gus co-ionannachd a chur an comas.

Equality Impact Assessment

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation.

The maternity, paternity, adoption, ordinary and shared parental leave policy has been screened through an equality impact assessment to enable equality.

6.0 Smachd Sgrìobhainn

Document Control

Dreach Version Number	Adhbhar/ Atharrachadh Purpose/Change	Ùghdar Author	Ceann-là Date
<u>V2</u>	<u>Addition of Neonatal Leave and changes following review by Arena HR</u>	<u>KNG</u>	<u>10.04.2025</u>



**Màthaireachd, Athaireachd, Uchd-mhacachd,
Fòrladh Pàrantach Cumanta agus Co-roinnte**

**Maternity, Paternity, Adoption,
Ordinary & Shared Parental Leave**

Air aontachadh le/Approved by: Comataidh Poileasaidh is Goireasan

Air aontachadh air/Approved on: 01/09/2021

Lèirmheas a dhìth/Review due on: 01/09/2023

Eadar-theangachadh dearbhte/translation checked: XXXXXX

Clàr-innse

1.0 POILEASAIDH AIR MÀTHAIREACHD

- 1.1 Adhbhar
- 1.2 Farsaingeachd
- 1.3 Mìneachadh Bhriathran
- 1.4 Modh
- 1.5 Cùram ro bhreith
- 1.6 Slàinte is Sàbhailteachd
- 1.7 Làithean Cumail ann an Coluadar
- 1.8 Tilleadh a dh'Obair
- 1.9 Còirichean Luchd-obrach rè agus an dèidh Màthaireachd

1.10 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

2.0 POILEASAIDH AIR FÒRLADH NEONATAL

- 2.1 Adhbhar
- 2.2 Farsaingeachd
- 2.3 Fòrladh Sreath 1
- 2.4 Fòrladh Sreath 2
- 2.5 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

3.0 POILEASAIDH AIR FÒRLADH ATHAIREACHD

- 3.1 Adhbhar
- 3.2 Farsaingeachd
- 3.3 Cho fad 's a mhaireas Fòrladh Athaireachd
- 3.4 Pàigheadh Athaireachd Reachdail (SPP)
- 3.5 Sochairean Cùmhnantail
- 3.6 Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Athaireachd
- 3.7 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

4.0 POILEASAIDH AIR UCHD-MHACACHD

- 4.1 Adhbhar
- 4.2 Farsaingeachd
- 4.3 Mìneachaidhean
- 4.4 Ion-roghnachd
- 4.5 Cho fad 's a mhaireas Fòrladh is Pàigheadh Uchd-mhacachd
- 4.6 Pàigheadh Uchd-mhacachd Reachdail
- 4.7 Brath gu bheilear am beachd Fòrladh Uchd-mhacachd a ghabhail
- 4.8 Teisteanas Maidsidh
- 4.9 Sochairean Cùmhnantail
- 4.10 Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Uchd-mhacachd
- 4.11 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

5.0 POILEASAIDH AIR FÒRLADH PÀRANTACH CUMANTA

- 5.1 Adhbhar
- 5.2 Farsaingeachd
- 5.3 Làn-chòir
- 5.4 A' dèanamh iarrtas airson Fòrladh Pàrantach Cumanta
- 5.5 Cur an dàil Fòrladh

Index

MATERNITY POLICY

- Purpose
- Scope
- Definition of Terms
- Procedure
- Ante-Natal Care
- Health and Safety
- Keeping in Touch Days
- Return to Work
- Employee Rights During and After Maternity
- Equality Impact Assessment

NEONATAL LEAVE POLICY

- Purpose
- Scope
- Tier 1 Leave
- Tier 2 Leave
- Equality Impact Assessment

PATERNITY LEAVE POLICY

- Purpose
- Scope
- Length of Paternity Leave
- Statutory Paternity Pay (SPP)
- Contractual Benefits
- Return to Work after Paternity Leave
- Equality Impact Assessment

ADOPTION POLICY

- Purpose
- Scope
- Definitions
- Eligibility
- Length of Adoption Leave and Pay
- Statutory Adoption Pay
- Notice of Intention to take Adoption Leave
- Matching Certificate
- Contractual Benefits
- Return to Work after Adoption Leave
- Equality Impact Assessment

ORDINARY PARENTAL LEAVE POLICY

- Purpose
- Scope
- Entitlement
- Requesting Ordinary Parental Leave
- Postponing Leave

5.6	Sochairean Cùmhnantail	Contractual Benefits
5.7	Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Pàrantach Cumanta	Returning to work following Ordinary Parental Leave
5.8	Measadh Buaidh air Co-ionannachd	Equality Impact Assessment
6.0	POILEASaidh air Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	SHARED PARENTAL LEAVE POLICY
6.1	Adhbhar	Purpose
6.2	Farsaingeachd	Scope
6.3	Ion-roghnachd airson Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Eligibility for Shared Parental Leave
6.4	Làn-chòir	Entitlement
6.5	Brath air làn-choir air Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Notification of an entitlement to Shared Parental Leave
6.6	Dearbhadh air Ion-roghnachd	Evidence of Eligibility
6.7	A' bucaigeadh Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Booking Shared Parental Leave
6.8	Brath air Fòrladh Leantainneach	Continuous Leave Notifications
6.9	Brath air Fòrladh Neo-leantainneach	Discontinuous Leave Notifications
6.10	A' freagairt ri Brath air Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Responding to a Shared Parental Leave Notification
6.11	Atharrachaidhean do Fhòrladh Pàrantach Co-roinnte a chaidh a chur air dòigh cheana	Variations to arranged Shared Parental Leave
6.12	Pàigheadh Pàrantach Co-roinnte	Shared Parental Pay
6.13	Sochairean Cùmhnantail	Contractual Benefits
6.14	Coluadar rè Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Contact during Shared Parental Leave
6.15	Làithean cumail ann an coluadar rè Fòrladh Pàrantach Co-roinnte (SPLIT)	Shared Parental Leave in Touch Days (SPLIT)
6.16	Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Pàrantach Co-roinnte	Returning to Work After Shared Parental Leave
6.17	Measadh Buaidh air Co-ionannachd	Equality Impact Assessment
7.0	Smachd Sgrìobhainn	Document Control

1.0 Poileasaidh air Màthaireachd

1.1 Adhbhar

Tha am poileasaidh seo a' cur an cèill còirichean agus làn-chòirichean an luchd-obrach aig Bòrd na Gàidhlig a tha leatromach, aig a bheil cèile a tha leatromach no a tha ag uchd-mhacachadh pàiste is tha am poileasaidh ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach fiosrach air na sochairean (a thaobh pàigheadh agus fòrladh) an dà chuid reachdail agus a bharrachd a tha rim faotainn.

Tha a' buidheann an geall nach bithear a' dèiligeadh ri neach-obrach sam bith ann an dòigh nas mì-fhàbharaiche, no gan cur à dreuchd, a chionn 's gu bheil iad leatromach, neo-làthaireach air fòrladh màthaireachd, no airson adhbhar sam bith eile ceangailte ri leatrom no màthaireachd.

Tha am poileasaidh seo a' cur an cèill na riatanasan a thaobh bhrathan air feadh leatrom an neach-obrach, bho thoirt brath air leatrom gu tilleadh a dh'obair.

1.2 Farsaingeachd

Tha am poileasaidh seo a' mìneachadh nan còirichean is làn-chòirichean a th' aig luchd-obrach a thaobh màthaireachd, a bharrachd air na dleastanasan aca, agus tha e a' dèiligeadh ris a h-uile seòrsa de luchd-obrach, gun umhail air uairean a thide a tha iad ag obair, fad seirbheis no dè cùmnant air a bheil iad air an fhastadh.

1.3 Mìneachadh Bhriathran

- **pàigheadh màthaireachd reachdail** (*statutory maternity pay—SMP*) Thèid seo a phàigheadh ri luchd-obrach ion-roghnach a tha a' gabhail fòrladh màthaireachd no a tha a' fàgail cosnadh ri linn leatrom no breith-chloinne. Thèid SMP, nas lugha cìs agus tabhartasan Àrachais Nàiseanta, ma tha sin iomchaidh, a phàigheadh gach mìos. Faodar SMP obrachadh a-mach air stèidh làitheil.
- **seachdain sa bheilear an dùil gum bithear ri breith-chloinne** (*expected week of confinement—EWC*) an t-seachdain sa bheilear an dùil gum beirear an leanabh, a rèir teisteanas bho dhotair no bean-ghlùine an neach-obrach sgrìobhte air an teisteanas màthaireachd (MATB1);

Maternity Policy

Purpose

This policy sets out the rights and entitlements of employees of Bòrd na Gàidhlig who are pregnant, whose spouse is pregnant or who are adopting a child and aims to ensure that employees are aware of the benefits available both statutory and additional (pay and leave).

The organisation is committed to no employee being treated less favourable or dismissed because they are pregnant, absent on maternity leave, or any other reason connected with pregnancy or maternity.

This policy sets out the requirements regarding notification throughout an employee's pregnancy from notification of pregnancy to return to work.

Scope

This policy outlines the maternity rights, entitlements and obligations of employees and covers all categories of employee, regardless of hours worked, length of service and the contract on which they are employed.

Definition of Terms

- **statutory maternity pay (SMP)** is payable to eligible employees who take maternity leave or leave employment because of pregnancy or childbirth. SMP, less tax and National Insurance Contributions, if applicable, will be paid on a monthly basis. SMP may be calculated on a daily basis;
- **expected week of confinement (EWC)** is the week in which the baby is due to be born as certified by the employee's doctor or midwife on the maternity certificate (MATB1);

- **Teisteanas MATB1** an teisteanas airson shochairan màthaireachd a bhithear a' toirt do neach-obrach leatromach le dotair no bean-ghlùine. Bidh e a' cur an cèill an t-sheachdain sa bheilear an dùil gum bithear ri breith-chloinne (EWC);
- **fòrladh màthaireachd** an ùine sam bithear air falbh bhon obair ri linn màthaireachd. Tha làn-chòir aig a h-uile neach-obrach, ge bith dè cho fhad 's a tha iad air a bhith ag obair don bhuidhinn, air 26 seachdain de dh'fhòrladh màthaireachd cumanta, air an leantainn le 26 seachdain de fdh'fhòrladh màthaireachd a bharrachd. Chan fhaod fòrladh tòiseachadh barrachd is 11 seachdain ron t-seachdain sa bheilear an dùil gum bithear ri breith-chloinne (EWC);
- **ùine airson pàigheadh màthaireachd** (*maternity pay period—MPP*) an ùine sam bi pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) ri phàigheadh do neach-obrach a tha ion-roghnach;
- **pàigheadh màthaireachd** Bidh làn-chòir aig a h-uile neach-obrach, far a bheil iad ion-roghnach, air 39 seachdain de Phàigheadh Màthaireachd Reachdail. Thèid seo a phàigheadh aig: 6 seachdainean aig 90 sa cheud de thuarastal seachdaineil cuibheasach agus na 33 seachdainean a chòrr aig a' phrìs neo-chaochlaideach airson pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP)
- **pàigheadh màthaireachd a bharrachd** Far a bheil neach-obrach ion-roghnach air naoi mìosan de phàigheadh màthaireachd, bidh làn-chòir aca air pàigheadh màthaireachd a bharrachd. Far a bheil luchd-obrach ion-roghnach air pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP), bidh iad ion-roghnach air a' phàigheadh mheudaichte, air chumha gu bheilear a' coileanadh nan slatan-tomhais a thaobh tilleadh a dh'obair.
- **MATB1 certificate** is the maternity benefit certificate given to a pregnant employee by the doctor or midwife. It states the expected week of confinement (EWC);
- **maternity leave** is the period of time away from work due to maternity. All employees, regardless of length of service are entitled to 26 weeks ordinary maternity leave followed by 26 weeks additional maternity leave. Leave cannot begin more than 11 weeks before the EWC;
- **maternity pay period (MPP)** is the period during which SMP is payable to an eligible employee;
- **maternity pay** All eligible employees will be entitled to 39 weeks of Statutory Maternity Pay. This will be paid at: 6 weeks at 90% of average weekly earnings and the remaining 33 weeks at the flat rate SMP
- **additional maternity pay** Employees who qualify for nine months maternity pay will automatically be entitled to take the additional maternity pay. Employees that qualify for SMP will qualify for the enhanced payment, providing the criteria on returning to work is met.

1.4 Modh

Nuair a tha neach-obrach a' faighinn daingneachadh meidigeach gu bheil iad leatromach, bu chòir dhaibh brath sgriobhte a chur gu an stiùiriche-sreatha mu dheidhinn agus, is ma thèid iarraidh orra, teisteanas meidigeach a thoirt seachad mar dhaingneachadh.

Procedure

When an employee receives medical confirmation that they are pregnant, they should immediately notify their line manager in writing of this and, if requested to do so, provide a medical certificate confirming it.

Tha seo air chor 's gun tèid aig Bòrd na Gàidhlig a dhèanamh cinnteach, far an gabh a dhèanamh gu reusanta, gum bithear a' seachnadh cunnart sam bith don t-slàinte is sàbhailteachd aca a dh'fhaodadh èirigh bhon obair aca.

This is to enable Bòrd na Gàidhlig to ensure, as far as is reasonably practicable, that any risk to their health and safety arising from their work may be avoided.

Aig a' char as anmoiche, bu chòir do neach-obrach brath a chur gu Bòrd na Gàidhlig gu bheil iad leatromach 15 seachdain ron t-seachdain sa bheilear an dùil gum bithear ri breith-chloinne.

At the latest, an employee should notify Bòrd na Gàidhlig that they are pregnant 15 weeks before the expected week of confinement.

Tha e mar phàirt den phoileasaidh a bhith a' tairgsinn taic is cobhair, far an gabh sin a dhèanamh, rè na leatromachd agus an dèidh na breithe. Aon uair 's gu bheil Bòrd na Gàidhlig mothachail air leatromachd an neach-obrach, bithear a' cur fios chun an neach-obrach air an reachdas làithreach agus comhairle dhaibh air còirichean is riathanasan uile.

It is part of the policy to offer support and assistance where possible during the pregnancy and after the birth. Once Bòrd na Gàidhlig is aware of an employee's pregnancy the employee will be informed on the current legislation and advised on all rights and requirements.

Bithear a' toirt fios dhaibh cuideachd a bheil iad ion-roghnach air na 26 seachdain de dh'fhòrladh màthaireachd cumanta agus 26 seachdain de dh'fhòrladh màthaireachd a bharrachd. Bidh làn-chòir aig a h-uile neach-obrach air 52 seachdain de fhòrladh màthaireachd reachdail. Tha seo a' buntainn ris a h-uile neach-obrach ge bith dè fad a' seirbheis.

The employee will also be informed whether they are eligible for the 26 weeks ordinary maternity leave and 26 weeks additional maternity absence. All pregnant employees are entitled to 52 weeks statutory maternity leave. This applies regardless of length of service.

Taobh a-staigh 28 là bho innse don fhastaiche gu bheil iad leatromach, bu chòir brath a chur gu luchd-obrach air a' chòir aca air fòrladh is pàigheadh màthaireachd. Bu chòir aontachadh cuideachd air ceann-là tillidh an dèidh an fhòrlaidh mhàthaireachd.

Employees should be notified within 28 days of telling the employer they are pregnant, their right to maternity leave and pay. A date of return should also be agreed following the maternity leave.

Bidh an neach-obrach ion-roghnach air pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) ma bhios iad fastaichte le Bòrd na Gàidhlig fad 26 seachdain gu leantail nuair a tha 15 seachdain ann gus an t-seachdain sa bheilear an dùil ris an leanabh agus ma tha iad a' cosnadh co-dhiù gu leòr a thaobh adhbharan Àrachais Nàiseanta. Thathar a' pàigheadh pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) fad 39 seachdain.

The employee will qualify for SMP if they have been employed by Bòrd na Gàidhlig continuously for 26 weeks by 15 weeks before the week the baby is due and earns at least enough to be relevant for National Insurance purposes. SMP is paid for 39 weeks.

Tha am pàigheadh màthaireachd aig Bòrd na Gàidhlig nas fialaidh na an t-ìos-mheud reachdail agus, ma tha luchd-obrach ion-roghnach air pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP), bidh iad ion-roghnach air a' phàigheadh a bharrachd, air chumha gu bheilear a' coileanadh nan riathanasan a thaobh tilleadh a dh'obair.

Bòrd na Gàidhlig maternity pay is more generous than the statutory minimum and if employees qualify for SMP they will qualify for the enhanced payment, providing the criteria on returning to work is met.

Bidh a h-uile neach-obrach a tha ion-roghnach a' faighinn 26 seachdain aig pàigheadh slàn, air an leantainn le 13 seachdain aig pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) agus 13 seachdain gun phàigheadh. Gus am pàigheadh meudaichte seo fhaighinn, feumaidh an neach-obrach gabhail os laimh, ann an sgrìobhadh, ri tilleadh don dreuchd thùsail aca airson co-dhiù trì mhìosan de dh'obair.

Ma tha an neach-obrach a' dearmad air tilleadh don dreuchd thùsail bidh aca ri pàigheadh air ais do Bhòrd na Gàidhlig an diofar eadar an t-airgead a fhuair iad agus na pàighidhean màthaireachd reachdail air a bheil iad ion-roghnach. Gheibhear an gnòthach seo bho Cheann an Ionmhais is Chùisean Corporra.

Far a bheil luchd-obrach ion-roghnach air fòrladh màthaireachd cumanta, bidh iad ion-roghnach air fòrladh màthaireachd a bharrachd.

Ma tha neach-obrach a' moladh gun till iad a dh'obair tràth gun a bhith a' cleachdadh an làn-chòrach iomlaine air 52 seachdainean de fhòrladh màthaireachd, dh'fhaodadh gum bi iad ion-roghnach air iarrtas a chur a-steach airson fòrladh pàrantach co-roinnte còmhla ris a' chèile aca. Airson tuilleadh fiosrachaidh air seo, faic an earrann air fòrladh pàrantach co-roinnte.

Ma tha neach-obrach dheth tinn le tinneas ceangailte ri leatromachd rè ceithir seachdainean ron t-seachdain sa bheilear an dùil gum bithear ri breith-chloinne, thèid pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) (no am pàigheadh a bharrachd, far a bheil sin iomchaidh) a phàigheadh mar bhuil.

Faodaidh pàigheadh màthaireachd tòiseachadh air an latha a thòisich am fòrladh màthaireachd.

1.5 Cùram ro bhreith

Bidh làn-chòir aig neach-obrach ri ùine dheth pàighte, rè uairean obrach air adhbhar cùram ro bhreith. Faodar iarraidh orra cairt choinneimh no sgrìobhainn air choreigin eile a sholarachadh airson a h-uile coinneimh den leithid seach a' chiad turas.

1.6 Slàinte is Sàbhailteachd

Feumar beachdachadh gu cùramach air slàinte is

All qualifying employees will receive 26 weeks at full pay followed by 13 weeks at SMP and a further 13 weeks unpaid. In order to receive this enhanced payment, the employee must undertake, in writing, to return to their original post for a minimum period of three working months.

If the employee fails to return to the original post then they will be liable to repay to Bòrd na Gàidhlig the difference between the money they have received and the statutory maternity payments to which they are entitled. This undertaking can be obtained from the Head of Finance and Corporate Affairs.

Employees who qualify for ordinary maternity leave will also qualify for additional maternity leave.

If an employee proposes to return to work early without using the full 52-week entitlement to maternity leave, they may be eligible to apply for shared parental leave with their partner. For more information on this, please see the shared parental leave section.

If an employee is off sick with a pregnancy related illness during four weeks before the expected date of confinement then statutory maternity leave and pay will commence.

Maternity pay will begin on the day maternity leave begins.

Ante-Natal Care

An employee will be entitled to paid time off during working hours for the purpose of ante-natal care. They will be required to produce an appointment card or some other document confirming all appointments other than the first.

Health and Safety

Careful consideration must be given to the

sàbhailteachd an neach-obrach a tha leatromach, no a tha ri beathachadh air a' chòrach, fhad 's a tha an neach-obrach aig obair. Ma tha iomagaineann sam bith ann, feumar aire an t-sreath-stiùiriche a tharraing riutha.

Bu chòir gum bi measadh cunnart air a dhèanamh le Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra.

Thathar luchd-obrach toirmisgte bho bhith ag obair, no bho bhith a' faighinn cead bhon fhastaiche a bhith ag obair, taobh a-staigh dà sheachdain bho cheann-là na breithe-cloinne.

1.7 Làithean Cumail ann an Coluadar

Faodaidh luchd-obrach taghadh a bhith ag obair agus a bhith air am pàigheadh airson suas ri 10 latha rè an fhòrlaidh mhàthaireachd aca. Tha na "làithean cumail ann an coluadar (KIT)" seo air an dealbhachadh gus an neach-obrach a chumail fiosraichte air atharrachaidhean is leasachaidhean taobh a-staigh na dreuchd aca agus fiosrachadh as ùr sam bith mu dheidhinn gnothachais. Cha chaill an neach-obrach a' chòir aca air pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) airson nan seachdainean sa bheilear ag obair nan làithean seo, agus cha toir na làithean seo am fòrladh màthaireachd gu crìch.

Tha là KIT a' cunntadh mar là slàn mu bhios neach-obrach ag obair leth là neo là slàn. Bu chòir bruidhinn mu phàigheadh làithean KIT ro-làimh le manaidsear-loidhne an neach-obrach.

~~Chan fhaod leth-bhreith a dhèanamh an aghaidh luchd-obrach ma tha iad a' taghadh gun a bhith a' gabhail cothrom airson tighinn a-steach a dh'obair rè an fhòrlaidh mhàthaireachd aca.~~

1.8 Tilleadh a dh' Obair

Bu chòir an neach-obrach agus a mhanaidsear-loidhne cumail ann an conaltradh tro ùine fòrladh sam bith gus dèanamh cinnteach gu bheil an neach-obrach agus a' bhuidheann ag obair a dh'ionnsaigh an aon cheann-là airson tilleadh a dh'obair.

Ma tha an neach-obrach ag iarraidh tilleadh a dh'obair nas tràithe na an ceann-là a chaidh aontachadh, tha feum aca brath a thoirt seachad air a' cheann-là atharraichte 2 mhìos ro làimh.

Tha làn-chòir aig luchd-obrach air tilleadh don aon

health and safety of pregnant and breast-feeding employee's whilst at work. If there are any concerns reference must be made to the line manager.

A risk assessment should be conducted by the Head of Finance and Corporate Affairs.

Employees are prohibited from working or being permitted by the employer to work, during a period of two weeks from the date of childbirth.

Keeping in Touch Days

Employees can choose to work and be paid for up to 10 days during their maternity leave. These "keeping in touch days (KIT)" are designed to keep the employee up to speed with changes and developments within their role and any business updates. KIT days do not extend the period of maternity or adoption leave and once KIT days have been utilised the employee will lose a week's SMP for any week in which they work for Bòrd na Gàidhlig.

A KIT day counts as a full day whether the employee works a half day or a full working day. Payment of any KIT days should be discussed in advance with the employee's line manager.

~~Employees must not be discriminated against if they choose not to take advantage of coming into work during their maternity leave.~~

Return to Work

The employee and line manager should maintain contact throughout any period of leave to ensure that both parties are working towards the same date of return to work.

If an employee wants to return to work earlier than the original date agreed they are required to give 2 months' notice of the amended date.

Employees are entitled to return to the

dreuchd neo dreuchd gun chumhachan nas lugha, na bha aca mus do thòisich am fòrladh màthaireachd aca, agus air leasachaidhean sam bith a chuireadh an gnìomh fhad 's nach robh iad an làthair.

Ma tha an t-ath-bhreithneachadh bliadhnail air tuarastail a' tachairt fhad 's a tha iad neo-làthaireachte, bheir an brath chun an neach-obrach air an tuarastal ath-bhreithnichte aig an àm seo.

Ma tha Bòrd na Gàidhlig a' buileachadh àrdachadh-pàighidh a bheir an gu buil bho cheann-là a tha eadar toiseach na h-ùine a chleachdar gus pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) obrachadh a-mach agus deireadh an fhòrlaidh mhàthaireachd, bithear ag ath-àireamhachadh tuarastal seachdaineil cuibheasach an neach-obrach gus an t-àrdachadh-pàighidh a ghabhail a-steach is fiachan sam bith pàighte.

Ma tha neach-obrach a' dèanamh iarrtas airson tilleadh a dh'obair air stèidh phàirt-ùine, bu chòir don neach-obrach iarrtas a chur a-steach fo Phoileasaidh Obrachadh Sùbailte aig Bòrd na Gàidhlig.

Thèid fòrladh bliadhnail agus làithean-saora poblach tàrmaichte bhon ùine fòrladh màthaireil an toirt air adhart gu nuair a thilleas an neach-obrach a dh'obair.

Còir tilleadh a dh'obair air a dàileachadh leis an neach-obrach

Ma tha neach-obrach a' fulang bho thinneas aig deireadh an fhòrlaidh mhàthaireachd aca, bidh na riaghailtean àbhaisteach a thaobh pàigheadh tinneis gan cur an gnìomh.

same job or one of no lesser conditions than those at the commencement of their maternity leave and to any improvements implemented in their absence.

If the annual salary review falls during the period of their absence, the employee will be notified of their reviewed salary at this time.

If Bòrd na Gàidhlig grants a pay rise that is effective from a date between the start of the period used to calculate SMP and the end of the maternity leave, then the employee's average weekly earnings taking account of the pay rise will be recalculated and any arrears paid.

If an employee wishes to return on a part-time basis then they should submit a request under Bòrd na Gàidhlig's Flexible Working Policy.

Accrued annual leave and public holiday entitlement from the period of maternity leave will be carried over to when the employee returns to work.

Postponement of Right to Return to Work by Employees

If an employee is suffering from an illness at the end of maternity leave then normal sick rules shall apply.

1.9 Còirichean Luchd-obrach rè agus an dèidh Màthaireachd

- **leantalachas seirbheise** – An dèidh dhaibh tilleadh a dh'obair, bidh làn leantalachas seirbheise aig luchd-obrach a thaobh obrachadh a-mach airgead-diòlaidh anbharra agus sochairean eile ceangailte ri seirbheis. Tha seo air chumha gu bheil luchd-obrach a' tilleadh gu Bòrd na Gàidhlig air a' cheann-là shuidhichte.

Employee Rights During and After Maternity

- **continuous service** - Employee's will continue to accrue continuous service during any period of leave.

- **sochairean sgeama peinnsein: suimeannan bho bhuill** – Fhad 's a tha iad air fòrladh màthaireachd, bidh luchd-obrach fhathast nam ball de sgeama peinnsein Bòrd na Gàidhlig. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' toirt air falbh suimeannan bho phàigheadh màthaireachd reachdail (SMP) an luchd-obrach far an gabh sin dèanamh.
- **sochairean sgeama peinnsein: suimeannan bho Bhòrd na Gàidhlig**– Bidh a' bhuidheann a' cumail a' cur a-steach suimeannan às leth an neach-obrach, stèidhte air an tuarastal a bh' aig an neach-obrach nuair a thòisich iad fòrladh màthaireachd.
- **seirbheis ion-pheinnsean** – Air tilleadh a dh'obair, bidh làn leantalachas seirbheise aig luchd-obrach a thaobh peinnsein. Mura till luchd-obrach a dh'obair, bidh an t-seirbheis ion-pheinnsean aca a' sgur aig deireadh na h-ùine airson pàigheadh màthaireachd (MPP).
- **pension scheme benefits, members' contributions** - Whilst on maternity leave employees will remain in Bòrd na Gàidhlig pension scheme. Bòrd na Gàidhlig will deduct contributions from employees' SMP where possible;
- **pension scheme benefits, Bòrd na Gàidhlig contributions** – the organisation will continue to make its contributions on behalf of the employee, based on the employees' salary at the commencement of maternity leave.
- **pensionable service** – Pensionable service will continue to accrue during any period of leave. If employees do not return to work their pensionable service will cease at the end of MPP.

1.10 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh an dleastanas a th' aige gus dèanamh cinnteach nach bidh duine sam bith a' fulang leth-breith no ana-cothrom air sgàth aois, ciorramachd, ath-dhealbadh gnè, pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, cràbhadh no creideamh, gnè no aomadh gnèitheasach. Chaidh am poileasaidh seo a sgrùdadh tro mheasadh buaidh air co-ionannachd gus co-ionannachd a chomasachadh.

Equality Impact Assessment

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation. This policy has been screened through an equality impact assessment to enable equality.

2.0 Poileasaidh Fòrladh Ùr-bhreithneach

2.1 Adhbhar

Tha am poileasaidh seo a' mìneachadh nan còraichean, nan dleastanasan agus nan dòighean-obrach leis am faod luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig tagradh a dhèanamh airson fòrladh ùr-bhreithneach a ghabhail. Tha am fòrladh seo nam pàirt de Achd Cùram Ùr-bhreithneach (Saor-làithean agus Pàigheadh) 2023.

Neonatal Leave Policy

Purpose

This policy sets out the rights, responsibilities and procedures whereby employees of Bòrd na Gàidhlig can apply to take neonatal leave. This leave forms part of the Neonatal Care (Leave and Pay) Act 2023.

2.2 Farsaingeachd

Thèid cùram ùr-bhreithneach a thoirt do leanaban a dh' fheumas cùram a bharrachd tràth nam beatha. Faodaidh an cùram seo a bhith a' gabhail a-steach:

- cùram meidigeach a gheibhear san ospadal
- cùram a thèid a thoirt don leanabh às deidh dha an ospadal fhàgail, fo stiùireadh comhairliche

Scope

Neonatal care is given to babies who require additional care in early life. This care may include:

- medical care received in hospital
- care given to the baby after leaving hospital, under the direction of a consultant

- sgrùdadh leantainneach agus tadhalan le proifeiseantaich cùram slàinte air an rèiteachadh leis an ospadal
- cùram maothachaidh no cùram deireadh-beatha

Gur dòcha nach tachair cùram ùr-bhreithneach ann an aonad ùr-bhreithneach. Ma thòisicheas leanabh fo 28 latha a' faighinn cùram ùr-bhreithneach, bidh pàrantan airidh air fòrladh cùraim ùr-bhreithneach a ghabhail.

'S e pàrantan ion-roghnach an fheadhainn aig a bheil uallach co-roinnte no leotha fhèin airson a' phàiste agus tha seo a' gabhail a-steach ma tha iad:

- am màthair no am pàrant breith
- an t-athair
- pòsta leis a' chom-pàirtiche catharra no com-pàirtiche na màthar no a' phàrant breith – tha seo a' gabhail a-steach com-pàirtichean den aon ghnè
- a' gabhail ri leanabh, a' gabhail a-steach altramachd gus uchd-mhacachd
- pàrantan san amharc ann am màthaireachd ionaid

Bidh gach pàrant ion-roghnach airidh air suim fa leth de fhòrladh. Tha luchd-obrach airidh air fòrladh ùr-bhreithneach bhon chiad latha aca a' tòiseachadh obair.

Faodaidh pàrantan an aon uiread den fhòrladh ùr-bhreithneach a ghabhail eadhon ged a thèid barrachd air 1 leanabh a thoirt a-steach do chùram ùr-bhreith ann an cùis ioma-bhreith.

Bidh e comasach dha pàrantan co-dhiù 1 seachdain a ghabhail, agus 12 seachdainean de fhòrladh aig a' char as àirde a rèir dè cho fada 's a tha an leanabh aca a' faighinn cùram ùr-bhreithneach. Gheibh pàrantan 1 seachdain airson gach seachdain a tha an leanabh ann an cùram ùr-bhreith.

Feumaidh an leanabh a bhith ann an cùram airson co-dhiù 7 latha an dèidh a chèile. Ma tha pàrant air fòrladh pàrantachd reachdail a ghlèidheadh mu thràth, faodar fòrladh cùram ùr-bhreithneach a chur ris a' cheann thall.

Faodar fòrladh a ghabhail ann an 2 ìre mar a mhìnichear gu h-ìosal.

2.3 Fòrladh Ìre 1

Tha Fòrladh Ìre 1 air an toirt seachad airson na h-

- ongoing monitoring and visits by healthcare professionals arranged by the hospital
- palliative or end-of-life care

Neonatal care might not take place in a neonatal unit. If a baby under 28 days starts receiving neonatal care, parents will be eligible to take neonatal care leave.

Eligible parents are those with shared or sole responsibility for the child and this includes if they are:

- the mother or birth parent
- the father
- married to, the civil partner or for partner of the mother or birth parent – this includes same-sex partners
- adopting a child, including fostering to adopt
- intended parents in a surrogacy

Each eligible parent will be entitled to a separate amount of leave. Employees are entitled to neonatal leave from their first day of starting a job.

Parents can take the same amount of neonatal leave even if more than 1 baby is taken into neonatal care in the case of multiple births.

Parents will be able to take a minimum of 1 week, and a maximum of 12 weeks leave dependant on how long their baby is receiving neonatal care. Parents will receive 1 week for each week the baby is in neonatal care.

The baby must be in care for at least 7 consecutive days. If a parent has already booked statutory parental leave, neonatal care leave can be added to the end of this.

Leave can be taken in 2 tiers as explained below.

Tier 1 Leave

ùine nuair a tha an leanabh fhathast a' faighinn cùram ùr-bhreithneach agus a' gabhail a-steach 1 seachdain às deidh don chùram crìochnachadh.

Leis na cuibhreannan fòrladh phàrantan reachdail eile, dh' fhaodadh seo leigeil le ball den luchd-obrach fòrladh ùr-bhreithneach a bharrachd a chruinneachadh rè na h-ùine seo a ghabhas a ghabhail a' cleachdadh fòrladh ìre 2.

'S e eisimpleir de seo far a bheil leanabh air a bhreith agus fòrladh athaireachd reachdail air an toirt seachad às deidh a' bhreith ach gu bheil an leanabh a' faighinn 4 seachdainean de chùram ùr-bhreith. Leis gu bheil an fòrladh athaireachd reachdail air a chleachdadh rè na h-ùine seo, tha fòrladh ùr-bhreithneach a bharrachd air an cruinneachadh.

2.4 Fòrladh ìre 2

Faodar am fòrladh ùr-bhreithneach cruinnichte seo a chleachdadh ann an Fòrladh ìre 2 aig ceann-latha nas fhaide air adhart. Tha am fòrladh ri chleachdadh taobh a-muigh ìre 1 agus ro dheireadh 68 seachdainean bho cheann-latha breith an leanaibh.

Nuair a bhios pàrantan air saor-làithean cùram ùr-bhreith, bu chòir do mhanaidsearan dèanamh cinnteach gu bheil iad:

- a' cumail conaltradh
- a' cumail fiosrachadh a thèid a cho-roinn dìomhair
- a' toirt taic rè saor-làithean cùram ùr-bhreith

2.5 Pàigheadh agus Sochairan Cùmhnantail

Gus a bhith airidh air pàigheadh cùram ùr-bhreithneach, feumaidh 26 seachdainean de sheirbheis leantainneach a bhith aig pàrantan. Feumar na 26 seachdainean a chrìochnachadh ron 't-seachdain iomchaidh'. Feumaidh iad fhathast a bhith ann an cosnadh anns an t-seachdain mus tòisich cùram ùr-bhreithneach.

Feumaidh pàrantan co-dhiù £125 a chosnadh san t-seachdain air a' chuibheasachd airson 8 seachdainean ron t-seachdain iomchaidh.

Mairidh a h-uile sochair cùmhnantail eile aig Bòrd na Gàidhlig rè na h-ùine fòrladh seo. Tha còir aig luchd-obrach tilleadh chun na h-aon obrach no aon de chumhachan nach eil nas ìsle na an fheadhainn

Tier 1 Leave is provided for the period when the child is still receiving neonatal care and including 1 week after care has ended.

Given the other statutory parental leave allowances, this may allow a staff member to have additional neonatal leave accrued during this period which can be taken using the Tier 2 leave.

An example of this may be where a child is born and statutory paternity leave is provided following the birth but the child receives 4 weeks of neonatal care. As the statutory paternity leave is used during this period, further neonatal leave is accrued.

Tier 2 Leave

This accrued neonatal leave can be used in Tier 2 Leave at a later date. The leave is to be used outside Tier 1 and before the end of 68 weeks from the date of the child's birth.

When parents are on neonatal care leave, managers should make sure they:

- keep in touch
- keep information shared confidential
- provide support during neonatal care leave

Pay and Contractual Benefits

To be eligible for neonatal care pay, parents must have 26 weeks of continuous service. The 26 weeks must be completed before the 'relevant week'. They must still be in employment in the week before neonatal care starts.

Parents must have earned at least £125 a week on average for 8 weeks before the relevant week.

All other Bòrd na Gàidhlig contractual benefits will remain during this period of leave. Employees are entitled to return to the same job or one of no lesser

aig toiseach an fòrladh ùr-bhreithneach agus gu leasachaidhean sam bith a chaidh a chur an gnìomh nan neo-làthaireachd.

conditions than those at the commencement of their neonatal leave and to any improvements implemented in their absence.

2.6 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh an dleastanas a th' aige gus dèanamh cinnteach nach bidh duine sam bith a' fulang leth-breith no ana-cothrom air sgàth aois, ciorramachd, ath-dhealbhachd gnè, pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, cràbhachd no creideamh, gnè no aomadh gnèitheasach. Chaidh am poileasaidh seo a sgrùdadh tro mheasadh buaidh air co-ionannachd gus co-ionannachd a chomasachadh.

Equality Impact Assessment

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation. This policy has been screened through an equality impact assessment to enable equality.

2.0 Poileasaidh air Fòrladh Athaireachd

2.1 Adhbhar

Tha am poileasaidh seo a' cur an ceill còirichean is uallaichean luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig a thaobh fòrladh athaireachd agus na modhan-obrach leis am faod iad iarrras a dhèanamh air a shon.

Paternity Leave Policy

Purpose

This policy sets out the rights, responsibilities and procedures whereby employees of Bòrd na Gàidhlig can apply to take paternity leave.

2.2 Farsaingeachd

Feumaidh luchd-obrach na cumhaichean a leanas a choileanadh gus làn-chòir a bhith aca air fòrladh athaireachd àbhaisteach.

Scope

Employees will need to satisfy the following conditions to qualify for ordinary paternity leave.

Feumaidh iad:

- uallach a bhi aca, no an dùil a bhith aca, airson àrach a' phàiste;
- a bhi nan dearbh-athair a' phàiste no pòsta ri màthair a' phàiste no cèile sìobhalta / cèile / cèile aon-ghnèitheach màthair a' phàiste;
- air a bhith ag obair airson Bòrd na Gàidhlig gu leantail fad 26 seachdainean a' dol a-steach chun na 15mh seachdain air a bheil dùil ris an leanabh.

They must:

- have or expect to have responsibility for the child's upbringing;
- be either the biological father of the child, married to the child's mother or, be the civil partner / partner / same sex partner of the child's mother;
- have worked continuously for Bòrd na Gàidhlig for 26 weeks by the 15th week before the baby is due.

Tha a' làn-chòir air fòrladh stèidhte air cleamhnas le màthair a' phàiste, agus mar sin bidh fòrladh athaireachd is fòrladh uchd-mhacachd cuideachd buntainneach do chom-pàirteachasan aon-ghnèitheach.

The entitlement to leave is based on a relationship with the child's mother, so paternity and adoption leave also apply to partnerships of the same sex.

2.3

Bidh feum air luchd-obrach brath a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig gu bheil iad an dùil fòrladh athaireachd

Taking Paternity Leave

Employees will be required to inform Bòrd na Gàidhlig of their intention to take

a ghabhail ro dheireadh na còigeamh seachdain deug ron àm sa bheilear an dùil ris an leanabh, mura gabh seo a dhèanamh gu practaigeach. Feumaidh luchd-obrach innse don bhuidhinn:

- an t-seachdain sa bheilear an dùil gum beirear an leanabh;
- a bheil iad ag iarraidh aon no dà sheachdain de dh'fhòrladh a ghabhail;
- cuin a tha iad ag iarraidh gun tòisich am fòrladh,

paternity leave by the fifteenth week before the baby is expected, unless this is not reasonably practicable. Employees will need to tell the Company:

- the week the baby is due;
- whether they wish to take one- or two-weeks' leave;
- when they want their leave to start.

2.4 Dè cho fad 's a mhaireas Fòrladh Athaireachd?

Far a bheil luchd-obrach ion-roghnach air, bidh làn-chòir aca a chur romhpa gun gabh iad an dà chuid aon seachdain de fhòrladh athaireachd no dà sheachdain co-leantaileach de dh'fhòrladh athaireachd (chan e corra latha).

Faodaidh luchd-obrach a chur romhpa gun tòisich iad an cuid fòrladh:

- bho cheann-là breith a' phàiste (co-dhiù a bheil seo nas tràithe no nas anmoiche na bhathar an dùil); no
- bho uimhir làithean thaghte no seachdainean an dèidh breith a' phàiste (co-dhiù a bheil seo nas tràithe no nas anmoiche na bhathar an dùil); no

-

Faodaidh fòrladh tòiseachadh air latha sam bith san t-seachdain no an dèidh breith a' phàiste, ach feumar a' chleachdadh taobh a-staigh 52 seachdainnean bho breith na pàiste.

Cha bhi ach aon ùine de dh'fhòrladh ri faotainn airson luchd-obrach, gun umhail gun robh barrachd is aon leanabh air a' bhreith bhon aon leatromachd.

Mu bhios an neach-obrach airson na cinn-là na seachdainnean fòrladh athaireachd aca atharrachadh, feumaidh iad 28 làithean de fhios a thoirt don mhanaidsear-loidhne aca.

2.5 Pàigheadh Athaireachd Reachdail (SPP)

Rè fòrladh athaireachd, bidh làn-chòir aig a' chuid as motha de luchd-obrach air Pàigheadh Athaireachd Reachdail bho Bhòrd na Gàidhlig.

Thèid pàigheadh athaireachd reachdail (SPP) a phàigheadh le Bòrd na Gàidhlig airson an dà chuid aon seachdain no dà sheachdain leantainneach a

Length of Paternity Leave

Eligible employees will be entitled to choose to take either one week or two consecutive weeks' paternity leave (not odd days).

Employees can choose to start their leave:

- from the date of the child's birth (whether this is earlier or later than expected); or
- from a chosen date within a 52 week period of the child's birth so long as they provide their line manager with 28 days' notice.

Leave can start on any day of the week on or following the child's birth but must be utilised within 52 weeks of the child's birth.

Only one period of leave will be available to employees irrespective of whether more than one child is born as the result of the same pregnancy.

If the employee wishes to change the dates in which any week of their paternity leave commences then they must provide their line manager with 28 days' notice.

Statutory Paternity Pay (SPP)

Employees who are eligible for paternity leave will also be entitled to Statutory Paternity Pay (SPP) from Bòrd na Gàidhlig.

SPP will be paid by Bòrd na Gàidhlig for either one or two weeks confirmed by the employee no later than the 15th week

rèir mar a thagh an neachd-obrach. Bidh an reata airson pàigheadh athaireachd reachdail (SPP) aig an aon ìre 's a tha an reata airson pàigheadh màthaireachd reachdail (SMT) no 90 sa cheud de thuarastal seachdaineil cuibheasach ma tha seo nas ìsle. Gheibh sibh barrachd fiosrachadh aig: <https://www.gov.uk/paternity-pay-leave/pay>.

Far a bheil tuarastal seachdaineil cuibheasach aig luchd-obrach a tha nas lugha na a' chrìoch chosnaidh as ìsle airson Àrachas Nàiseanta, cha bhi iad ion-roghnach air pàigheadh athaireachd reachdail (SPP).

before the child's birth. The rate of SPP will be at the rate set by GOV.UK or 90% of average weekly earnings if this is less. Further information can be found at <https://www.gov.uk/paternity-pay-leave/pay>.

Employees who have average weekly earnings below the lower earnings limit for National Insurance purposes will not qualify for SPP.

2.6 Sochairean Cùmhnantail

Tha làn-chòir aig luchd-obrach air an t-sochair a tha ri faotainn sna teirmichean is cumhaichean cosnaidh àbhaisteach aca, ach a thaobh nan teirmichean a tha a' dèiligeadh ri tuarastal no foicheall (mur e gu bheil an cùmhnant fastaidh aca ag ràdh a chaochladh), fad an fhòrlaidh athaireachd aca.

Ach bidh làn-chòir aig a' chuid as motha de luchd-obrach air pàigheadh athaireachd reachdail (SPP) airson na h-ùine seo. Ma tha còir chùmhnantail aig luchd-obrach air fòrladh athaireachd a bharrachd air a' chòir reachdail, faodaidh iad cothrom a ghabhail air cò dhiubh a tha nas fhàbharaiche. Bidh pàigheadh athaireachd sam bith air a bheil còir chùmhnantail aig luchd-obrach a' lùghdachadh na h-uimhir de phàigheadh athaireachd reachdail (SPP) air a bheil làn-chòir aca.

Contractual Benefits

Employees are entitled to the all of their normal terms and conditions of employment, except for terms relating to wages or salary (unless their contract of employment provides otherwise), throughout their paternity leave.

If employees have a contractual right to paternity leave as well as the statutory right, they may take advantage of whichever is the more favourable. Any paternity pay to which employees have a contractual right reduces the amount of SPP to which they are entitled.

2.7 Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Athaireachd

Bidh làn-chòir aig luchd-obrach tilleadh don aon obair an dèidh fòrladh athaireachd.

Return to Work after Paternity Leave

Employees will be entitled to return to the same job following paternity leave.

2.8 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh an dleastanas a th' aige gus dèanamh cinnteach nach bidh duine sam bith a' fulang leth-breith no ana-cothromach air sgàth aois, ciorramachd, ath-dhealbhachd gnè, pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, cràbhachd no creideamh, gnè no aomadh gnèitheasach. Chaidh am poileasaidh seo a sgrùdadh tro mheasadh buaidh air co-ionannachd gus co-ionannachd a chomasachadh.

Equality Impact Assessment

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation. This policy has been screened through an equality impact assessment to enable equality

3.0 Poileasaidh air Uchd-mhacachd

3.1 Adhbhar

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh gum bi feum aig pàrantan uchd-mhacach air ùine dheth nuair a tha pàiste a' tighinn don teaghlach aca agus, mar sin, tha am poileasaidh seo a' cur an cèill na còirichean, làn-chòirichean agus dleastanasan aig luchd-obrach a tha ag uchd-mhacachadh pàiste.

3.2 Farsaingeachd

Bidh a' chòir air fòrladh is pàigheadh uchd-mhacachd aig luchd-obrach de gach gnè, pàrantan-ìonaid (*surrogate parents*) agus pàrantan ann an cleamhnas aon-ghnèitheach a tha air a bhith air ùr-mhaidseadh ri pàiste airson uchd-mhacachd agus le buidheann uchd-mhacachd ùghdarraichte far a bheil am pàiste fo 18 bliadhna a dh'aois.

Far a bheil neach-obrach ag uchd-mhacachadh pàiste tro bhuidheann uchd-mhacachd ùghdarraichte, bidh làn-chòir aca air suas ri 52 seachdainean de fhòrladh uchd-mhacachd bhon chiad latha den fheadhainn aca.

3.3 Mìneachaidhean

Gheibhear mìneachaidhean buntainneach, a chleachdar san sgrìobhainn seo, gu h-ìosal:

- pàigheadh Uchd-mhacachd reachdail (SAP): 's e seo an reata suidhichte leis an stàit, ach feumaidh luchd-obrach na slatan-tomhais buntainneach a choileanadh;
- pàigheadh Uchd-mhacachd dreuchdail (OPA): 's e seo am pàigheadh dreuchdail a bharrachd, a tha ri pàigheadh do luchd-obrach a-mhàin ma tha iad a' coileanadh nan slatan-tomhais buntainneach;
- tuarastal seachdaineil cuibheasach (AWE): tha seo air àireamhachadh a rèir cosnadh sna 8 seachdainean ron t-seachdain mhaidhidh;
- fòrladh Uchd-mhacachd cumanta (OAL): 's e seo na ciad 26 seachdain den ùine de fhòrladh;
- Fòrladh Uchd-mhacachd a bharrachd (AAL): 's e seo 26 seachdainean a bharrachd de dh'fhòrladh (a' dèanamh suas 52 seachdain leantainneach gu h-iomlan);
- seachdain mhaidhidh: 's e seo an t-seachdain san d' fhuair an neach-obrach brath gun deach am maidseach le pàiste airson uchd-mhacachd.

Adoption Policy

Purpose

Bòrd na Gàidhlig recognises the need of adoptive parents to have time off work when a child joins their family and as such this policy sets out the rights, entitlements and obligations of employees adopting a child.

Scope

The right to adoption leave and pay applies to employees of any sex, surrogate parents and parents in a same-sex relationship who are newly matched with a child for adoption and by an approved adoption agency where the child is under the age of 18.

An employee who adopts a child through an approved adoption agency is entitled up to 52 weeks' adoption leave from day one of employment.

Definitions

Relevant definitions used in the document follow below;

- Statutory Adoption Pay (SAP) is the rate set by Gov.uk, subject to employees meeting qualifying criteria;
- Occupational Adoption Pay (OPA) is additional occupational pay, only payable to employees meeting the qualifying criteria;
- Average Weekly Earnings (AWE) are calculated by reference to the earnings in the 8 weeks prior to the qualifying (matching) week;
- Ordinary Adoption Leave (OAL) is the first 26 weeks of the leave period;
- Additional Adoption Leave (AAL) is a further 26 weeks leave (providing up to 52 continuous weeks in total);
- matching week is the week in which the employee is notified of being matched with the child for adoption.

3.4

Airson a bhith ion-roghnach airson fòrladh uchd-mhacachd, feumaidh pàiste a bhith air ùr-mhaidseadh airson uchd-mhacachd le luchd-obrach le buidheann uchd-mhacachd ceadachta agus fios a thoirt do Bòrd na Gàidhlig taobh a-staigh 7 làithean bhon ùr-mhaidseadh le pàiste neo socrachadh am pàiste a bhith air a dhearbhadh ma tha pàiste aig an neach-obrach fo chùram-dhaltachd maireannach agus an neach gu bhith na phàrant gu laghail.

Chan fhaighear fòrladh is pàigheadh uchd-mhacachd ann an suidheachaidhean far nach eil pàiste air ùr-mhaidseadh airson uchd-mhacachd, mar eisimpleir far a bheil leas-athair ag uchd-mhacachadh clann a' chèile aige.

To qualify for adoption leave, employees must be newly matched with a child for adoption by an approved adoption agency and notify Bòrd na Gàidhlig within 7 days of being matched with a child or your adoption placement being confirmed if the employee is fostering a child permanently and becoming their legal parent.

Adoption leave and pay is not available in circumstances where a child is not newly matched for adoption, for example when a step-parent is adopting a partner's children.

3. Agallamhan ro uchd-mhacachd

Far a bheil neach-obrach ag uchd-mhacachadh pàiste nan aonar, tha làn-chòir aca air ùine dheth phàigheadh airson suas ri còig coinneamhan uchd-mhacachd a fhrithealadh, ach tha seo cuibhrichte aig 6.5 uairean a thìde airson gach coinneamh, ged nach fhaod an neach-obrach ùine a ghabhail ach na tha a dhìth orra airson an choinneamh a fhrithealadh.

Pre-adoption Interviews

An employee adopting a child alone is entitled to take paid time off to attend up to five adoption appointments capped at a maximum of 6.5 hours per appointment, although the employee must only take the time needed to attend the appointment.

Far a bheil an neach-obrach na phàirt de chàraid a tha ag uchd-mhacachadh pàiste le chèile, faodaidh an càraid taghadh gum bi aonan dhiubh a' faighinn ùine dheth phàigheadh gu suas ri còig choinneamhan uchd-mhacachd a fhrithealadh agus faodaidh an neach eile taghadh gum bi iad a' faighinn ùine dheth neo-phàigheadh airson suas ri dà choinneamh uchd-mhacachd.

Where an employee is part of a couple jointly adopting a child, the couple can elect for one of them to take paid time off to attend up to five adoption appointments and the other can elect to take unpaid time off to attend up to two adoption appointments.

3.5 Dè cho fad 's a mhaireas Fòrladh is Pàigheadh Uchd-mhacachd?

Bidh làn-chòir aig uchd-mhacairean air suas ri 26 seachdainean de fhòrladh uchd-mhacachd cumanta, air a leantainn gun dàil le suas ri 26 seachdainean de fhòrladh uchd-mhacachd a bharrachd – suas ri 52 seachdainean de fhòrladh uile gu lèir.

Length of Adoption Leave and Pay

Adopters will be entitled to up to 26 weeks' ordinary adoption leave followed immediately by up to 26 weeks' additional adoption leave - a total of up to 52 weeks' leave.

Faodaidh luchd-obrach taghadh gun tòisich iad an cuid fòrlaidh:

- bho cheann-là air an do shocraicheadh am pàiste (co-dhiù a bheil seo nas tràithe no nas anmoiche na bhathar an dùil) no
- bho cheann-là suidhichte a dh'fhaodas a bhith

Employees can choose to start their leave:

- from the date of the child's placement (whether this is earlier or later than expected) or
- from a fixed date which can be up to 14

suas ri 14 làithean ron latha sa bheilear an dùil gun tèid am pàiste a shocrachadh. Faodaidh fòrladh tòiseachadh air latha sam bith san t-seachdain.

Cha bhi ach aon ùine de fhòrladh ri faotainn, gun umhail gu bheil barrachd is aon phàiste ga shocrachadh airson uchd-mhacachd mar phàirt den aon ullachadh.

Ma chrìochnaicheas socrachadh a' phàiste rè an fhòrlaidh uchd-mhacachd, faodaidh an t-uchd-mhacair a chumail orra air fòrladh uchd-mhacachd suas ri ochd seachdainean an dèidh crìoch an t-socrachaidh.

3.6 Pàigheadh Uchd-mhacachd Reachdail

Rè an fhòrlaidh uchd-mhacachd aca, bidh làn-chòir aig a' chuid as motha de dh'uchd-mhacairean air Pàigheadh Uchd-mhacachd Reachdail (SAP) bho Bhòrd na Gàidhlig.

Bidh pàigheadh uchd-mhacachd reachdail (SAP) ga phàigheadh airson suas ri 39 seachdainean. Bidh an reata airson pàigheadh uchd-mhacachd reachdail (SAP) aig an aon ìre 's a tha an reata airson pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP).

Far a bheil an tuarastal seachdaineil cuibheasach aig uchd-mhacairean nas lugha na a' chrìoch chosnaidh as ìsle airson tabhartasan Àrachais Nàiseanta, cha bhi iad ion-roghnach air pàigheadh uchd-mhacachd reachdail (SAP). Dh'fhaodadh luchd-obrach ann an teaghlach le teachd-a-steach ìosal a bhith a' sireadh taic ionmhasail bhon ùghdarras ionadail aca.

3.7 Brath gu bheilear am beachd Fòrladh Uchd-mhacachd a ghabhail

Feumaidh uchd-mhacairean brath a chur don stiùiriche-sreatha aca gu bheil iad an dùil fòrladh uchd-mhacachd a ghabhail taobh a-staigh 7 làithean bhon cheann-là air an d' fhuair iad brath bhon bhuidhinn uchd-mhacachd gun deach am maidseadh le pàiste airson uchd-mhacachd, mura gabh seo a dhèanamh gu practaigeach. Feumaidh iad innse do Bhòrd na Gàidhlig:

- cuin a tha iad an dùil gun tèid am pàiste a shocrachadh leotha; agus
- cuin a tha iad ag iarraidh gun tòisich am fòrladh uchd-mhacachd aca.

days before the expected date of placement. Leave can start on any day of the week.

Only one period of leave will be available irrespective of whether more than one child is placed for adoption as part of the same arrangement.

If the child's placement ends during the adoption leave period, the adopter will be able to continue adoption leave for up to eight weeks after the end of the placement.

Statutory Adoption Pay

During their adoption leave, most adopters will be entitled to Statutory Adoption Pay (SAP) from Bòrd na Gàidhlig.

SAP will be paid for up to 39 weeks. The rate of SAP will be the same as the standard rate of SMP.

Adopters who have average weekly earnings below the lower earnings limit for National Insurance Contributions will not qualify for SAP. Employees in low-income families may be able to seek financial support from their local authority.

Notice of Intention to take Adoption Leave

Adopters will be required to inform their line manager of their intention to take adoption leave within 7 days of being notified by their adoption agency that they have been matched with a child for adoption, unless this is not reasonably practicable. They will need to tell the organisation:

- when the child is expected to be placed with them; and
- when they want their adoption leave to start.

Faodaidh uchd-mhacairean an inntinn

Adopters will be able to change their mind

atharrachadh a thaobh a' chinn-là air a bheil iad ag iarraidh gun tòisich am fòrladh aca, air chumha gu bheil iad a' toirt brath chun an stiùiriche-sreatha aca co-dhiù 28 làithean ro làimh (mura gabh seo a dhèanamh gu practaigeach). Feumaidh iad brath a chur chun an stiùiriche-sreatha aca a thaobh a' chinn-là air a bheil iad an dùil gun tòisich pàighidhean sam bith airson pàigheadh uchd-mhacachd reachdail (SAP) co-dhiù 28 làithean ro làimh, mura gabh seo a dhèanamh gu practaigeach.

Bidh 28 làithean aig Bòrd na Gàidhlig sam feum e freagairt ri brath an neach-obrach gu bheil iad an dùil fòrladh a ghabhail. Sgrìobhaidh stiùiriche-sreatha an neach-obrach thuca, a' cur an cèill an ceann-là air a bheilear an dùil gun till an neach-obrach a dh'obair ma thathar a' cleachdadh na làn-chòrach aca air fòrladh uchd-mhacachd.

3.8 Teisteanas Maidsidh

Feumaidh uchd-mhacairean fianais sgrìobhte – 'teisteanas maidsidh' – fhaighinn bhon bhuidhinn uchd-mhacachd aca, agus feumaidh iad seo a thoirt don stiùiriche-sreatha aca mar fhianais air an làn-chòir aca air pàigheadh uchd-mhacachd reachdail (SAP). Iarraidh Bòrd na Gàidhlig an teisteanais seo mar dhearbhadh air làn-chòir air fòrladh uchd-mhacachd. Bu chòir do luchd-obrach iarraidh air a' bhuidhinn uchd-mhacachd aca airson teisteanas maidsidh a tha a' gabhail a-steach bun-fhiosrachadh air maidseadh agus air a' cheann-là air a bheilear an dùil gun tèid am pàiste a shocrachadh.

3.9 Sochairean Cùmhnantail

Tha làn-chòir aig luchd-obrach air an t-sochair a tha ri fhaotainn sna teirmichean is cumhaichean cosnaidh cumanta aca, ach na teirmichean a tha a' dèiligeadh ri tuarastal no foicheall, air feadh ùine an fhòrlaidh uchd-mhacachd chumanta aca. Ach bidh làn-chòir aig a' mhòr-chuid de dh'uchd-mhacairean air pàigheadh uchd-mhacachd reachdail (SAP) rè na h-ùine seo.

Rè fòrladh uchd-mhacachd a bharrachd, bidh cùmhnant an fhastaidh a' cumail a' dol agus bidh cuid de shochairean is dleastanasan a' chùmhnant fhathast ann an gnìomh, mar eisimpleir tàrmachadh shaor-làithean, airgead-dìolaidh ann an suidheachadh anabharra agus ùineachan bratha. A-rithist, cha bhithear a' pàigheadh tuarastal no foicheall rè ùine an fhòrlaidh uchd-mhacachd a bharrachd.

about the date on which they want their leave to start providing they tell their line manager at least 28 days in advance (unless this is not reasonably practicable). They will have to tell their line manager the date they expect any payments of SAP to start at least 28 days in advance, unless this is not reasonably practicable.

Bòrd na Gàidhlig will have 28 days in which to respond to their employees' notification of their leave plans. The employees line manager will write to them, setting out the date on which they expect the employee to return to work if the full entitlement to adoption leave is taken.

Matching Certificate

Adopters will have to give their line manager documentary evidence – a 'matching certificate' – from their adoption agency as evidence of their entitlement to SAP. Bòrd na Gàidhlig will also ask for this certificate as proof of entitlement to adoption leave. Employees should ask their adoption agency for a matching certificate which will include basic information on matching and expected placement dates.

Contractual Benefits

Employees are entitled to the benefit of their normal terms and conditions of employment, except for terms relating to wages or salary, throughout their 26-week ordinary adoption leave period. However, most adopters will be entitled to SAP during this period.

During additional adoption leave, the employment contract continues and some contractual benefits and obligations remain in force, for example holiday accrual, compensation in the event of redundancy and notice periods. Again, no salary or wages are payable during the period of additional adoption leave.

Bidh fòrladh pàrantach co-roinnte a' leigeil le uchd-mhacairean gealltanais a thoirt seachad gun crìochnaich iad am fòrladh uchd-mhacachd aca air ceann-là san àm ri teachd agus corralach an fhòrlaidh neo-chleachdte aca a cho-roinn leis a' chèile aca, no a thilleadh a dh'obair tràth bho fhòrladh uchd-mhacachd agus fòrladh is pàigheadh pàrantach co-roinnte a roghnachadh aig ceann-là an dèidh sin. Feuch gun toir thu sùil air an earrann mu dheidhinn fòrladh pàrantach co-roinnte.

Shared parental leave enables adopters to commit to ending to ending their adoption leave and pay at a future date, and to share the untaken balance of leave and pay as shared parental leave and pay with their partner, or to return to work early from adoption leave and opt in to shared parental leave and pay at a later date. Please refer to the shared parental leave section.

3.10 Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Uchd-mhacachd

Far a bheil uchd-mhacairean an dùil a bhith a' tilleadh a dh'obair aig ceann na làn-còrach aca airson fòrladh uchd-mhacachd, chan fheum iad brath a bharrachd a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig.

Return to Work after Adoption Leave

Adopters who intend to return to work at the end of their full adoption leave entitlement will not have to give any further notification to Bòrd na Gàidhlig.

Far a bheil uchd-mhacairean ag iarraidh tilleadh a dh'obair ro dheireadh na h-ùine de fhòrladh uchd-mhacachd aca, feumaidh iad brath a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig co-dhiù 2 mhìos ron cheann-là air a bheil iad an dùil tilleadh.

Adopters who want to return to work before the end of their adoption leave period, must give Bòrd na Gàidhlig 2 months' notice of the date they intend to return.

3.11 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh an dleastanas a th' aige gus dèanamh cinnteach nach bidh duine sam bith a' fulang leth-breith no ana-cothrom air sgàth aois, ciorramachd, ath-dhealbhachd gnè, pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, cràbhachd no creideamh, gnè no aomadh gnèitheasach. Chaidh am poileasaidh seo a sgrùdadh tro mheasadh buaidh air co-ionannachd gus co-ionannachd a chomasachadh.

Equality Impact Assessment

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of a age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation. This policy has been screened through an equality impact assessment to enable equality.

4.0 Poileasaidh air Fòrladh Pàrantach Cumanta

4.1 Adhbhar

Tha am poileasaidh seo a' cur an ceill còirichean is uallaichean luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig a thaobh fòrladh pàrantach cumanta agus na modhan-obrach leis am faod iad iarrtas a dhèanamh air a shon.

Ordinary Parental Leave Policy

Purpose

This policy sets out the rights, responsibilities and procedures whereby employees of Bòrd na Gàidhlig can apply to take ordinary parental leave.

4.2 Farsaingeachd

Tha am poileasaidh seo a' buntainn ri luchd-obrach aig a bheil co-dhiù aon bhliadhna de leantailachas seirbheise ron cheann-là air am bi am fòrladh a' tòiseachadh agus a tha nam pàrant aig a bheil pàiste fo 18 bliadhna a dh'aois, no a tha air uallach

Scope

This policy applies to employees who have at least one year's continuous service immediately prior to the date the leave is to commence and who are the parent of a child under the age of 18, have assumed

fhoirmeil a ghabhail os làimh airson pàiste fo 18 bliadhna a dh'aois, no a tha air pàiste fo 18 bliadhna a dh'aois uchd-mhacachadh.

Chan fhaodar fòrladh pàrantach cumanta a chleachdadh ach airson cùram pàiste a ghabhail no airson ullachaidhean a dhèanamh airson leas a' phàiste.

Chan fhaod luchd-obrach làn-chòir sam bith air fòrladh pàrantach cumanta a chur an gnìomh mur urrainn dhaibh gèilleadh ri iarrtas airson fianais pàrantachd, no uallach pàrantach, a nochdadh, leithid teisteanas-breithe no pàipearan uchd-mhacachd.

Thoir fa-near: Cha bu chòir fòrladh pàrantach cumanta a mhearachdachadh airson fòrladh pàrantach co-roinnte. Tha modh-obrach sònraichte aig Bòrd na Gàidhlig airson fòrladh pàrantach co-roinnte.

formal parental responsibility for a child under the age of 18, or have adopted a child under the age of 18.

Ordinary parental leave may only be used in order to care for the child or to make arrangements for the child's welfare.

Employees may not exercise any entitlement to ordinary parental leave unless they can comply with a request to produce evidence of parenthood or parental responsibility, for example a birth certificate or adoption papers.

Note: Ordinary parental leave should not be confused with shared parental leave. Bòrd na Gàidhlig has a separate procedure for shared parental leave.

4.3 Làn-chòir

- Bidh còir aig luchd-obrach ion-roghnach air 18 seachdainean de fhòrladh pàrantach a' bhaisteach neo-phàighte (pro rata airson luchd-obrach pàirt-ùine) airson gach pàiste, a dh'fheumar a ghabhail suas chun an 18mh co-là-breith a' phàiste;
- airson ioma-bhreith (*multiple births*), faodar ochd seachdainean deug a ghabhail airson gach pàiste;
- chan fhaodar ùineachan airson fòrladh pàrantach cumanta eadar-iomlaideachadh eadar phàistean;
- 's e aon seachdain an ùine as giorra airson fòrladh pàrantach cumanta a ghabhail, ach ann an suidheachaidhean far a bheil an neach-obrach na phàrant aig a bheil pàiste le ciorram, far am faod an neach-obrach fòrladh pàrantach a ghabhail aon latha an dèidh a chèile;
- 's e ceithir seachdainean an ùine as fhaide airson fòrladh pàrantach cumanta a ghabhail taobh a-staigh ùine sam bith de 12 mìos gach pàiste. Sa cho-theacsa seo, 's e 12 mìos an ùine a tha a' tòiseachadh nuair a gheibh an neach-obrach an làn-chòir aca air fòrladh pàrantach a

Entitlement

- eligible employees have the right to 18 weeks' unpaid ordinary parental leave (pro rata for part-time employees) for each child to be taken up to the child's eighteenth birthday;
- for multiple births, eighteen weeks may be taken for each child;
- ordinary parental leave periods cannot be interchanged between children;
- the minimum period of ordinary parental leave that can be taken is one week, except if the employee is a parent of a child with a disability and in such cases, the employee may take parental leave in blocks of one day at a time;
- the maximum period of ordinary parental leave is four weeks in any 12 month period per child. For these purposes, 12 months is the period of time beginning when the employee first becomes entitled to parental leave in

thaobh a' phàiste, agus bidh gach ùine de 12 mìos an dèidh sin a' tòiseachadh air ceann-bliadhna a' chinn-là sin.

- 'S e làn-chòir reachdail a th' ann am fòrladh pàrantach cumanta agus chan urrainnear a thar-aiseag bho fhastaidhear gu fastaidhear.

respect of the child in question and each successive period of 12 months beginning on the anniversary of that date;

- ordinary parental leave is a maximum statutory entitlement and cannot be transferred from employer to employer.

4.4 A' dèanamh iarrtas airson Fòrladh Pàrantach Cumanta

Airson fòrladh pàrantach cumanta a ghabhail, feumaidh an neach-obrach cead fhaighinn ro làimh bho an stiùiriche-sreatha, a bhios mothachail gu dligeach air dè a' bhuidhe a bhiodh ann airson na buidhne a bharrachd air miann an neach-obrach. Cha chumar cead air ais, ge-tà, gu mì-reusanta.

Airson fòrladh pàrantach cumanta a ghabhail, feumar iarrtas a dhèanamh ann an sgrìobhadh gu stiùiriche-sreatha an neach-obrach, sa bhitheantas a' toirt brath co-dhiù 21 làithean ron cheann-là air am biodh am fòrladh a' tòiseachadh, agus a' sònrachadh cuin a thathar ag iarraidh gun tòisich am fòrladh agus dè cho fad, air iarraidh.

Mur urrainn don neach-obrach brath a thoirt 21 làithean ro làimh airson deagh adhbhar, faodar ùine a' bhratha a lùghdachadh le cead na buidhne an dèidh a bhith mothachail gu dligeach air feumalachdan obrachaidh na buidhne.

Requesting Ordinary Parental Leave

Taking ordinary parental leave is subject to the prior approval of the employee's line manager who will pay due regard to the impact on the organisation and their wishes. However, approval will not be unreasonably withheld.

A request to take ordinary parental leave must be made in writing to the employee's line manager, normally providing at least 21 days' notice before the leave is due to commence and must specify when the leave is requested to start and the duration requested.

If the employee is unable to provide 21 days' notice for good reason, the notification period may be reduced at the discretion of the organisation after paying due regard to operational needs.

4.5 Cur an dàil Fòrladh

Cha chuirear dàil ann am fòrladh pàrantach cumanta far a bheilear ga ghabhail sa bhad an dèidh ùine de fhòrladh màthaireachd, athaireachd no uchd-mhacachd.

Ma dh'fheumas Bòrd na Gàidhlig dàil a chur ann am fòrladh pàrantach cumanta a chaidh iarraidh, bheirear brath chun an neach-obrach ann an sgrìobhadh mu dheidhinn an dàileachaidh taobh a-staigh 5 làithean-obrach bhon cheann-là air an d'fhuair an t-iarrtas, còmhla ri adhbhar airson an dàileachaidh.

Dh'fhaodadh gun èirich suidheachaidhean far am feum a' bhuidheann dàil a chur ann am fòrladh pàrantach cumanta a chaidh iarraidh air sàilleibh riathanasan obrachaidh ris nach robh dùil. Far a bheil seo riathanach, cha bhithear a' cur dàil ann am fòrladh pàrantach cumanta nas fhaide na 3 mìosan.

Postponing Leave

Ordinary parental leave will not be postponed when it is to be taken immediately after a period of maternity, paternity or adoption leave.

If Bòrd na Gàidhlig has to postpone a request for ordinary parental leave, the employee will be notified in writing of the postponement within 5 working days of receiving the original request, together with the reason for the postponement.

There may be occasions when the organisation needs to postpone an existing request to take ordinary parental leave due to unforeseen operational requirements. Should this be necessary, the ordinary parental leave will not be

Cha bhi fòrladh pàrantach cumanta air a dhàileachadh gu mì-reusanta, agus co-dhiù bidh stiùiriche-sreatha an neach-obrach a' co-bheachdachadh air an t-suidheachadh còmhla riutha mus cuirear dàil san iarrtas a rinneadh.

4.6 Sochairean Cùmhnantail

Tha fòrladh pàrantach cumanta gun phàigheadh.

Tha làn-chòir aig luchd-obrach air an t-sochair a tha ri faotainn sna teirmichean is cumhaichean cosnaidh àbhaisteach aca, ach a thaobh nan teirmichean a tha a' dèiligeadh ri tuarastal no foicheall (mur e gu bheil an cùmhnant fastaidh aca ag ràdh a chaochladh), air feadh an fhòrlaidh phàrantaich cumanta aca.

4.7 Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Pàrantach Cumanta

Aig ceann ùine an fhòrlaidh aca, bidh làn-chòir aig luchd-obrach tilleadh don aon obair, air chumha nach robh am fòrladh nas fhaide na ceithir seachdainean agus nach tàinig e sa bhad an dèidh ùine de fhòrladh a bharrachd airson màthaireachd, athaireachd no uchd-mhacachd.

Ma bha am fòrladh pàrantach cumanta nas fhaide na ceithir seachdainean no ma thàinig e sa bhad an dèidh ùine de fhòrladh a bharrachd airson màthaireachd, athaireachd no uchd-mhacachd, bidh làn-chòir aig luchd-obrach tilleadh don aon dreuchd no, mura bheil sin practaigeach, do dhreuchd coltach a thaobh inbhe, teirmichean is cumhaichean 's a bha aca san dreuchd a bh' aca roimhe.

Ann an càs far a bheil suidheachadh anabharra ag èirigh rè fòrladh pàrantach cumanta, bithear a' dèiligeadh ri luchd-obrach mar gun robh iad ag obair mar is àbhaist.

4.8 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh an dleastanas a th' aige gus dèanamh cinnteach nach bidh duine sam bith a' fulang leth-breith no ana-cothrom air sgàth aois, ciorramachd, ath-dhealbhachd gnè, pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, cràbhachd no creideamh, gnè no aomadh gnèitheasach. Chaidh am poileasaidh seo a

postponed for more than 3 months.

Ordinary parental leave will not be unreasonably postponed, and in any event the employees line manager will discuss the situation with them before postponing an existing request.

Contractual Benefits

Ordinary parental leave is unpaid.

Employees are entitled to the benefit of their normal terms and conditions of employment, except for terms relating to wages or salary (unless their contract of employment provides otherwise), throughout their ordinary parental leave.

Returning to work following Ordinary Parental Leave

At the end of the leave period, employees will be entitled to return to the same job, provided that the leave was for a period of four weeks or less and did not follow on immediately from a period of additional maternity, paternity or adoption leave.

If the period of ordinary parental leave was longer than four weeks or followed on immediately from a period of additional maternity, paternity or adoption leave, then employees will be entitled to return to the same job or, if that is not practicable, to a similar job in terms of status, terms and conditions as the previous job.

In cases where a redundancy situation arises during a period of ordinary parental leave, employees will be treated as if they were working normally.

Equality Impact Assessment

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation. This policy has been screened

sgrùdadh tro mheasadh buaidh air co-ionannachd gus co-ionannachd a chomasachadh.

through an equality impact assessment to enable equality.

5.0 Poileasaidh air Fòrladh Pàrantach Co-roinnte

5.1 Adhbhar

Tha am poileasaidh seo a' cur an ceill còirichean is uallaichean luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig a thaobh fòrladh pàrantach co-roinnte (SPL) agus na modhan-obrach leis am faod iad iarrtas a dhèanamh air a shon.

Tha e ag amas air:

- barrachd so-lùbachd a thoirt do luchd-obrach aig a bheil pàistean nuair a tha iad a' cur romhpa ciamar as fheàrr as urrainn dhaibh cùram pàiste a ghabail, agus ceangal dlùth ris, rè na ciad bhliadhna an dèidh breith no uchd-mhacachd;
- dèanamh cinnteach gu bheil Bòrd na Gàidhlig a' gèilleadh ris na dleastanasan laghail a tha air a thaobh fòrladh pàrantach co-roinnte (SPL).

5.2 Farsaingeachd

Tha fòrladh pàrantach co-roinnte ri fhaotainn airson phàrantan a tha an dùil ri breith leanaibh air, no an dèidh, 5 Giblean 2015. Tha e cuideachd ri fhaotainn airson phàrantan uchd-mhacach far a bheilear a' socrachadh a' phàiste air, no an dèidh, 5 Giblean 2015.

Bidh fòrladh pàrantach co-roinnte a' leigeil le màthraichean gealltanais a thoirt seachad gun crìochnaich iad am fòrladh màthaireachd aca air ceann-là san àm ri teachd agus corralach an fhòrlaidh neo-chleachdte aca a cho-roinn leis a' chèile aca, no a thilleadh a dh'obair tràth bho fhòrladh màthaireachd agus fòrladh is pàigheadh pàrantach co-roinnte a roghnachadh aig ceann-là an dèidh sin.

Thoir fa-near: Cha bu chòir fòrladh pàrantach cumanta a mhearachdachadh airson fòrladh pàrantach co-roinnte. Tha modh-obrach sònraichte aig Bòrd na Gàidhlig airson fòrladh pàrantach

Shared Parental Leave Policy

Purpose

This policy sets out the rights, responsibilities and procedures whereby employees of Bòrd na Gàidhlig can apply to take shared parental leave (SPL).

It aims to:

- provide more flexibility to employees who have children in deciding how best to care for, and bond with, their child during the first year of birth or adoption;
- ensure that Bòrd na Gàidhlig complies with its legal obligations to employees in respect of shared parental leave (SPL).

Scope

Shared parental leave is available to parents with babies due on or after 5 April 2015. It is also available to adoptive parents where the child is being placed for adoption on or after 5 April 2015.

Shared parental leave enables mothers to commit to ending their maternity leave and pay at a future date and to share the untaken balance of leave and pay as shared parental leave with their partner, or to return to work early from maternity leave and opt into the shared parental leave at a later date.

Note: Ordinary parental leave should not be confused with shared parental leave. Bòrd na Gàidhlig has a separate procedure for ordinary parental leave.

cumanta.

5.3 Ion-roghnachd airson Fòrladh Pàrantach Co-roinnte

Cha ghabh fòrladh pàrantach co-roinnte a chleachdadh ach le dithis: sin ri ràdh, a' mhàthair/uchd-mhacair còmhla ri athair a' phàiste no an cèile, cèile sìobhalta no com-pàirtiche a th' aig màthair a' phàiste no uchd-mhacair a' phàiste. Far a bheil neach-obrach an dùil ri leanabh bho rèiteachadh far am bi iad nam pàrantan-ionaid (*surrogacy arrangement*), dh'fhaodadh iad a bhith ion-roghnach air fòrladh pàrantach co-roinnte air chumha gu bheil iad ion-roghnach air fòrladh is pàigheadh uchd-mhacachd.

Feumaidh an dithis phàrantan a bhith a' co-roinn prìomh uallach airson cùram a' phàiste aig àm a bhreithe/àm a shocrachadh airson uchd-mhacachd.

Chan eil làn-chòir aig an neach-obrach air fòrladh pàrantach co-roinnte a bharrachd / pàigheadh pàrantach co-roinnte a bharrachd ma tha iad an dùil ri barrachd is aon leanabh. Bidh an aon làn-chòir aca, agus tha seo buntainneach ri suidheachaidhean far a bheilear an sàs ann an ioma-uchd-mhacachd (*multiple adoptions*) a tha a' tachairt ann an aon shocrachadh.

Far a bheil neach-obrach ag iarraidh fòrladh pàrantach co-roinnte a ghabhail, feumaidh iad gach aon de na slatan-tomhais a leanas a choileanadh:

- feumaidh gu bheil, no gun robh, làn-chòir aig màthair/uchd-mhacair a' phàiste air fòrladh màthaireachd reachdail/fòrladh uchd-mhacachd reachdail, no mura robh làn-chòir aca air fòrladh màthaireachd reachdail/fòrladh uchd-mhacachd reachdail feumaidh gun robh làn-chòir aca air pàigheadh màthaireachd reachdail/pàigheadh uchd-mhacachd reachdail no cuibhreann màthaireachd, agus feumaidh gu bheil iad air crìoch a chur, no air brath a thoirt gun cuir iad crìoch, air làn-chòraichean sam bith a thaobh màthaireachd/uchd-mhacachd;
- feumaidh gu bheil iad fhathast ag obair do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach gach ùine de fhòrladh pàrantach co-roinnte;
- feumaidh gu bheil iad a' coileanadh na

Eligibility for Shared Parental Leave

Shared parental leave can only be used by two people, these being the mother/adopter and either the father of the child, the spouse, civil partner or partner of the child's mother/ adopter. Intended parents in a surrogacy arrangement may qualify for shared parental leave providing that they qualify for adoption leave and pay.

Both parents must share the main responsibility for the care of the child at the time of the birth/placement for adoption.

The employee is not entitled to additional shared parental leave / shared parental pay if they are expecting more than one child. The entitlement is the same and this also applies to multiple adoptions that occur in a single placement.

An employee seeking to take shared parental leave must satisfy each of the following criteria:

- the mother/adopter of the child must be/have been entitled to statutory maternity/adoption leave or if not entitled to statutory maternity/adoption leave they must be/have been entitled to statutory maternity/adoption pay or maternity allowance and must have ended or given notice to reduce any maternity/adoption entitlements;
- must still be working for Bòrd na Gàidhlig at the start of each period of shared parental leave;
- must pass the continuity test

deuchainne a thaobh leantailachas seirbheise, fo àm feum an neach-obrach air a bhith ag obair don bhuidhinn, mar ìos-mheud, fad 26 seachdainean aig deireadh an 15mh seachdain ron cheann-là air a bheil dùil ris a' phàiste/ri maidseadh;

- feumaidh an cèile aca an deuchainn a choileanadh a thaobh cosnadh agus tuarastal;
- feumaidh iad na brathan is fianais iomchaidh a thoirt seachad mar a dh'iarrar.

requiring the employee to have a minimum of 26 weeks' service at the end of the 15th week before the child's expected due date/matching date;

- their partner must meet the employment and earnings test;
- must provide correct notifications and evidence as required.

5.4 Làn-chòir

Dh'fhaodadh gum bi làn-chòir aig luchd-obrach ion-roghnach air suas ri 50 seachdainean de fhòrladh pàrantach co-roinnte a ghabhail rè na ciad bhliadhna a' phàiste san teaghlach aca.

Thathar ag àireamhachadh na h-uimhir de sheachdainean rim faotainn le bhith a' cleachdadh làn-chòir na màthar air fòrladh màthaireachd/uchd-mhacachd, a bhios a' leigeil leotha suas ri 52 seachdainean de dh'fhòrladh a ghabhail. Ma tha iad a' lùghdachadh na làn-chòrach aca air fòrladh màthaireachd/uchd-mhacachd, faodaidh iad agus/no an cèile aca iar-aonta an t-siostam airson fòrladh pàrantach co-roinnte a roghnachadh agus seachdainean sam bith a chòrr a ghabhail mar fhòrladh pàrantach co-roinnte.

Faodaidh màthair/uchd-mhacair an làn-chòir aca air fòrladh màthaireachd/uchd-mhacachd a lùghdachadh le bhith a' tilleadh a dh'obair mus eil an làn-chòir air 52 seachdainean air a gabhail, no faodaidh iad brath a thoirt gum bi iad a' giorrachadh an cuid fòrlaidh air ceann-là sònraichte san àm ri teachd.

Mura bheil làn-chòir aig a' mhàthair/uchd-mhacair air fòrladh màthaireachd/uchd-mhacachd ach tha làn-chòir aca air pàigheadh màthaireachd reachdail (SMP), pàigheadh uchd-mhacachd reachdail (SAP) no cuibhreann màthaireachd (MA), feumaidh iad an làn-chòir aca a lùghdachadh ri nas lugha na 39 seachdainean (an ùine phàighidh). Ma nì iad seo, dh'fhaodadh gum bi làn-chòir aig a' chèile aca air suas ri 50 seachdainean de fhòrladh pàrantach co-roinnte. Tha seo ga àireamhachadh le bhith a' toirt air falbh bho 52 an àireamh de sheachdainean de phàigheadh màthaireachd reachdail (SMP), pàigheadh uchd-mhacachd reachdail (SAP) no

Entitlement

Eligible employees may be entitled to take up to 50 weeks shared parental leave during the child's first year in their family.

The number of weeks available is calculated using the mother's/adopter's entitlement to maternity/adoption leave, which allows them to take up to 52 weeks' leave. If they reduce their maternity/adoption leave entitlement, then they and/or their partner may opt-in to the shared parental leave system and take any remaining weeks as shared parental leave.

A mother/adopter may reduce their entitlement to maternity/adoption leave by returning to work before the full entitlement of 52 weeks has been taken, or they may give notice to curtail their leave at a specified future date.

If the mother/adopter is not entitled to maternity/adoption leave but is entitled to statutory maternity pay (SMP), statutory adoption pay (SAP) or maternity allowance (MA), they must reduce their entitlement to less than 39 weeks (the pay period). If they do this, their partner may be entitled to up to 50 weeks of shared parental leave. This is calculated by deducting from 52 the number of weeks of SMP, SAP or MA taken by the mother/adopter.

cuibhreann màthaireachd (MA) a thugadh leis a' mhàthair/uchd-mhacair.

Gabhaidh fòrladh pàrantach co-roinnte tòiseachadh mar a leanas:

- faodaidh màthair fòrladh pàrantach co-roinnte a ghabhail an dèidh dhi an dà sheachdain de fhòrladh màthaireachd a ghabhail, a tha riatanach fon lagh, sa bhad an dèidh breith a' phàiste;
- faodaidh an t-uchd-mhacair fòrladh pàrantach co-roinnte a ghabhail an dèidh dhaibh co-dhiù dà sheachdain de fhòrladh uchd-mhacachd a ghabhail;
- faodaidh an t-athair/com-pàirtiche/cèile fòrladh pàrantach co-roinnte a ghabhail sa bhad an dèidh breith/socrachadh a' phàiste, ach faodaidh iad taghadh gun cleachd iad suas làn-chòir sam bith aca air fòrladh athaireachd cumanta (10 làithean), ma tha iad ion-roghnach, oir chan fhaod an t-athair/cèile fòrladh no pàigheadh athaireachd a ghabhail an dèidh dhaibh fòrladh pàrantach co-roinnte no pàigheadh pàrantach co-roinnte a ghabhail.

Far a bheil a' mhàthair/uchd-mhacair a' toirt brath gum bi iad a' giorrachadh na làn-chòrach aca a thaobh màthaireachd/uchd-mhacachd, faodaidh cèile na màthar/uchd-mhacair fòrladh a ghabhail fhad 's a tha a' mhàthair/uchd-mhacair fhathast a' cleachdadh na làn-chòrach aca a thaobh màthaireachd/uchd-mhacachd.

Sa chumantas, bidh fòrladh pàrantach co-roinnte a' tòiseachadh air a' cheann-là a chaidh a thaghadh leis an neach-obrach agus a chaidh a shònrachadh sa bhrath a thug iad gus fòrladh pàrantach co-roinnte a bhucaigeadh, no ann am brath sam bith an dèidh sin a dh'atharraich an ceann-là.

Ma tha an neach-obrach ion-roghnach air, faodar pàigheadh pàrantach co-roinnte a phàigheadh airson cuid, no iomlanachd, na h-ùine de fhòrladh pàrantach co-roinnte.

Feumaidh fòrladh pàrantach co-roinnte crìochnachadh chan ann nas anmoiche na aon bhliadhna an dèidh breith/socrachadh a' phàiste. Bidh fòrladh pàrantach co-roinnte sam bith nach deach a ghabhail ro chiad cho-là-breith a' phàiste, no ro chiad cheann-bliadhna socrachadh a' phàiste, ga chall.

Shared parental leave can commence as follows:

- the mother can take shared parental leave after she has taken the legally required two weeks of maternity leave immediately following the birth of the child;
- the adopter can take shared parental leave after taking at least two weeks of adoption leave;
- the father/partner/spouse can take shared parental leave immediately following the birth/placement of the child, but may first choose to exhaust any ordinary paternity leave entitlement (10 days), if eligible as the father/partner cannot take paternity leave or pay once they have taken any shared parental leave or shared parental pay.

Where a mother/adopter gives notice to curtail their maternity/adoption entitlement then the mother/adopter's partner can take leave while the mother/adopter is still using their maternity/adoption entitlements.

Shared parental leave will generally commence on the employee's chosen start date specified in their shared parental leave booking notice, or in any subsequent variation notice.

If the employee is eligible to receive it, shared parental pay may be paid for some, or all, of the shared parental leave period.

Shared parental leave must end no later than one year after the birth/placement of the child. Any shared parental leave not taken by the first birthday or first anniversary of placement for adoption is lost.

5.5 Brath air làn-choir air Fòrladh Pàrantach Co-roinnte

Far a bheil neach-obrach ion-roghnach an dùil ri fòrladh pàrantach co-roinnte a ghabhail, feumaidh iad brath a thoirt air an làn-chòir aca agus gu bheil iad an dùil fòrladh pàrantach co-roinnte a ghabhail co-dhiù ochd seachdainean mus faod iad ùine sam bith de fhòrladh pàrantach co-roinnte a ghabhail.

Mar phàirt de na slatan-tomhais airson ion-roghnachd, feumaidh luchd-obrach am brath ceart a thoirt seachad.

Feumaidh am brath a bhith ann an sgrìobhadh agus feumaidh e gabhail a-steach gach aon de na leanas:

- ainm an neach-obrach;
- ainm a' phàrant eile;
- ceann-là tòiseachaidh agus ceann-là crìochnachaidh airson fòrladh no pàigheadh màthaireachd/uchd-mhacachd, no cuibhreann màthaireachd, a chaidh a ghabhail a thaobh a' phàiste agus an uiread iomlan de fhòrladh pàrantach co-roinnte a tha ri faotainn
- an ceann-la air a bheilear an dùil ri breith a' phàiste agus an ceann-là air an do rugadh am pàiste dha-rìribh no, far a bheilear a' dèiligeadh ri pàiste uchd-mhacaichte, an ceann-là air an d' fhuair an neach-obrach brath gun deach am maidseadh le pàiste agus an ceann-là air an tèid a shocrachadh airson uchd-mhacachd;
- an uimhir de fhòrladh pàrantach co-roinnte a bhios an neach-obrach agus an cèile aca an dùil a ghabhail;
- fios, ris nach bithear a' dèiligeadh mar aonta ceangaltach, air cuin a bhios an neach-obrach an dùil fòrladh a ghabhail. Feumaidh an neach-obrach foirgheall soidhnichte a thoirt seachad a tha ag ràdh:
- gu bheil iad, no gum bi iad, a' coileanadh nan cumhaichean airson ion-roghnachd agus gu bheil làn-chòir aca air fòrladh pàrantach co-roinnte;
- gu bheil am fiosrachadh a thug iad seachad ceart;
- mur iad a' mhàthair/uchd-mhacair, feumaidh iad daingneachadh gur iad an dàrna cuid athair a' phàiste no cèile, cèile sìobhalta no com-pàirtiche na màthar/uchd-mhacair;
- gun toir iad fios gu Bòrd na Gàidhlig sa bhad ma tha iad a' sgur de bhith ion-roghnach. Feumaidh

Notification of an entitlement to Shared Parental Leave

An employee entitled and intending to take shared parental leave must provide notice of their entitlement and intention to take shared parental leave at least eight weeks before they can take any period of shared parental leave.

Part of the eligibility criteria requires the employee to provide the correct notification.

Notification must be in writing and requires each of the following:

- the name of the employee;
- the name of the other parent;
- the start and end dates of any maternity/adoption leave or pay, or maternity allowance, taken in respect of the child and the total amount of shared parental leave available;
- the date on which the child is expected to be born and the actual date of birth or, in the case of an adopted child, the date on which the employee was notified of having been matched with the child and the date of placement for adoption;
- the amount of shared parental leave the employee and their partner each intend to take
- a non-binding indication of when the employee expects to take the leave. The employee must provide a signed declaration stating:
- that they meet, or will meet, the eligibility conditions and are entitled to take shared parental leave;
- that the information they have given is accurate;
- if they are not the mother/adopter they must confirm that they are either the father of the child or the spouse, civil partner or partner of the mother/adopter;
- that should they cease to be eligible they will immediately inform Bòrd na

an neach-obrach foirgheall soidhnichte bhon chèile aca a thoirt seachad a tha a' daingneachadh:

- an ainm, an seòladh aca agus an àireamh àrachais nàiseanta aca (no foirgheall nach eil àireamh àrachais nàiseanta aca);
- gur iad màthair/uchd-mhacair a' phàiste no gur iad athair a' phàiste no gur iad cèile, cèile sìobhalta no com-pàirtiche na màthar/uchd-mhacair;
- gu bheil iad a' coileanadh na deuchainne a thaobh cosnadh agus tuarastal agus gum b' ann orrasan, air ceann-là breith a' phàiste no socrachadh airson uchd-mhacachd, am prìomh uallach airson a' phàiste, còmhla ris an neach-obrach;
- gu bheil iad ag aontachadh ris an uimhir de dh'fhòrladh pàrantach co-roinnte a tha an neach-obrach an dùil ri ghabhail;
- gu bheil iad ag aontachadh gum faod a' buidheann a bhith a' giullachd an fhiosrachaidh a gheibhear ann am foirm an fhoirghill; agus
- san t-suidheachadh far is e an cèile a' mhàthair/uchd-mhacair, gun toir iad fios chun a' chèile aca sa bhad ma tha iad a' sgur de choileanadh nan slatan-tomhais airson ion-roghnachd.

Gàidhlig. The employee must provide a signed declaration from their partner confirming:

- their name, address and national insurance number (or a declaration that they do not have a national insurance number);
- that they are the mother/adopter of the child or they are the father of the child or are the spouse, civil partner or partner of the mother/adopter;
- that they satisfy the employment and earnings test and had at the date of the child's birth or placement for adoption the main responsibility for the child, along with the employee;
- that they consent to the amount of shared parental leave that the employee intends to take;
- that they consent to the organisation processing the information contained in the declaration form; and
- in the case whether the partner is the mother/adopter that they will immediately inform their partner should they cease to satisfy the eligibility conditions.

5.6 Dearbhadh air Ion-roghnachd

Faodaidh Bòrd na Gàidhlig, taobh a-staigh 14 làithean bhon d' fhuair eadh brath air làn-chòir air fòrladh pàrantach co-roinnte, iarraidh:

- ainm is seòladh-gnothachais an fhaistidheir a tha a' fastadh cèile an neach-obrach (far nach eil cèile an neach-obrach fhathast air thuarastal, no far a bheil iad ag obair air an ceann fhèin, feumar fiosrachadh pearsanta a thoirt na àite);
- far a bheilear a' dèiligeadh ri pàrantan bith-eòlasach, lethbhreac de theisteanas-breithe airson a' phàiste (no, far nach deach a leithid fhaighinn fhathast, foirgheall a thaobh àm is àite na breithe);
- far a bheilear a' dèiligeadh ri pàiste uchd-mhacaichte, fianais sgrìobhte air ainm is seòladh na buidhne uchd-mhacachd, an ceann-là air an d' fhuair eadh brath gun deach am maidseadh le pàiste agus an ceann-là air a bheil a' bhuidheann uchd-mhacachd an dùil gum bithear a' socrachadh a' phàiste airson uchd-mhacachd.

Evidence of Eligibility

Bòrd na Gàidhlig may, within 14 days of the shared parental leave entitlement notification being given, request:

- the name and business address of the partner's employer (where the employee's partner is no longer employed or is self-employed their contact details must be given instead);
- in the case of biological parents, a copy of the child's birth certificate (or, where one has not been issued, a declaration as to the time and place of the birth);
- in the case of an adopted child, documentary evidence of the name and address of the adoption agency, the date on which they were notified of having been matched with the child and the date on which the agency expects to place the child for adoption.

Gus làn-chòir fhaighinn air fòrladh pàrantach co-roinnte, feumaidh an neach-obrach am fiosrachadh seo a thoirt seachd taobh a-staigh 14 làithean bhon d' fhuair e an t-iarrtas.

In order to be entitled to shared parental leave, the employee must produce this information within 14 days of receiving the request.

5.7 A' bucaigeadh Fòrladh Pàrantach Co-roinnte

A bharrachd air brath a thoirt air an làn-chòir aca air fòrladh pàrantach co-roinnte/pàigheadh pàrantach co-roinnte, feumaidh luchd-obrach brath a thoirt gum bi iad a' gabhail fòrladh. Ann an iomadh cùis, bithear a' toirt brath gum bithear a' gabhail fòrladh aig an aon àm 's a thathar a' toirt brath gu bheil làn-chòir aca air fòrladh pàrantach co-roinnte.

Booking Shared Parental Leave

In addition to notifying their entitlement to shared parental leave/shared parental pay, employees must also give notice to take the leave. In many cases, notice to take leave will be given at the same time as the notice of entitlement to shared parental leave.

Tha còir aig luchd-obrach trì brathan a thoirt seachd sa bheil iad a' sonrachadh nan ùineachan sa bheil iad an dùil fòrladh a ghabhail. Faodaidh gach brath a bhith a' gabhail a-steach an dara cuid aon ùine de ghrunn sheachdainean de fhòrladh no dà no barrachd is dà sheachdain de fhòrlach neo-leantainneach, far a bheil an neach-obrach an dùil gum bi iad a' tilleadh a dh'obair eadar ùineachan de fhòrladh.

Employees have the right to submit three notifications specifying the shared parental leave periods they are intending to take. Each notification may contain either a single period of a number of weeks of leave or two or more weeks of discontinuous leave, where the employee intends to return to work between periods of leave.

Chan fhaodar fòrladh pàrantach co-roinnte a ghabhail ach ann an seachdainean iomlan, ach faodaidh e tòiseachadh air latha sam bith san t-seachdain. Mar eisimpleir, nan robh seachdain de fhòrladh pàrantach co-roinnte a' tòiseachadh air Dimàirt, bhiodh e a' crìochnachadh air Diluain.

Shared parental leave can only be taken in complete weeks but may begin on any day of the week. For example if a week of shared parental leave began on a Tuesday it would finish on a Monday.

Feumaidh luchd-obrach fòrladh pàrantach co-roinnte a bhucaigeadh le bhith a' toirt a' bhratha cheart co-dhiù ochd seachdainean ron cheann-là air a bheilear ag iarraidh gum bithear am fòrladh a' tòiseachadh agus (far a bheil seo iomchaidh) agus a' faighinn pàigheadh pàrantach co-roinnte.

Employees must book shared parental leave by giving the correct notification at least eight weeks before the date on which they wish to start the leave and (if applicable) receive shared parental pay.

5.8 Brath air Fòrladh Leantainneach

Faodaidh brath a bhith airson ùine de fhòrladh leantainneach, a tha a' ciallachadh gu bheilear a' toirt brath gum bithear a' gabhail uimhir de sheachdainean mar aon ùine neo-bhrìste de fhòrladh.

Continuous Leave Notification

A notification can be for a period of continuous leave, which means notification of a number of weeks taken in a single unbroken period of leave.

Tha còir aig luchd-obrach air bloca leantainneach de fhòrladh, air am bi iad a' toirt fios ann an aon bhrath, fhad 's nach bi e a' dol thairis air an àireamh iomlan de sheachdainean de fhòrladh pàrantach co-roinnte a tha rim faotainn dhaibh agus gu bheil iad air brath a thoirt mu dheidhinn co-dhiù ochd

Employees have the right to take a continuous block of leave notified in a single notification, so long as it does not exceed the total number of weeks of shared parental leave available to them and at least eight weeks' notice has been

seachdainean ro làimh.

Faodaidh luchd-obrach trì brathan air leth a thoirt seach airson ùineachan leantainneach de fhòrladh.

5.9 Brath air Fòrladh Neo-leantainneach

Faodaidh an t-aon bhrath cuideachd a bhith a' gabhail a-steach iarrtas airson dà ùine, no barrachd is dhà, de fhòrladh neo-leantainneach, rud a tha a' ciallachadh gu bheilear ag iarraidh àireamh shònraichte de sheachdainean de fhòrladh thar ùine shònraichte, air a bhriseadh le eadar-ùineachan far a bheil an neach-obrach a' tilleadh a dh'obair.

Far a bheil iomagain ann a thaobh an urrainnear gabhail ris a' bhrath, thèid coinneamh a chur air dòigh gus còmhraidh a dhèanamh air airson tighinn gu rèiteachadh a tha a' coileanadh feumalachdan gach taobh.

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' toirt fa-near brath air fòrladh neo-leantainneach, ach tha còir aig a' bhuidhinn am brath a dhiùltadh. Ma tha am pàtran fòrlaidh ga dhiùltadh, faodaidh luchd-obrach an dara cuid am brath a thoirt air ais taobh a-staigh 15 làithean no am fòrladh a ghabhail mar bhloca leantainneach.

Ma tha luchd-obrach a' cur romhpa gun gabh iad fòrladh mar aon bhloca leantainneach, bidh suas ris an 19mh latha aca bhon cheann-là air an tugadh am brath tùsail gus taghadh a dhèanamh air cuin a tha iad ag iarraidh gum bi am fòrladh a' tòiseachadh. Chan fhaod am fòrladh tòiseachadh nas luaithe na ochd seachdainean bhon cheann-là air an tugadh am brath tùsail. Mura bheil an neach-obrach a' taghadh ceann-là tòiseachaidh eile, bidh am fòrladh a' tòiseachadh air a' chiad latha fòrlaidh a chaidh iarraidh sa bhrath thùsail.

Bithear a' beachdachadh air gach iarrtas airson fòrladh neo-leantainneach a rèir airidheachd na cùise. Far a bheilear ag aontachadh ri aon iarrtas, cha bhi sin a' stèidheachadh ro-shampall no a' cruthachadh còir airson neach-obrach eile air pàtran co-chosmhail de fhòrladh pàrantach co-roinnte.

5.10 A' freagairt ri Brath air Fòrladh Pàrantach Co-roinnte

Aon uair 's gun d' fhuair eadh brath bucaigidh, bheirear freagairt ri luchd-obrach ann an sgrìobhadh gun a bhith nas fhaide na an 14mh latha

provided.

Employees may submit up to three separate notifications for continuous periods of leave.

Discontinuous Leave Notification

A single notification may also contain a request for two or more periods of discontinuous leave, which means asking for a set number of weeks of leave over a period of time, with breaks between the leave where the employee returns to work.

Where there is concern over accommodating the notification, a meeting will be arranged to discuss the notification with a view to agreeing an arrangement that meets the needs of both parties.

Bòrd na Gàidhlig will consider a discontinuous leave notification but has the right to refuse it. If the leave pattern is refused, employees can either withdraw it within 15 days of giving it or can take the leave as a single continuous block.

If the employees choose to take the leave in a single continuous block, they have until the 19th day from the date the original notification was given to choose when they want the leave period to begin. The leave cannot start sooner than eight weeks from the date the original notification was submitted. If the employee does not choose a start date then the leave will begin on the first leave date requested in the original notification. Each request for discontinuous leave will be considered on a case-by-case basis. Agreeing to one request will not set a precedent or create the right for another employee to be granted a similar pattern of shared parental leave.

Responding to a Shared Parental Leave Notification

Once a leave booking notice is received a response will be provided to the employees in writing no later than the

an dèidh an iarrtas fhaighinn.

14th day after the leave request was made.

5.11 Atharrachaidhean do Fhòrladh Pàrantach Co-roinnte a chaidh a chur air dòigh cheana

Far a bheil luchd-obrach air ùine de fhòrladh pàrantach co-roinnte a bhucaigeadh, tha cead aca atharrachadh no a chur às air chumha gu bheil iad a' toirt fios ann an sgrìobhadh co-dhiù ochd seachdainean mus tòisich latha an atharrachaidh. Chan fhaod latha tòiseachaidh ùr sam bith a bhith nas tràithe na ochd seachdainean bho cheann-là an iarrtais atharrachaidh.

Far a bheil an neach-obrach a' toirt brath airson am fòrladh aca atharrachadh no a chur às, a' gabhail a-steach brath gum bi iad a' tilleadh a dh'obair tràth, is àbhaist gum bithear ga chunntadh mar bhrath ùr agus mar sin lùghdaichidh seo a' chòir aca air fòrladh a bhucaigeadh/atharrachadh le bhith a' toirt air falbh aon iarrtas. Ach far an deach an t-atharrachadh adhbharachadh le breith thràth an leanab, no a chionn 's gun do dh'iarr Bòrd na Gàidhlig atharrachadh don fhòrladh, is an neach-obrach taitneach leis an atharrachadh, cha bhi sin a' cunntadh mar bhrath a bharrachd.

Bithear a' deimhinneachadh atharrachaidhean ann an sgrìobhadh.

Variations to arranged Shared Parental Leave

Employees are permitted to vary or cancel an agreed and booked period of shared parental leave, provided that they provide written confirmation at least eight weeks before the date of the variation. Any new start date cannot be sooner than eight weeks from the date of the variation request.

Any variation or cancellation notification made by the employee, including notice to return to work early, will usually count as a new notification reducing their right to book/vary leave by one request. However, a change as a result of a child being born early, or as a result of Bòrd na Gàidhlig requesting the leave be changed, and the employee being agreeable to the change, it will not count as further notification.

Variations will be confirmed in writing.

5.12 Pàigheadh Pàrantach Co-roinnte

Dh'fhaodadh gum bi làn-chòir aig luchd-obrach ion-roghnach air suas ri 37 seachdainean de phàigheadh pàrantach co-roinnte fhad 's a tha iad a' gabhail fòrladh pàrantach co-roinnte. Bidh an àireamh de sheachdainean a tha rim faotainn ag atharrachadh a rèir an uireid a bhios a' mhàthair/uchd-mhacair a' lùghdachadh na h-ùine aca airson pàigheadh màthaireachd/uchd-mhacachd no cuibhreann màthaireachd.

A bharrachd air feumalachdan ion-roghnachd a choileanadh airson fòrladh pàrantach co-roinnte, far a bheil neach-obrach ag iarraidh tagradh a dhèanamh airson pàigheadh pàrantach co-roinnte, feumaidh iad gach aon de na slatan-tomhais a leanas a choileanadh:

- feumaidh gun robh làn-chòir aig a' mhàthair/uchd-mhacair air pàigheadh màthaireachd reachdail/pàigheadh uchd-mhacachd reachdail no cuibhreann màthaireachd, agus feumaidh gu bheil iad air an ùine aca airson pàigheadh

Shared Parental Pay

Eligible employees may be entitled to take up to 37 weeks shared parental pay while taking shared parental leave. The number of weeks available will depend on the amount by which the mother/adoption pay reduces their maternity/adoption pay period or maternity allowance period.

In addition to meeting the eligibility requirements for shared parental leave, an employee seeking to claim shared parental pay must further satisfy each of the following criteria:

- the mother/adoption pay must be/have been entitled to statutory maternity/adoption pay or maternity allowance and must have reduced their maternity/adoption pay period or maternity allowance period;

màthaireachd/pàigheadh uchd-mhacachd no cuibhreann màthaireachd a lùghdachadh;

- feumaidh an neach-obrach a bhith an dùil gum bi iad a' gabhail cùram a' phàiste rè na seachdain sam bidh pàigheadh pàrantach co-roinnte ri phàigheadh;
- feumaidh gu bheil aig an neach-obrach, anns na h-ochd seachdainean a' dol suas ri, agus a' gabhail a-steach, an 15mh seachdain ron cheann-là air a bheil dùil ris a' phàiste/ri maidseadh, tuarastal seachdaineil cuibheasach nach eil nas lugha na a' chrìoch chosnaidh as ìsle airson tabhartasan Àrachais Nàiseanta a tha an gnìomh aig an àm;
- feumaidh an neach-obrach fuireach fo fhastadh leantainneach gus an tòisich a' chiad sheachdain de phàigheadh pàrantach co-roinnte;
- feumaidh an neach-obrach brath ceart a thoirt seachad a rèir nan riaghailtean air an cur an cèill gu h-ìosal.
- Far a bheil làn-chòir aig luchd-obrach air pàigheadh pàrantach co-roinnte fhaighinn, feumaidh iad, co-dhiù ochd seachdainean mus faigh iad pàigheadh pàrantach co-roinnte sam bith, brath sgrìobhte a thoirt sa bheil iad a' cur an cèill gu bheil làn-chòir aca air pàigheadh pàrantach co-roinnte. Far an gabh a dhèanamh, bu chòir gum bi seo mar phàirt den bhrath a tha ag ràdh gu bheil làn-chòir aca air fòrladh pàrantach co-roinnte.
- the employee must intend to care for the child during the week in which shared parental pay is payable;
- the employee must have average weekly earnings for the period of eight weeks leading up to and including the 15th week before the child's expected due date/matching date which are not less than the lower earnings limit in force for National Insurance contributions;
- the employee must remain in continuous employment until the first week of shared parental pay has begun;
- the employee must give proper notification in accordance with the rules set out below;
- Where employees are entitled to receive shared parental pay they must, at least eight weeks before receiving any shared parental pay, provide written notice advising of their entitlement to shared parental pay. Where possible, this should be included as part of the notice of entitlement to take shared parental leave.

A bharrachd air na dh'fheumar a bhith sa bhrath a tha ag ràdh gu bheil làn-chòir aca air fòrladh pàrantach co-roinnte, feumaidh brath sam bith a tha ag ràdh gu bheil làn-chòir aca air pàigheadh pàrantach co-roinnte a bhith a' gabhail a-steach:

- ceann-là tòiseachaidh agus ceann-là crìochnachaidh airson pàigheadh màthaireachd/uchd-mhacachd no cuibhreann màthaireachd;
- an t-sùim iomlan de phàigheadh pàrantach co-roinnte a tha ri fhaotainn, an t-sùim iomlan de phàigheadh pàrantach co-roinnte a tha gach cuid an neach-obrach agus an cèile aca an dùil a ghabhail, agus fios, ris nach bithear a' dèiligeadh mar aonta ceangaltach, air cuin a bhios an neach-obrach an dùil tagradh a dhèanamh airson pàigheadh pàrantach co-roinnte;
- foirgheall soidhnichte bhon neach-obrach a tha a' daingneachadh gu bheil am fiosrachadh a thug iad seachad ceart, gu bheil iad, no gum bi iad, a' coileanadh nan cumhaichean ion-
- In addition to what must be included in the notice of entitlement to take shared parental leave, any notice that advises of an entitlement for shared parental pay must include:
- the start and end dates of any maternity/adoption pay or maternity allowance;
- the total amount of shared parental pay available, the amount of shared parental pay the employee and their partner each intend to claim, and a non-binding indication of when the employee expects to claim shared parental pay;
- a signed declaration from the employee confirming that the information they have given is correct, that they meet, or will meet, the

roghnachd airson pàigheadh pàrantach co-roinnte, agus gun toir iad fios gu Bòrd na Gàidhlig sa bhad ma tha iad a' sgur de bhith ion-roghnach.

criteria for shared parental pay and that they will immediately inform Bòrd na Gàidhlig should they cease to be eligible.

Còmhla ris a' bhrath, feumaidh gu bheil foirgheall soidhnichte bho chèile an neach-obrach a tha a' daingneachadh:

- gu bheil iad ag aontachadh gum faod an neach-obrach tagradh a dhèanamh airson pàigheadh pàrantach co-roinnte agus gum faod a' bhuidheann pàighidhean pàrantach co-roinnte sam bith a ghiullachd airson an neach-obrach;
- san t-suidheachadh far is e an cèile a' mhàthair/uchd-mhacair, gu bheil iad air am pàigheadh màthaireachd/pàigheadh uchd-mhacachd no cuibhreann màthaireachd aca a lùghdachadh;
- san t-suidheachadh far is e an cèile a' mhàthair/uchd-mhacair, gun toir iad fios chun a' chèile aca sa bhad ma tha iad a' sgur de choileanadh nan slatan-tomhais airson ion-roghnachd.

Notice must be accompanied by a signed declaration from the employee's partner confirming:

- their agreement to the employee claiming shared parental pay and for the organisation to process any shared parental pay payments to the employee;
- in the case whether the partner is the mother/ adopter, that they have reduced their maternity/adoption pay or maternity allowance;
- in the case where the partner is the mother/ adopter, that they will immediately inform their partner should they cease to satisfy the eligibility conditions.

Thèid pàigheadh pàrantach co-roinnte a phàigheadh aig an reata suidhichte leis an stàit agus bithear ga làimhseachadh mar thuarastal agus mar sin bidh e fo bhuidheann lùghdachaidhean pàigheadh mar a choisinnear (PAYE).

Shared parental pay will be paid at a rate set by the State and is treated as earnings and therefore subject to normal pay as you earn (PAYE) deductions.

5.13 Sochrairean Cùmhnantail

Rè fòrladh pàrantach co-roinnte, bidh teirmichean is cumhaichean uile ann an cùmhnant fastaidh an neach-obrach a' cumail a' dol, ach a thaobh tuarastal. Gu h-àraid, bithear a' cumail a' tàrmachadh làn-chòir air fòrladh bliadhnail agus làithean-saora poblach.

Contractual Benefits

During shared parental leave, all terms and conditions of the employees' contract of employment will continue, except for salary. In particular, contractual annual leave and public holiday entitlement will continue to accrue.

5.14 Coluadar rè Fòrladh Pàrantach Co-roinnte

Mus tòisich fòrladh pàrantach co-roinnte, bithear ag aontachadh air ullachaidhean airson cumail ann an coluadar.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' glèidheadh na còrach aige an tachartas sam bith a bhith a' dèanamh conaltradh reusanta còmhla ri luchd-obrach bho àm gu àm rè fòrladh pàrantach co-roinnte. Dh'fhaodadh an coluadar a bhith a' gabhail a-steach còmhraidhean air planaichean airson tilleadh a dh'obair, ullachaidhean sònraichte a dh'fheumar dèanamh, trèanadh, no dìreach airson an neach-obrach a chumail fiosraichte air leasachaidhean aig obair fhad 's a tha iad air a bhith dheth.

Contact during Shared Parental Leave

Before a period of shared parental leave begins arrangements for keeping in touch will be agreed.

Bòrd na Gàidhlig reserves the right in any event to maintain reasonable contact with employees from time to time during their shared parental leave. Contact may include discussions about plans to return to work, special arrangements to be made, training, or simply to update on developments at work during the absence.

5.15 Làithean cumail ann an coluadar rè Fòrladh Pàrantach Co-roinnte (SPLIT)

Faodaidh luchd-obrach obair no trèanadh a choileanadh airson suas ri 20 làithean fhad 's a tha iad air fòrladh pàrantach co-roinnte gun a bhith a' toirt gu crìch am fòrladh pàrantach co-roinnte aca agus gun bhuaidh sam bith air a' chòir aca air tagradh a dhèanamh airson pàigheadh pàrantach co-roinnte. 'S e "làithean fòrladh pàrantach co-roinnte cumail ann an coluadar" (*Shared Parental Leave In Touch—SPLIT*) a chanar riutha seo.

Cha bhi Bòrd na Gàidhlig fo dhleastanas a bhith a' tairgse obair, agus cha bhi an neach-obrach fo dhleastanas obair a dhèanamh, fhad 's a tha iad air fòrladh pàrantach co-roinnte, agus bidh an neach-obrach gun dolaidh sam bith ma tha iad a' diùltadh a dh'obair.

Cha bhi làithean sam bith air an do dh'obair an neach-obrach a' leudachadh fad na h-ùine de fhòrladh pàrantach co-roinnte.

Pàighear obair sam bith a chaidh a dhèanamh fo ullachaidhean SPLIT aig an reata làitheil àbhaisteach de phàigheadh. Far am pàighear pàigheadh pàrantach co-roinnte agus tha seo nas lugha na an reata làitheil àbhaisteach, thèid am pàigheadh a bharrachadh chun an reata làitheil àbhaistich. Far nach eilear a' faighinn pàigheadh sam bith, pàighear an reata làitheil àbhaisteach aig an ath cheann-là pàighidh.

Faodar làithean SPLIT a ghabhail mar làn-làithean no leth-làithean.

5.16 Tilleadh a dh'Obair an dèidh Fòrladh Pàrantach Co-roinnte

Bidh luchd-obrach air fios fòirmeil sgrìobhte fhaighinn a thaobh ceann-là mu dheireadh den fhòrladh pàrantach co-roinnte aca, agus thathar an dùil gum bi iad a' tilleadh a dh'obair air an ath latha-obrach an dèidh a' chinn-là sin, mura toir iad brath contrarra gu Bòrd na Gàidhlig.

Ma tha neach-obrach airson tilleadh a dh'obair nas tràithe na an ceann-là tillidh a bhathar an dùil, faodaidh iad brath sgrìobhte a thoirt seachad gus am fòrladh atharrachadh, a' toirt fios co-dhiù ochd seachdainean ron cheann-là air am bi iad a' tilleadh. Bidh seo a' cunntadh mar aon de na trì brathan aca.

Ma tha an neach-obrach air trì brathan a chleachdadh mar-thà gus fòrladh a bhucaigeadh agus/no atharrachadh, cha bhi Bòrd na Gàidhlig fo

Shared Parental Leave in Touch Days (SPLIT)

Employees can agree to work or attend training for up to 20 days during shared parental leave without bringing their period of shared parental leave to an end or impacting on their right to claim shared parental pay. These are known as "Shared Parental Leave in Touch" or "SPLIT" days.

Bòrd na Gàidhlig will not be obliged to offer, nor will the employee be obliged to attend, work whilst on shared parental leave and the employee will not suffer any detriment if they refuse to work.

Any days worked do not extend the total duration of the shared parental leave period.

Any work undertaken under the SPLIT arrangements will be paid at the normal daily rate of pay. Where shared parental pay is being paid and this is less than the normal daily rate, the pay will be topped up to the normal daily rate. Where no pay is being received, the full normal daily rate will be paid at the next available pay date.

SPLIT days may be taken as full or half days.

Returning to Work After Shared Parental Leave

Employees will have been formally advised in writing of the end date of any period of shared parental leave and they are expected to return on the next working day after this date unless they notify Bòrd na Gàidhlig to the contrary.

If an employee wishes to return to work earlier than the expected return date, they may provide a written notice to vary the leave, giving at least eight weeks' notice of their date of early return. This will count as one of their three notifications.

If the employee has already used their three notifications to book and/or vary leave then Bòrd na Gàidhlig is under no

dhleastanas sam bith a bhith a' gabhail ris a' bhrath gum bi an neach-obrach a' tilleadh tràth, ach faodaidh am Bòrd roghnachadh gum bithear a' gabhail ris.

Air dhaibh tilleadh a dh'obair an dèidh fòrladh pàrantach co-roinnte, ma tha an t-sùim iomlan de fhòrladh màthaireachd/athaireachd/uchd-mhacachd reachdail agus fòrladh pàrantach co-roinnte a' tighinn gu 26 seachdain no nas lugha na sin, is àbhaist gum bi an neach-obrach a' tilleadh don aon obair a bh' aca mus do thòisich am fòrladh màthaireachd/athaireachd/uchd-mhacachd agus an ùine as ùire de dh'fhòrladh pàrantach co-roinnte. Bidh seo air na h-aon teirmichean is cumhaichean obrach mar nach robh iad air a bhith neo-làthaireach.

Ma tha an t-sùim iomlan de dh'fhòrladh màthaireachd/athaireachd/uchd-mhacachd reachdail agus fòrladh pàrantach co-roinnte a' tighinn gu 26 seachdain no nas motha na sin, bidh làn-chòir aig an neach-obrach a thilleadh don aon obair 's a bha aca mus do thòisich an ùine as ùire de fhòrladh. Far nach gabh seo a dhèanamh, thèid iad do obair eile a tha gach cuid iomchaidh is freagarrach san t-suidheachadh, agus air teirmichean is cumhaichean nach eil nas mì-fhàbharaich na bhiodh aca mar làn-chòir mura robh iad neo-làthaireach.

Ma tha neach-obrach cuideachd a' gabhail ùine de fhòrladh pàrantach neo-phàighte de 4 seachdainean no nas lugha, cha toir seo buaidh sam bith air a' chòir aca a bhith a' tilleadh agus is àbhaist gum bi làn-chòir aca tilleadh don aon obair 's a bha aca mus do thòisich an ùine mu dheireadh de dh'fhòrladh mas e gu bheil an t-sùim iomlan de fhòrladh màthaireachd/athaireachd /uchd-mhacachd agus fòrladh pàrantach co-roinnte a' dol thairis air 26 seachdainean.

Ma tha neach-obrach cuideachd a' gabhail 5 seachdainean de dh'fhòrladh pàrantach co-roinnte neo-phàighte, fiù 's ma tha an t-sùim iomlan de fhòrladh màthaireachd/athaireachd/uchd-mhacachd agus fòrladh pàrantach co-roinnte a' dol thairis air 26 seachdainean, bidh làn-chòir aca a bhith a' tilleadh don aon obair 's a bh' aca mus do thòisich an ùine mu dheireadh de fhòrladh no, far nach gabh seo a dhèanamh, gu obair eile a tha gach cuid iomchaidh is freagarrach san t-suidheachadh, agus air teirmichean is cumhaichean nach eil nas

obligation to accept the notice to return early but may choose to do so.

On returning to work after Shared Parental Leave, if the employees aggregate total statutory maternity/paternity/adoption leave and shared parental leave amounts to 26 weeks or less, they will normally return to the same job which they occupied immediately before commencing maternity/paternity/ adoption leave and the most recent period of shared parental leave. This will be on the same terms and conditions of employment as if they had not been absent.

If an employee's maternity/paternity/ adoption leave and shared parental leave amounts to 26 weeks or more in aggregate, they are entitled to return to the same job they held before commencing the last period of leave. Where this is not possible it will be to another job which is both suitable and appropriate in the circumstances, and on terms and conditions no less favourable than those to which they would have been entitled had they not been absent.

If an employee also takes a period of unpaid parental leave of 4 weeks or less this will have no effect on their right to return and they will normally still be entitled to return to the same job as they occupied before taking the last period of leave if the aggregate weeks of maternity/paternity/adoption and shared parental leave do not exceed 26 weeks.

If an employee also takes a period of 5 weeks of unpaid parental leave, even if the total aggregate weeks of maternity/paternity/ adoption and shared parental leave do not exceed 26 weeks, they will be entitled to return to the same job they held before commencing the last period of leave or, where this is not possible, another job which is both suitable and appropriate in the circumstances, and on terms and

mì-fhàbharaich na bhiodh aca mar làn-chòir mura robh iad neo-làthaireach.

conditions no less favourable than those to which they would have been entitled had they not been absent.

5.17 Measadh Buaidh air Co-ionannachd

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh an dleastanas a th’ aige gus dèanamh cinnteach nach bidh duine sam bith a’ fulang leth-breith no ana-cothromach air sgàth aois, ciorramachd, ath-dhealbhadh gnè, pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, cràbhadh no creideamh, gnè no aomadh gnèitheasach.

Chaidh am poileasaidh air fòrladh màthaireachd, athaireachd, uchd-mhacachd agus pàrantach co-roinnte a chur tro mheasadh air buaidh co-ionannachd gus co-ionannachd a chur an comas.

Equality Impact Assessment

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation.

The maternity, paternity, adoption, ordinary and shared parental leave policy has been screened through an equality impact assessment to enable equality.

6.0 Smachd Sgrìobhainn

Document Control

Dreach Version Number	Adhbhar/ Atharrachadh Purpose/Change	Ùghdar Author	Ceann-là Date
V2	Addition of Neonatal Leave and changes following review by Arena HR	KNG	10.04.2025



Stiùireadh Obair-Aonair
Lone Worker Guidance

Lèirmheas air a dhèanamh / Review conducted: 28/09/2022

Ath-nuadhachadh a dhìth/Review due on: 28/09/2023

Eadar-theangachadh dearbhte/translation checked:CS

CLAR-INNSE – TABLE OF CONTENTS

<u>1</u>	Ro-ràdh	Introduction	3
<u>2</u>	Aithris air an stiùireadh	Guidance Statement	3
<u>3</u>	Ag obair leis an stiùireadh seo	Working with this guidance	4
<u>4</u>	Mìneachadh air Obair-Aonair	Definition of Lone Working	4
<u>5</u>	Aithris Coitcheann air an Dòigh-obrach	General Statement of Procedure	5
<u>6</u>	Measadh Buaidh air Co-ionannachdan	Equality Impact Assessment	8
<u>7</u>	Pàipear-taie 1 Eismeileachdan is Reachdas Buntainneach	Appendix 1 – Dependencies & Relevant Legislation	9
<u>8</u>	<u>Smachd Sgrìobhainn</u>	<u>Document Control</u>	<u>9</u>
	Earr-ràdh 2 – Stiùireach Obair Aonair	Appendix 2 – Lone Worker Guidance	10

Formatted Table

Formatted Table

1. Ro-ràdh

Introduction

1.1. Tha sreath de phoileasaidhean aig Bòrd na Gàidhlig a tha ag amas air deagh stiùireadh dhaoine air feadh na buidhne agus a tha ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil daoine air an làimhseachadh gu cunbhalach. Is e rùn nan stiùiridhean sin luchd-obrach agus manaidsearan a chuideachadh gus na dleastanasan fa leth aca a thuigsinn gus toraidhean agus prìomhachasan plana corporra agus plana obrach Bhòrd na Gàidhlig a libhrigeadh.

Bòrd na Gàidhlig has a suite of policies aimed at delivering good people management across the organisation and aims to ensure consistency of treatment. The intention of these policies is to help employees and managers understand their individual responsibilities to achieve the outcomes and priorities of the Bòrd na Gàidhlig corporate plan and operational plan

1.2. Bu chòir dhut stiùireadh iarraidh bhon mhanaidsear-sreatha agad no bho sheirbheisean HR mu chur an gnìomh a' phoileasaidh seo.

Guidance should be sought from your line manager ~~or HR services~~ on the operation of this guidance.

1.3. Tha an stiùireadh seo an sàs airson an luchd-obrach uile aig Bòrd na Gàidhlig, a gabhail a-steach luchd-obrach. Airson luchd-obrach a tha a' dèanamh na h-ùine dearbhadh aca aig an àm seo, bidh prìonnasabalan a' phoileasaidh seo an gnìomh.

This guidance applies to all employees of Bòrd na Gàidhlig, including those currently serving their probationary period of Bòrd na Gàidhlig. ~~For employees who are currently serving their probationary period, the principles of this guidance will apply.~~

1.4. Chan eil an stiùireadh seo mar phàirt de chòraichean cùmhnant an neach-obrach. Tha Bòrd na Gàidhlig a' glèidheadh na còrach mion-fhiosrachadh nan stiùiridhean atharrachadh nuair a bhios seo riatanach mar thoradh air reachdas no feumalachdan na buidhne, ann an co-chomhairle ri taobh nan le aonadh ciùird (TUS) mar a bhios iomchaidh.

This guidance does not form part of the employee's contractual rights. Bòrd na Gàidhlig reserve the right to vary the detail of the policies and guidance documents as may be required by legislation or organisational requirements, in consultation with trade union ~~side~~ (TUS) as appropriate.

2. Aithisg ~~phoileasaidh~~ Stiùireadh

Guidance Statement

2.1. Cha bhi Bòrd na Gàidhlig a' brosnachadh obair-aonair agus nì e nas urrainn dha gus dèanamh cinnteach nach bi feum air obair-aonair far an gabh sinn a sheachnadh gu reusanta is gu practaigeach. Far a bheil feum air obair-aonair, an dàrna chuid corra uair no gu cunbhalach, gabhaidh am Bòrd ceuman reusanta gus dèanamh cinnteach mu

The Bòrd discourages lone working and will avoid the need for employees to work alone where reasonably practicable. Where lone working is necessary, whether on an occasional or regular basis, the Bòrd will take reasonable steps to ensure the health, safety and welfare of employees working alone.

Pàipear 5.1 PT4.1

shlàinte, sàbhailteachd agus sunnd an luchd-obrach a tha ag obair leotha fhèin.

- 2.2. Nì am Bòrd cinnteach cuideachd gun tèid measadh chunnartan air slàinte is sàbhailteachd a dhèanamh gus na cunnartan agus riosgan a tha an lùib obair-aonair a chomharrachadh agus gus dòighean-obrach sàbhailte a dhealbhadh agus a chur an gnìomh gus an tèid cur às do na cunnartan no gu bheil iad air an riaghladh gu h-iomchaidh, agus mar sin gu bheil cothrom aig luchd-obrach-aonair an cuid obrach a dhèanamh ann an àrainneachd shàbhailte. (faic am poileasaidh slàinte is sàbhailteachd agus fiosrachadh ann an Leas-phàipear A)

The Bòrd will also ensure that a health and safety risk assessment is carried out to identify the hazards and risks of lone working and to devise and implement safe working arrangements so that the risks are eliminated or adequately controlled, thus enabling lone workers to carry out their work in a safe environment. (see health and safety guidance and details in Appendix A)

3. Ag obair leis an Stiùireadh seo

Working with this Guidance

- 3.1. Nì a h-uile duine le uallach airson manaidsearachd no stiùireadh luchd-obrach air an toir an stiùireadh seo buaidh cinnteach gu bheil iad mothachail air na dòighean-obrach iomchaidh. Feumaidh iad dèanamh cinnteach gu bheil na gnìomhan a nì an luchd-obrach aca air an dèanamh le làn aire do shlàinte is sàbhailteachd a h-uile duine a tha an sàs ann.
- 3.2. Tha dleastanas air luchd-obrach a bhith a' co-obrachadh leis a' Bhòrd air cùisean slàinte, sàbhailteachd is sunnd. Feumaidh iad a bhith eòlach air a' phoileasaidh obair-aonair, agus air dòighean-obrach is riaghailtean Bhòrd na Gàidhlig agus feumaidh iad an leantainn.

All those with responsibility for the management or supervision of employees affected by this guidance will ensure that they are aware of the relevant procedures. They must ensure that the tasks carried out by their staff are performed with the utmost regard for the health and safety of all involved.

Employees have a responsibility to co-operate with the Bòrd on matters of health, safety and welfare. They must familiarise themselves with, and conform to, the lone working guidance, Bòrd procedures and rules.

4. Mineachadh air Obair-aonair

Definition of Lone Working

- 4.1 Mar as trice, tha luchd-obrach-aonair air am mineachadh mar luchd-obrach a tha ag obair leotha fhèin às aonais stiùireadh dlùth no dìreach.

Lone workers generally would be considered as an employee who works by themselves without close or direct supervision.

Pàipear 5.1 PT4.1

- | | | |
|-----|---|---|
| 4.2 | Airson an luchd-obrach sin air fad, feumar measadh chunnartan a dhèanamh gus faighinn a-mach a bheil e sàbhailte dhan neach-obrach agad a bhith ag obair leotha fhèin le ceumannan gus smachd a chumail air an t-suidheachadh agus suidheachaidhean obrach sàbhailte. Feumar am measadh ùrachadh gu cunbhalach. | For all of these staff, a risk assessment must be carried out in order to assess whether it is safe for your employee to work alone with control measures and safe working arrangements <u>in place</u> . This assessment must be regularly reviewed. |
| 4.3 | Nuair a tha measachadh a' sealltainn nach eil e sàbhailte do neach a bhith ag obair leotha fhèin, feumar barrachd taic a thoirt seachad no feumar sgur den obair-aonair | Where an assessment shows that it is not safe for a person to work alone further assistance must be provided or the lone-working ceased. |

5. Aithris Choitcheann air an Dòigh-obrach

General Statement of Procedure

- | | | |
|------|--|--|
| 5.1. | Is urrainn obair-aonair a bhith fìor shàbhailte cho fad 's a thèid beagan cheuman glic a ghabhail agus cho fad 's a tha dòighean-obrach iomchaidh an sàs. Tha gach measadh chunnartan a tha buntainneach ri obair-aonair a' gabhail a-steach stiùireadh mu bhith a' lasachadh nan cunnartan agus bu chòir an luchd-obrach uile ath-sgrùdadh a dhèanamh orra mar phàirt den trèanadh aca air stèidh leantainneach nuair a bhios sin iomchaidh. | Lone working can be perfectly safe as long as some sensible precautions are taken and relevant procedures are in place. Each risk assessment relevant to lone working includes guidance on how to mitigate the risks and these should be reviewed by all staff as part of their training and on an ongoing basis when appropriate. |
| 5.2. | Tha uallach air luchd-obrach na ceumannan bacaidh bunaiteach a leanas a ghabhail: <ul style="list-style-type: none">• Dèan cinnteach gu bheil fios aig neach-obrach eile, am manaidsear-streatha agad ma ghabhas sin dèanamh, gu bheil thu ag obair nad aonar, far a bheil thu, dè tha thu a' dèanamh agus cuine a tha thu an dùil a bhith deiseil;• Dèan cinnteach gu bheil dòigh agad a bhith ann an conaltradh le cuideigin ma tha suidheachadh èiginn ann, mar eisimpleir <u>am fòn-làimhe obrach agaibh a chaidh a thoirt dhuibh; no rèidio dà-shligheach;</u> | Employees have a responsibility to take the following basic precautionary steps: <ul style="list-style-type: none">• Ensure that another member of staff, preferably your line manager, is aware you are working alone, where you are, what you are doing and what time you expect to finish;• Make sure you have some means of communication with someone in the event of an emergency, such as <u>your provided work mobile phone; a mobile phone or two-way radio;</u> |

Formatted: Normal, Indent: Left: 0.63 cm

Pàipear 5.1 PT4.1

- Dèan cinnteach gu bheil cothrom agad air uidheamachd ciad-chobhair iomchaidh;
- Ma tha thu ag obair ann an togalach air nach eil thu eòlach, faigh a-mach far a bheil an t-slighe èiginn a-mach as fhaisge ort agus mu na dòighean-obrach falmhachaidh èiginn anns an togalach;
- Dèan cinnteach nach urrainn do dhaoine nach bu chòir a bhith ann faighinn a-steach dhan togalach le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-uinneagan agus na dorsan a-muigh glaiste gu tèarainte;
- Lean pròiseas no stiùireadh sam bith a bheir am manaidsear-streatha agad no uachdaran an togalaich dhut a thaobh obair-aonair;
- Gabh a h-uile ceum reusanta gus do shàbhailteachd is sunnd a dhìon;
- Cuir fios chun a' mhanaidsear-streatha agad cho luath 's a ghabhas mu thachartasan, tubaistean no draghan sàbhailteachd sam bith.
- Ensure you have access to appropriate first aid equipment;
- If working in an unfamiliar building, know where your nearest emergency exit is and the building's emergency evacuation procedures;
- Make sure intruders cannot access the premises by checking that all windows and external doors are securely locked;
- Comply with any arrangements or follow any guidance provided by your line manager or the building landlord for lone working;
- Take all reasonable steps to ensure your own safety and welfare;
- Inform your line manager as soon as possible of any incidents, accidents or safety concerns

5.3. Tha dleastanas aig manaidsearan no luchd-stiùiridh aig luchd-obrach-aonair a bhith a' dèanamh cinnteach: Managers or supervisors of lone workers have a responsibility to ensure:

- Gu bheil fios aig luchd-obrach mun Phoileasaidh Obair-aonair agus na stiùiridhean co-cheangailte; agus gu bheil iad gan leantainn;
- Gu bheilear a' seachnadh obair-aonair cho fad 's a tha seo comasach gu practaigeach;
- Tha dòighean-obrach ann gus am bi fios aig cuideigin far a bheil an neach-obrach-aonair fad an t-siubhail;
- Thèid sgrùdadh a dhèanamh aig deireadh gach greis de dh'obair-aonair;
- That employees are aware of, and act in compliance with, the Lone Working guidance and its related policies;
- Lone working is avoided as far as is reasonably practicable;
- Arrangements are in place so that someone is aware of a lone worker's whereabouts at all times;
- A check is carried out at the end of the lone working period;

Pàipear 5.1 PT4.1

- Tha dòighean-obrach èiginn ann gus am faigh luchd-obrach comhairle is taic ma tha seo a dhìth;
- Thèid fiosrachadh agus trèanadh gu leòr a thoirt do luchd-obrach-aonair gus an tuig iad na cunnartan agus na dòighean-obrach sàbhailte co-cheangailte ri bhith ag obair leotha fhèin;
- Gun gabh an obair a dhèanamh gu sàbhailte le aon neach;
- Gu bheil neach obrach sam bith a tha ag obair leotha fhèin comasach air an obair a dhèanamh leotha fhèin.
- Emergency procedures are in place so that lone workers can obtain advice and assistance if required;
- Lone workers are provided with adequate information and training to understand the risks and the safe working procedures associated with working alone;
- The job can be done safely by one person;
- Any employee working alone is capable of undertaking the work on their own.

6. Measadh Buaidh air Co-ionannachdan Equality Impact Assessment

- 6.1 Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh a dhleastanas a bhith a' dèanamh cinnteach nach eil leth-bhreith no ana-cothrom air duine air sgàth aois, ciorram, ath-shònrachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas catharra, torrachas agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè no taobhadh feise. Chaidh an stiùireadh seo a chur tro mheasadh buaidh co-ionannachd gus co-ionannachd a chur an comas.
- Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation. This guidance has been screened through an equality impact assessment to enable equality.

7	Pàipeir-taice 1 – Eisimileachdan is Reachdas Buntainneach	Appendix 1 – Dependencies & Relevant Legislation
	Measaidhean chunnartan	Risk Assessments
	Gheibhear na measaidhean chunnartan gu h-ìosal air an eadar-lìon an seo <u>an seo</u> :	The risk assessments below can all be found on the intranet here <u>here</u> :
	A' dràibheadh is tu ag obair A' siubhal air còmhdaill phoblach A' coinneachadh ri luchd-ùidh bhon taobh a-muigh	Driving at Work Travel by Public Transport Meeting External Stakeholders

Formatted Table

8	Smachd Sgrìobhainn	Document Control		
	Dreach Version Number	Adhbhar/Atharrachadh Purpose/Change	Ùghdar Author	Ceann-là Date
	V2	Review	KNG	06/04/25

Eàrr-ràdh ii

Appendix ii

~~Stiùireadh Obair aonair~~

~~Tha e mar amas aig an sgrìobhainn seo barrachd stiùiridh shònraichte a thoirt seachad mu mhodhan obrach a bu chòir toirt gu buil nuair a tha ball den sgioba ga m(h) eas a bhith ri obair aonair. Bu chòir a leughadh ann an co-bhonn ris a' Phoileasaidh air Slàinte is Sàbhailteachd aig Obair agus le Stiùireadh Obair aonair cho math ris na measaidhean gabhaidh buntainneach a tha a' nochdadh ann an Eàrr-ràdh 1.~~

~~Ullachaidhean rianachd anns an Fharsaingeachd a thaobh Obraichean aonair~~

~~Ged a tha e doirbh gu tric mar chleachdadh, feumaidh obraichean aonair a bhith air an stiùireadh fhathast. Bidh ìre an stiùiridh seo an crochadh air na gabhaidhean a tha ann agus comas an obraiche aonair.~~

~~Tha e an urra ri manaidsearan aire a ghabhail a thaobh fallaineachd inntinn an luchd-obrach air fad. Gus an dleastanas seo a choileanadh, bu chòir dhut:~~

- ~~• Coinneamhan cunbhalach bus ri bus a chur air dòigh leis an neach-obrach~~
- ~~• Cuireadh a thoirt dhaibh a bhith ag obair anns an oifis bho àm gu àm, gus an cùm iad suas càirdeas ris an luchd-obrach eile~~
- ~~• Dèanamh cinnteach gun tèid obraichean aonair a thoirt a-steach ann an gnothaichean sòisealta~~

~~Lone Working Guidance~~

~~This document is intended to provide more specific guidance around procedures that should be implemented where a member of staff is considered to be lone working. It should be read in conjunction with both the Health and Safety at Work Guidance and the Lone Working Guidance as well as the relevant risk assessments, all of which are detailed in Appendix 1.~~

~~General Management Provisions for Lone Workers~~

~~Although often difficult in practice lone workers must still be supervised. The extent of this supervision will depend on the risks involved and the abilities of the lone worker.~~

~~Managers have a responsibility to care for the mental well-being of all staff. In order to fulfil this responsibility, you should:~~

- ~~• Arrange regular one-to-one meetings with the employee~~
- ~~• Invite them to work in the office occasionally, so that they maintain relationships with their colleagues~~
- ~~• Make sure to include lone workers in socials~~

- Cothrom math a thoirt seachad air fiosrachadh, leithid sgrìobhainnean-stiùiridh agus naidheachdan na companaidh gus am fairich na h-obraichean gu bheil iad mar chuid den bhuidhinn.

- Trèanadh a thoirt seachad mu bhith ag obair nad-aonar, a chuireas ri mothachadh mu na gàbhaidhean sin gus nach fhairich an t-obraiche a bhith a' faireachdainn cho iomallach nuair a thig duilgheadasan am bàrr.

Bu chòir gabhail ri modh-obrach gus conaltradh a chumail ri obraiche aonair sam bith. Am measg nan siostaman a thathar a' moladh, tha:

- conaltradh pearsanta le neach eile;
- conaltradh air fòn bho àm gu àm;

Bu chòir do luchd-fastaidh dearbhadh nach eil duilgheadasan a thaobh na slàinte aig obraichean aonair a dh'fhàgadh nach bi iad freagarrach airson obair aonair. Mura bheilear cinnteach, faodaidh gum bi aig an fhastaidhear ri comhairle leigheis iarraidh, dhan fhaodar cead fhaighinn bhon neach-obrach.

Ullachaidhean anns an Fharsaingeachd mu Shiubhal aonair

Chan eil siubhal àbhaisteach, mar eisimpleir le euideigin a tha stèidhichte ann an oifis leis a' Bhòrd gu oifis eile, no gu coinneamhan le buidhnean luchd-ùidhe agus an leithid ga mheas mar obair aonair mar as trice. Bu chòir cumail ri stiùireadh coitcheann, ge tà, gus gàbhaidhean sam bith a chumail aig an ìre as ìsle, agus is e a' chiad fhear dhiubh siubhal air còmh dhail phoblach far an urrainnear. Gheibhear barrachd fios a thaobh mar a thathar a' lasachadh ghàbhaidhean nuair a thathar a' siubhal air còmh dhail phoblach anns a' mheasadh ghàbhaidh bhuntainneach.

- Providing good access to information, such as guidance documents and company news, so that the workers feel part of the organisation;

- Provide training on working alone, to increase awareness of these risks so that the worker does not feel as isolated when problems arise

A method of communicating with any lone worker must be adopted. Suggested systems include:

- personal checks by another person;
- periodic telephone contact;

Employers should check that lone workers do not have medical issues that would make them unsuitable for lone work. If unsure, the employer may need to seek medical advice, which may require the consent of the employee.

General Provisions for Lone Travel

Normal travel, for instance by someone based in one Bòrd office to another, or to meetings with stakeholder organisations, etc is not generally considered as lone working however, general guidelines should be followed to minimise any risks, the first of which is to travel by public transport wherever possible. Further details on how to mitigate risks when travelling by public transport can be found in the relevant risk assessment.

If travel by public transport is not suitable due to the location of your meeting and you need

Mura bheil siubhal air còmhadhail phoblach freagarrach ri linn far a bheil a' choinneamh agad gus an fheum thu dràibheadh, bu chòir dhut an ath mhodh as iomchaidhe a thaghadh a rèir Riaghailtean Siubhail is Chosgaisean Bhòrd na Gàidhlig. Mas ann a' dràibheadh a tha thu na de chàr fhèin no ann an càr eile, tha fios a thaobh mar a lasaicheas tu gàbhaidhean anns a' mheasadh ghàbhaidh bhuntainneach.

Chan eil feum sònraichte ann modh obrach sònraichte a thaobh conaltraidh a bhith an sàs airson an t-seòrsa seo de shiubhal *ad hoc* nas lugha na tha an dara cuid am manaidsear-streatha no an neach-obrach a' faireachdainn gu bheil e cudromach ri linn an àite, na h-uarach no air adhbhar brìgheil sam bith eile.

Gheibhear stiùireadh anns an fharsaingeachd air mar as urrainnear cuid de na gàbhaidhean an lùib a bhith a' siubhal agus a' coinneachadh ri luchd-cleachdaidh air an taobh a-muigh a lasachadh sna measaidhean gàbhaidh buntainneach air a bheil iomradh gu h-àrd.

Cuideachd, thathar a' moladh gum bi na leanas an sàs airson gach obraiche:

1. Bu chòir miosachain Outlook a chumail ris an uair fad na tìde le fios mu àiteachan is uairean nan coinneamhan agus nuair a thathar an dùil an dachaigh no an oifis a ruigsinn nan dèidh uile.
2. Bu chòir do gach ball den sgioba dèanamh cinnteach mar sin gu bheil fòn làimhe air a theàirdseadh leotha anns a bheil àireamh fòn am manaidsear-streatha aca agus loidhne-chuideachaidh Prògram Cuideachadh Luchd-obrach.
3. Bu chòir dhan neach-obrach fios fhàgail aig am manaidsear-streatha nuair a dh'fhàgas iad àite àbhaisteach na h-obrach aca, agus bu chòir dhaibh fios a thoirt an dèidh dhaibh tilleadh an dara cuid ris an oifis no ris an taigh, ge b' e dè a tha buntainneach an là sin. Faodar am

to drive, you should select the next appropriate method in accordance with Bòrd na Gàidhlig's Travel and Subsistence Rules. If you are driving, whether in your own or another car, there are details of how you can mitigate risks in the relevant risk assessment.

There is no specific need to have a formal communication process in place for this type of ad hoc travel unless either the line manager or employee feels it is important due to the location, time or any other significant factor.

General guidance on how to mitigate some of the risks associated with travel and meeting external clients can be found in the relevant risks assessments as detailed above.

In addition, it is recommended that the following is in place for each worker:

1. Outlook calendars should be kept up to date at all times and should include details of meeting locations, times and expected arrival times home or back to the office after each.
2. Each member of staff should ensure that they have a charged mobile phone with them that contains the numbers of their line manager and the Employee Assistance Programme.
3. The member of staff should check out with their line manager when they leave their normal place of work, and should check back in again when they return either to the office, or home, whichever is relevant that day. This check out/in can be done via a text message sent to the line manager.

~~fios seo a chur le teachdaireachd-teacsa air a cur dhan manaidsear streatha.~~

4. ~~Bu chòir don mhanaidsear streatha dèanamh cinnteach (le cead bhon neach-obrach) gu bheil fios-conaltraidh èiginn aca a dh'fhaodar cleachdadh ma bheir an neach-obrach fios mu cheist no mura cuir an neach-obrach fios mu thilleadh an dèidh uair air a h-aontachadh.~~

Nuair a dh'èireas duilgheadas:

5. ~~Mura leig neach-obrach fios gu bheil e air ais mar a bha dùil, bu chòir don mhanaidsear streatha feuchainn an toiseach ri fios a chur thuca a dh'fhaighinn a mach càite bheil iad.~~
6. ~~Mura obraich sin, bu chòir dhaibh fios a chur an uair sin dhan àireamh èiginn air a bheil iomradh ann am puing 4 gu h-àrd gun fhios nach d'fìnn an neach-obrach dìreach dearmad air fios a thoirt gu bheil iad air ais.~~
7. ~~Mura bheil conaltradh air a bhith ris an neach-obrach 2 uair an dèidh an ama ris an robh dùil agus mura bheil an neach-conaltraidh èiginn aca air am faicinn no conaltradh a chumail riutha nas motha, bu chòir don mhanaidsear streatha fios a chur dhan phoileas an uair sin, le fios mun t-slighe is mun uair ris a bheil dùil airson an neach-obrach. Bu chòir dhaibh fios a chur dhan Cheannard cuideachd aig an ìre seo.~~

4. ~~The line manager should ensure that (with the member of staff's permission) they have emergency contact details that can be used either if the member of staff reports an issue, or if the member of staff fails to report in after an agreed time.~~

When a problem occurs:

5. ~~If a member of staff does not report in as expected, the line manager should first try to contact them to establish their whereabouts.~~
6. ~~If that fails, then they should contact the emergency contact as described in point 4 above in case the member of staff has simply forgotten to check in.~~
7. ~~If there has been no contact from the member of staff 2 hours after the time expected and their emergency contact has not seen them or cannot contact them either, then the line manager should inform the police, providing the expected travel route and times for the member of staff. They should also inform the Ceannard at this point.~~



Stiùireadh Obair-Aonair
Lone Worker Guidance

Lèirmheas air a dhèanamh / Review conducted: 28/09/2022

Ath-nuadhachadh a dhìth/Review due on: 28/09/2023

Eadar-theangachadh dearbhte/translation checked:CS

CLAR-INNSE – TABLE OF CONTENTS

1	Ro-ràdh	Introduction	3
2	Aithris air an stiùireadh	Guidance Statement	3
3	Ag obair leis an stiùireadh seo	Working with this guidance	4
4	Mìneachadh air Obair-Aonair	Definition of Lone Working	4
5	Aithris Coitcheann air an Dòigh-obrach	General Statement of Procedure	5
6	Measadh Buaidh air Co-ionannachdan	Equality Impact Assessment	8
7	Pàipear-taic 1 Eismeileachdan is Reachdas Buntainneach	Appendix 1 – Dependencies & Relevant Legislation	9
8	Smachd Sgrìobhainn	Document Control	9

1. Ro-ràdh

1.1. Tha sreath de phoileasaidhean aig Bòrd na Gàidhlig a tha ag amas air deagh stiùireadh dhaoine air feadh na buidhne agus a tha ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil daoine air an làimhseachadh gu cunbhalach. Is e rùn nan stiùiridhean sin luchd-obrach agus manaidsearan a chuideachadh gus na dleastanasan fa leth aca a thuigsinn gus toraidhean agus prìomhachasan plana corporra agus plana obrach Bhòrd na Gàidhlig a lìbhrigeadh.

1.2. Bu chòir dhut stiùireadh iarraidh bhon mhanaidsear-sreatha agad no bho sheirbheisean HR mu chur an gnìomh a' phoileasaidh seo.

1.3. Tha an stiùireadh seo an sàs airson an luchd-obrach uile aig Bòrd na Gàidhlig, a gabhail a-steach luchd-obrach a tha a' dèanamh na h-ùine dearbhaidh aca aig an àm seo.

1.4. Chan eil an stiùireadh seo mar phàirt de chòraichean cùmhnant an neach-obrach. Tha Bòrd na Gàidhlig a' glèidheadh na còrach mion-fhiosrachadh nan stiùiridhean atharrachadh nuair a bhios seo riatanach mar thoradh air reachdas no feumalachdan na buidhne, ann an co-chomhairle le aonadh ciùird (TU) mar a bhios iomchaidh.

2. Aithisg Stiùireadh

2.1. Cha bhi Bòrd na Gàidhlig a' brosnachadh obair-aonair agus nì e nas urrainn dha gus dèanamh cinnteach nach bi feum air obair-aonair far an gabh sinn a sheachnadh gu reusanta is gu practaigeach. Far a bheil feum air obair-aonair, an dàrna chuid corra uair no gu cunbhalach, gabhaidh am Bòrd ceuman reusanta gus dèanamh cinnteach mu shlàinte, sàbhailteachd agus sunnd an luchd-obrach a tha ag obair leotha fhèin.

Introduction

Bòrd na Gàidhlig has a suite of policies aimed at delivering good people management across the organisation and aims to ensure consistency of treatment. The intention of these policies is to help employees and managers understand their individual responsibilities to achieve the outcomes and priorities of the Bòrd na Gàidhlig corporate plan and operational plan

Guidance should be sought from your line manager on the operation of this guidance.

This guidance applies to all employees of Bòrd na Gàidhlig, including those currently serving their probationary period..

This guidance does not form part of the employee's contractual rights. Bòrd na Gàidhlig reserve the right to vary the detail of the policies and guidance documents as may be required by legislation or organisational requirements, in consultation with trade union (TU) as appropriate.

Guidance Statement

The Bòrd discourages lone working and will avoid the need for employees to work alone where reasonably practicable. Where lone working is necessary, whether on an occasional or regular basis, the Bòrd will take reasonable steps to ensure the health, safety and welfare of employees working alone.

- 2.2. Nì am Bòrd cinnteach cuideachd gun tèid measadh chunnartan air slàinte is sàbhailteachd a dhèanamh gus na cunnartan agus riosgan a tha an lùib obair-aonair a chomharrachadh agus gus dòighean-obrach sàbhailte a dhealbhadh agus a chur an gnìomh gus an tèid cur às do na cunnartan no gu bheil iad air an riaghladh gu h-iomchaidh, agus mar sin gu bheil cothrom aig luchd-obrach-aonair an cuid obrach a dhèanamh ann an àrainneachd shàbhailte. (faic am poileasaidh slàinte is sàbhailteachd agus fiosrachadh ann an Leas-phàipear A)
- The Bòrd will also ensure that a health and safety risk assessment is carried out to identify the hazards and risks of lone working and to devise and implement safe working arrangements so that the risks are eliminated or adequately controlled, thus enabling lone workers to carry out their work in a safe environment. (see health and safety guidance and details in Appendix A)
- 3. Ag obair leis an Stiùireadh seo**
- Working with this Guidance**
- 3.1. Nì a h-uile duine le uallach airson manaidsearachd no stiùireadh luchd-obrach air an toir an stiùireadh seo buaidh cinnteach gu bheil iad mothachail air na dòighean-obrach iomchaidh. Feumaidh iad dèanamh cinnteach gu bheil na gnìomhan a nì an luchd-obrach aca air an dèanamh le làn aire do shlàinte is sàbhailteachd a h-uile duine a tha an sàs ann.
- All those with responsibility for the management or supervision of employees affected by this guidance will ensure that they are aware of the relevant procedures. They must ensure that the tasks carried out by their staff are performed with the utmost regard for the health and safety of all involved.
- 3.2. Tha dleastanas air luchd-obrach a bhith a' co-obrachadh leis a' Bhòrd air cùisean slàinte, sàbhailteachd is sunnd. Feumaidh iad a bhith eòlach air a' phoileasaidh obair-aonair, agus air dòighean-obrach is riaghailtean Bhòrd na Gàidhlig agus feumaidh iad an leantainn.
- Employees have a responsibility to co-operate with the Bòrd on matters of health, safety and welfare. They must familiarise themselves with, and conform to, the lone working guidance, Bòrd procedures and rules.
- 4. Mìneachadh air Obair-aonair**
- Definition of Lone Working**
- 4.1 Mar as trice, tha luchd-obrach-aonair air am mìneachadh mar luchd-obrach a tha ag obair leotha fhèin às aonais stiùireadh dlùth no dìreach.
- Lone workers generally would be considered as an employee who works by themselves without close or direct supervision.
- 4.2 Airson an luchd-obrach sin air fad, feumar measadh chunnartan a dhèanamh gus faighinn a-mach a bheil e sàbhailte dhan neach-obrach agad a
- For all of these staff, a risk assessment must be carried out in order to assess whether it is safe for your employee to work alone with control measures and safe working arrangements in

bhith ag obair leotha fhèin le ceumannan gus smachd a chumail air an t-suidheachadh agus suidheachaidhean obrach sàbhailte. Feumar am measadh ùrachadh gu cunbhalach.

place. This assessment must be regularly reviewed.

- 4.3 Nuair a tha measachadh a' sealltainn nach eil e sàbhailte do neach a bhith ag obair leotha fhèin, feumar barrachd taic a thoirt seachad no feumar sgur den obair-aonair

Where an assessment shows that it is not safe for a person to work alone further assistance must be provided or the lone working ceased.

5. Aithris Choitcheann air an Dòigh-obrach

General Statement of Procedure

- 5.1. Is urrainn obair-aonair a bhith fìor shàbhailte cho fad 's a thèid beagan cheuman glic a ghabhail agus cho fad 's a tha dòighean-obrach iomchaidh an sàs. Tha gach measadh chunnartan a tha buntainneach ri obair-aonair a' gabhail a-steach stiùireadh mu bhith a' lasachadh nan cunnartan agus bu chòir an luchd-obrach uile ath-sgrùdadh a dhèanamh orra mar phàirt den trèanadh aca air stèidh leantainneach nuair a bhios sin iomchaidh.

Lone working can be perfectly safe as long as some sensible precautions are taken and relevant procedures are in place. Each risk assessment relevant to lone working includes guidance on how to mitigate the risks and these should be reviewed by all staff as part of their training and on an ongoing basis when appropriate.

- 5.2. Tha uallach air luchd-obrach na ceumannan bacaidh bunaiteach a leanas a ghabhail:

Employees have a responsibility to take the following basic precautionary steps:

- Dèan cinnteach gu bheil fios aig neach-obrach eile, am manaidsear-streatha agad ma ghabhas sin dèanamh, gu bheil thu ag obair nad aonar, far a bheil thu, dè tha thu a' dèanamh agus cuine a tha thu an dùil a bhith deiseil;
- Dèan cinnteach gu bheil dòigh agad a bhith ann an conaltradh le cuideigin ma tha suidheachadh èiginn ann, mar eisimpleir am fòn-làimhe obrach agaibh a chaidh a thoirt dhuibh;
- Dèan cinnteach gu bheil cothrom agad air uidheamachd ciad-chobhair iomchaidh;
- Ensure that another member of staff, preferably your line manager, is aware you are working alone, where you are, what you are doing and what time you expect to finish;
- Make sure you have some means of communication with someone in the event of an emergency, such as your provided work mobile phone;
- Ensure you have access to appropriate first aid equipment;

- Ma tha thu ag obair ann an togalach air nach eil thu eòlach, faigh a-mach far a bheil an t-slighe èiginn a-mach as fhaisge ort agus mu na dòighean-obrach falmhachaidh èiginn anns an togalach;
 - Dèan cinnteach nach urrainn do dhaoine nach bu chòir a bhith ann faighinn a-steach dhan togalach le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-uinneagan agus na dorsan a-muigh glaiste gu tèarainte;
 - Lean pròiseas no stiùireadh sam bith a bheir am manaidsear-streatha agad no uachdaran an togalaidh dhut a thaobh obair-aonair;
 - Gabh a h-uile ceum reusanta gus do shàbhailteachd is sunnd a dhion;
 - Cuir fios chun a' mhanaidsear-streatha agad cho luath 's a ghabhas mu thachartasan, tubaistean no draghan sàbhailteachd sam bith.
- 5.3. Tha dleastanas aig manaidsearan no luchd-stiùiridh aig luchd-obrach-aonair a bhith a' dèanamh cinnteach:
- Managers or supervisors of lone workers have a responsibility to ensure:
- Gu bheil fios aig luchd-obrach mun Phoileasaidh Obair-aonair agus na stiùiridhean co-cheangailte; agus gu bheil iad gan leantainn;
 - Gu bheilear a' seachnadh obair-aonair cho fad 's a tha seo comasach gu practaigeach;
 - Tha dòighean-obrach ann gus am bi fios aig cuideigin far a bheil an neach-obrach-aonair fad an t-siubhail;
 - Thèid sgrùdadh a dhèanamh aig deireadh gach greis de dh'obair-aonair;
 - Tha dòighean-obrach èiginn ann gus am faigh luchd-obrach comhairle is taic ma tha seo a dhìth;
 - If working in an unfamiliar building, know where your nearest emergency exit is and the building's emergency evacuation procedures;
 - Make sure intruders cannot access the premises by checking that all windows and external doors are securely locked;
 - Comply with any arrangements or follow any guidance provided by your line manager or the building landlord for lone working;
 - Take all reasonable steps to ensure your own safety and welfare;
 - Inform your line manager as soon as possible of any incidents, accidents or safety concerns
 - That employees are aware of, and act in compliance with, the Lone Working guidance and its related policies;
 - Lone working is avoided as far as is reasonably practicable;
 - Arrangements are in place so that someone is aware of a lone worker's whereabouts at all times;
 - A check is carried out at the end of the lone working period;
 - Emergency procedures are in place so that lone workers can obtain advice and assistance if required;
 - Lone workers are provided with adequate information and training to

- Thèid fiosrachadh agus trèanadh gu leòr a thoirt do luchd-obrach-aonair gus an tuig iad na cunnartan agus na dòighean-obrach sàbhailte co-cheangailte ri bhith ag obair leotha fhèin;
- Gun gabh an obair a dhèanamh gu sàbhailte le aon neach;
- Gu bheil neach obrach sam bith a tha ag obair leotha fhèin comasach air an obair a dhèanamh leotha fhèin.

understand the risks and the safe working procedures associated with working alone;

- The job can be done safely by one person;
- Any employee working alone is capable of undertaking the work on their own.

6. Measadh Buaidh air Co-ionannachdan Equality Impact Assessment

6.1 Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh a dhleastanas a bhith a' dèanamh cinnteach nach eil leth-bhreith no ana-cothrom air duine air sgàth aois, ciorram, ath-shònrachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas catharra, torrachas agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè no taobhadh feise. Chaidh an stiùireadh seo a chur tro mheasadh buaidh co-ionannachd gus co-ionannachd a chur an comas.

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation. This guidance has been screened through an equality impact assessment to enable equality.

7 Pàipeir-taice 1 – Eisimileachdan is Reachdas Buntainneach

Appendix 1 – Dependencies & Relevant Legislation

Measaidhean chunnartan

Risk Assessments

Gheibhear na measaidhean chunnartan gu h-ìosal air an eadar-lìon [an seo](#).

The risk assessments below can all be found on the intranet [here](#).

8 Smachd Sgrìobhainn

Document Control

Dreach <i>Version Number</i>	Adhbhar/Atharrachadh <i>Purpose/Change</i>	Ùghdar <i>Author</i>	Ceann-là <i>Date</i>
V2	Review	KNG	06/04/25

Coinneamh:	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là:	06 Cèitean 2025
Tìotal:	Dàta Daonna
Gnìomh a dhìth:	Airson Fiosrachadh
Àireamh pàipear:	5.2
Neach-labhairt:	Karen Nic a' Ghobhainn
Pàipearan-taic:	PT1 Aithisg air Feachd-obrach

1. Adhbhar

- 1.1. Tha am pàipear seo airson fios a chumail ris a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan air cùisean daonna aig Bòrd na Gàidhlig thairis bliadhna 2024/25.

2. Cùl-fhiosrachadh

- 2.1 Tha an aithisg a' toirt seachad fiosrachadh air cùisean àbhaisteach aig buidheann sam bith – àireamh luchd-obrach; àireamh luchd-obrach a tha a' fàgail; àireamh a tha a' tòiseachadh; ìre tinneis (an comas ri bliadhnaichean eile).

3. Prìomh aithris

- 3.1 Cha do dh' atharraich mòran a thaobh measgachadh boireannaich is fireannaich san sgioba an taca ri 2023/24.
- 3.2 Tha làithean tinneas uile gu lèir nas ìsle ach leis gu bheil an t-àireamh de luchd-obrach nas lugha, chì sibh gu bheil àrdachadh san ìre tinneas againn sa cheud an taca ri 2023/24. Mar sin tha e duilich dearbhadh an co-dhùnadh air seo. Tha e dòchasach leis gu bheil na làithean uile gu lèir air lughdachadh ach tàmailteach gu bheil an ìre tinneas air àrdachadh.
- 3.2 Tha sinn mothachail gu bheil an sgioba againn beag ach tha sinn an dòchas gum bi sinn soirbheachail a sanasachd dhreuchdan san bliadhna a tha romhainn.
- 3.3 Chomharraich aon neach-obrach fichead bliadhna aig Bòrd na Gàidhlig sam bliadhna 2024/25.

4. Moladh

- 4.1. Aire a thoirt don fhiosrachadh ann am PT1.

5. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 5.1. Buidhean air Ionmhas: Cha bhi buaidh air ionmhas.
- 5.2. Buidhean air Luchd-obrach: Cha bhi buaidh a bharrachd air luchd-obrach.
- 5.3. Buidhean air Trèanadh: Cha bhi buaidh air trèanadh.
- 5.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha seo a' cur ris an t-amas chorporra gun cum Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
- 5.5. Buidhean air Cliù: Cha bhi buaidh air cliù.
- 5.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.

- 5.7. Buaidhean Laghail: Cha bhi buaidh laghail ann.
 5.8. Buaidhean air Co-ionannachd: Cha bhi buaidh air co-ionannachd.
 5.9. Buaidhean air an Àrainneachd: Cha bhith buaidh air an àrainneachd.

6. Ceangalaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☐	Gnothachasan soirbheachail is	
Cultar	☐	ùr-ghnathach	☒
Àrainneachd	☐	Coimhearsnachdan	☐
Slàinte	☐	Bochdainn	☐
Foghlam	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Clann is Òigridh	☐	Eaconomaidh	☐

7. Cùrsa Riaghlachais

- 7.1. Ghabh an Sgioba-stiùiridh fa-near a' phàipeir seo air 25 An Giblean 2025.

8. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 8.1. Tha am pàipear seo fosgailte don phoball.

Aithisg air Feachd-obrach aig 31 Màrt 2025

1. Àireamh luchd-obrach

	Aig 31 Màrt 2025		Aig 31 Màrt 2024	
	Boireannaich	Fireannaich	Boireannaich	Fireannaich
Buill a' Bhùird Stiùiridh	3	6	3	6
Sgioba Stiùiridh	3	1	3	1
An Sgioba (Gabhail a-steach Sgioba Stiùiridh)	14	5	14	6

2. Luchd-obrach dheth tinn

	2024/25	2023/24	2022/23	2021/22	2020/21	2019/20
Làithean uile gu lèir	132.5	158	260.5	195.5	132.8	125
Sa cheud	2.7%	2.5%	4.5%	3.9%	2.4%	3%
Làithean cuibheasach airson gach neach-obrach	6.9	6.7	11.3	9.9	6.3	5.5

Mar a chì sibh gu h-àrd, tha ìrean tinneas ann an làithean air a dhol sìos 'sa bhuidheann an taca ri 2023/24 ach leis nach eil ach 19 luchd-obrach againn a-nis, tha an ìre againn sa cheud agus na làithean cuibheasach air a dhol suas beagan. Bha 27% de làithean dheth tinn mar phàirt de ùine fhada (>4 seachdain) agus 73% mar phàirt de ùine ghoirid (<4 seachdain).

Fhoillsich Riaghaltas na h-Alba gun robh 8.6 làithean cuibheasach airson gach neach-obrach aca air a chall sa bhliadhna 2024 le ìre tinneas 3.8% aca air fad sa bhuidheann. Tha sinn mothachail gu bheil ìrean tinneas a toirt buaidh mhòr air an t-obair againn gu h-àraid leis nach eil againn ach 19 luchd-obrach.

Bha 255 làithean obrach sa bhliadhna 2024/25.

3. Gluasadan

Ann an 2024/25, dh' fhàg 4 neach obrach aig Bòrd na Gàidhlig agus aon neach bhon Bhòrd Stiùiridh. Tha sinn air sanasach a dhèanamh airson aon dreuchd nach deach a lìonadh fhathast. Tha aon neach-obrach air fòrladh màthaireil agus aon neach-obrach air fòrladh sònraichte (Sabbatical).

4. Fiosrachadh eile

'S e an fhaid seirbheis cuibheasach aig luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig 7 bliadhnaichean agus 10 mìosan. Tha an fhaid seirbheis airson daoine fa leth eadar 1 bliadhna agus 6 mìosan agus 20 bliadhna agus 4 mìosan.

Chomharraich 31 Màrt deireadh pileat gu h-oifigeil a' toirt a-steach obrachadh Hybrid. Tha a' mhòr-chuid de luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig a-nis ag obair co-dhiù dà latha san t-seachdain ann an aon de na h-oifisean, ag obair bhon taigh an còrr den t-seachdain. Tha seo a rèir a' phoileasaidh air Obair Shùbailte agus gheibh luchd-obrach Cumhachan is Cùmhnantan ùraichte gus am pàtran obrach seo a dhearbhadh.

Coinneamh:	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là:	06 Cèitean 2025
Tìotal:	Aithris airson Dleastanas Bith-iomadachd
Gnìomh a dhìth:	Airson Aontachadh
Àireamh pàipear:	5.3
Neach-labhairt:	Karen Nic a' Ghobhainn
Pàipearan-taic:	PT1 Aithris airson Dleastanas Bith-iomadachd

1. Adhbhar

- 1.1. Tha am pàipear seo airson aonta fhaighinn air an aithris airson Dleastanas Bith-iomadachd aig Bòrd na Gàidhlig fhoillseachadh.

2. Cùl-fhiosrachadh

- 2.1 Tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig mar bhuidheann phoblach fo Achd Glèidhteachas Nàdair 2004 agus Achd an Fhiadh-Bheatha agus na h-Àrainneachd Nàdair 2011 aithisg fhoillseachadh gach trì bliadhna gu poblach air an adhartas aca a thaobh cùisean Bith-iomadachd.

3. Prìomh aithris

- 3.1 Tha am fiosrachadh uile ri fhaighinn ann an PT1.

4. Moladh

- 4.1. Aontachadh ris an t-aithisg gus an tèid fhoillseachadh gu poblach.

5. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 5.1. Buidhean air Ionmhas: Cha bhi buaidh air ionmhas.
- 5.2. Buidhean air Luchd-obrach: Cha bhi buaidh air luchd-obrach.
- 5.3. Buidhean air Trèanadh: Cha bhi buaidh air trèanadh.
- 5.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha seo a' cur ris an t-amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
- 5.5. Buidhean air Cliù: Cha bhi buaidh air cliù.
- 5.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.
- 5.7. Buidhean Laghail: Bith an aithisg seo a cumail ri dleastanasan laghail aig Bòrd na Gàidhlig.
- 5.8. Buidhean air Co-ionannachd: Cha bhi buaidh air co-ionannachd.
- 5.9. Buidhean air an Àrainneachd: Bith an t-obair san aithisg seo a cur ri gnothachasan soirbheachail airson an àrainneachd.

6. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☐	Àrainneachd	☒
Cultar	☐	Slàinte	☐

Foghlam	☐	Coimhearsnachdan	☐
Clann is Òigridh	☐	Bochdainn	☐
Gnothachasan soirbheachail is		Eadar-nàiseanta	☐
ùr-ghnathach	☒	Eaconomaidh	☐

7. Cùrsa Riaghlachais

7.1. Ghabh an Sgioba-stiùiridh fa-near a' phàipeir seo air XX An Giblean 2025.

8. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

8.1. Tha am pàipear seo fosgailte don phoball.

BIODIVERSITY DUTY REPORT

December 2024

Bòrd na Gàidhlig identifies with Level 2 within the framework as a public body that engages directly or indirectly with communities, young people or the public but does not own or manage land, regulate land use, or have responsibilities linked to biodiversity

- Section 1: Introductory information about your public body
- Section 2: Actions to protect and enhance biodiversity
- Section 3: Mainstreaming biodiversity
- Section 4: Nature-based solutions, climate change and biodiversity
- Section 5: Public engagement and workforce development
- Section 6: Research and monitoring
- Section 7: Biodiversity highlights and challenges

SECTION 1: INTRODUCTION

Please describe your organisation's role and purpose, including any particular environmental responsibilities

Bòrd na Gàidhlig is an executive non-departmental public body, responsible through Ministers to the Scottish Parliament. Established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 (The Act), Bòrd na Gàidhlig is the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic language development and providing advice to the Scottish Ministers on issues relating to the Gaelic language. Under the terms of the Act, Bòrd na Gàidhlig is required to exercise its functions with a view to securing the status of Gaelic as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language.

SECTION 2: ACTIONS TO PROTECT AND ENHANCE BIODIVERSITY

Please describe and explain any actions that your organisation has undertaken alone or as part of a partnership to benefit biodiversity directly, to tackle the main drivers of biodiversity loss, or to achieve wider outcomes for nature and people

Bòrd na Gàidhlig promotes active travel through the Cycle to Work Scheme, the Travel and Subsistence Policy and the Business Travel Plan.

An Environmental Working Group has been established to monitor and develop these processes as well as ensuring the duties under the Climate Emergency Charter. The working group will allow for more action points to be developed over the next few years.

SECTION 3: MAINSTREAMING BIODIVERSITY

Please outline any steps your organisation has taken to incorporate biodiversity measures into its wider policies, plans or strategies. This should include decision-making structures and staff and organisational roles and responsibilities.

We currently have a range of policies to support our role in Biodiversity such as our Business Travel Plan where employees are encouraged to consider the environmental impacts of their travel plans and choices. Our Travel and Subsistence Policy and Environmental Policy communicate and promote the reduction of environmental impacts by Bòrd na Gàidhlig and aim to reduce the carbon footprint of the organisation.

Bòrd na Gàidhlig is committed to the Sustainable Development Goals as outlined by the Scottish Government within our Climate Emergency Charter. An action plan is currently being developed by the Environmental Working Group to raise awareness and promote initiatives within the organisation to support the charter.

Bòrd na Gàidhlig has the statutory responsibility to require public authorities to develop Gaelic language plans. As part of our work, we have requested Scottish Government, NatureScot, Forestry and Land Scotland, Scottish Land Commission, Crofting Commission and as well as local authorities to develop Gaelic language plans. Thus, we link our work with a wide range of organisations who have statutory responsibilities for land management, conservation and land use.

SECTION 4: NATURE-BASED SOLUTIONS, CLIMATE CHANGE AND BIODIVERSITY

How has your organisation integrated biodiversity into nature-based solutions to the climate emergency and other socio-economic outcomes?

Given the remit of the organisation, Bòrd na Gàidhlig is limited in what can be done to improve access to nature for all. We work closely with our delivery partners and funded organisations to support these outcomes where possible.

Bòrd na Gàidhlig does not own any land and shares its working spaces with other public bodies. We fully support the initiatives undertaken within these shared spaces to support biodiversity and reducing our carbon footprint.

SECTION 5: PUBLIC ENGAGEMENT AND WORKFORCE DEVELOPMENT

Public Engagement

Bòrd na Gàidhlig works with other public bodies and delivery partners to actively engage with the public and uses these opportunities to promote the work of the organisation. We regularly engage with the public through exhibitions and events, engagement with schools and other public bodies. Bòrd na Gàidhlig ensures to promote biodiversity and climate awareness in all suitable circumstances.

Workforce development

Bòrd na Gàidhlig's policies allow all staff to request days off for volunteering and our Environmental Policy is currently under review. The Environmental Working Group will promote any opportunities for staff to engage in appropriate training and drive environmental impact awareness throughout the organisation through information sharing and any opportunities for collaborative working within shared working spaces.

SECTION 6: RESEARCH AND MONITORING

Describe any research activities that your organisation has undertaken to help develop understanding and awareness of biodiversity or nature

Bòrd na Gàidhlig has not carried out any research activities on biodiversity because of the nature of its statutory remit, nor would it be appropriate for an organisation such as Bòrd na Gàidhlig to do so.

What follow-up actions or monitoring have you undertaken to assess the impacts of the actions you have taken? How have you measured this? If you do not carry out any monitoring activities, please explain why.

Bòrd na Gàidhlig has not carried out any monitoring activities because of the nature of its statutory remit, nor would it be appropriate for an organisation such as Bòrd na Gàidhlig to monitor biodiversity in relation to any decisions that it has made.

SECTION 7: BIODIVERSITY HIGHLIGHTS AND CHALLENGES

Describe your organisation's main achievements for biodiversity over the reporting period and what you are most proud of (this can include processes, plans, projects, partnerships, events and actions).

Bòrd na Gàidhlig has worked with other bodies to support any biodiversity projects where this is possible and appropriate within the remit of the organisation.

Looking ahead, what do you think will be the main challenges over the next three years?

Bòrd na Gàidhlig aims to encourage partnership working and staff awareness of the importance of biodiversity and other environmental factors which are impacted by our organisation as well as through our delivery partners.

Coinneamh:	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là:	06 Cèitean 2025
Tìotal:	Slàinte is Sàbhailteachd
Gnìomh a dhìth:	Airson Fiosrachadh
Àireamh pàipear:	5.4
Neach-labhairt:	Karen Nic a' Ghobhainn
Pàipearan-taic:	Chan eil

1. Adhbhar

- 1.1. Tha am pàipear seo airson fios a chumail ris a' Chomataidh air Slàinte is Sàbhailteachd aig Bòrd na Gàidhlig.

2. Cùl-fhiosrachadh

- 2.1 Tha dleastanas air buill a' bhùird-stiùiridh a dhearbhadh gun tèid a h-uile oidhirp a dhèanamh gus dìon a thoirt dhan luchd-obrach tro phoileasaidh is siostaman airson slàinte is sàbhailteachd aig an ìre as àirde.
- 2.2 Tha a' bhuidheann a' cleachdadh companaidh ùr Barbour EHS gus taic a chumail rithe airson nan dleastanasan seo a choileanadh an dèidh crìoch a chur air cùmhnant Peninsula aig toiseach na bliadhna.
- 2.3 Tha luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig ag obair ann am measgachadh de shuidheachaidhean eadar an taigh agus na h-oifisean.

3. Prìomh aithris

- 3.1 Cha robh tubaist aig ìre 'reportable' aig Bòrd na Gàidhlig ann an 24/25.
- 3.2 Cha deach tubaist sam bith a chlàradh aig Bòrd na Gàidhlig ann an 24/25.
- 3.3 Chaidh gluasad gu bathar-bog ùr Slàinte is Sàbhailteachd bho Peninsula gu Barbour EHS aig toiseach na bliadhna. Chaidh barrachd cleachdadh den bhathar-bhog a dhèanamh le trèanadh agus aithne a thoirt do luchd-obrach mus do chrìochnaich sinn an cùmhnant agus tha an dùil barrachd a dhèanamh a rithist le Barbour EHS anns am bliadhna a tha romhainn.

3.4 Tha am buidheann air a bhith ag obair gu dìcheallach gus na modhan-obrach againn a' leasachadh. 'S e iad seo cuid de na gnìomhan:

- Pileat air obair 'hybrid' gus seo a steidheachadh airson a h-uile neach-obrach gu foirmeil. Tha a mhòr-chuid de luchd-obrach a-nis san t-oifis dà là san t-seachdain.
- Conaltradh cunbhalach – an dà chuid, foirmeil – m.e. coinneamhan Aon Sgioba, cleachdadh bathar-bog Microsoft Engage gus fios a sgaoileadh don bhuidheann.
- Taic le uidheamachd, m.e. sgrìonaichean, càballan ceangal anns na h-oifisean agus ann an dachaighean far an robh seo iomchaidh.

- Ceisteachan a' sgaoileadh air luchd-obrach a thaobh cleachdadh uidheamachd sgrion taisbeanaidh.
- Rinn luchd-obrach trèanadh air Slàinte is Sàbhailteachd air loidhne tro bathar-bog Peninsula agus chaidh luchd-obrach san Optima air trèanadh Marasgal Teine agus Ciad-fhuasgladh san Àite Obrach.
- Chaidh measaidhean cunnart ùr an sgrìobhadh a thaobh Sàrachadh Cleamhnasach agus lèirmheas a dhèanamh air na measaidhean stèidhichte againn.

4. Moladh

4.1. Aontachadh ris an t-aithisg gus an tèid fhoillseachadh gu poblach.

5. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 5.1. Buidhean air Ionmhas: Cha bhi buaidh air ionmhas.
- 5.2. Buidhean air Luchd-obrach: Cha bhi buaidh air luchd-obrach.
- 5.3. Buidhean air Trèanadh: Cha bhi buaidh air trèanadh.
- 5.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha seo a' cur ris an t-amas chorporra gun cum Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
- 5.5. Buidhean air Cliù: Cha bhi buaidh air cliù.
- 5.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.
- 5.7. Buidhean Laghail: Bith an aithisg seo a cumail ri dleastanasan laghail aig Bòrd na Gàidhlig.
- 5.8. Buidhean air Co-ionannachd: Cha bhi buaidh air co-ionannachd.
- 5.9. Buidhean air an Àrainneachd: Bith an t-obair san aithisg seo a cur ri gnothachasan soirbheachail airson an àrainneachd.

6. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☐	Gnothachasan soirbheachail is	
Cultar	☐	ùr-ghnathach	☒
Àrainneachd	☒	Coimhearsnachdan	☐
Slàinte	☐	Bochdainn	☐
Foghlam	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Clann is Òigridh	☐	Eaconomaidh	☐

7. Cùrsa Riaghlachais

7.1. Ghabh an Sgioba-stiùiridh fa-near a' phàipeir seo air XX An Giblean 2025.

8. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

8.1. Tha am pàipear seo fosgailte don phoball.

Coinneamh:	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là:	06 Cèitean 2025
Tìotal:	Aithisg Bhliadhnail na Comataidh
Gnìomh a dhith:	Ri Aontachadh
Àireamh pàipear:	6.1
Neach-labhairt:	Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard
Pàipearan-taic:	PT1 Aithisg Bhliadhnail CPG 24/25

1. Adhbhar

- 1.1. Aithris air an obair a rinn a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan airson na bliadhna 2024/25.

2. Cùl-fhiosrachadh

- 2.1. Tha am pàipear seo a' mìneachadh prìomh obair na comataidh thar na bliadhna a dh' fhalbh. Tha e cuideachd ag innse mu bhallrachd na comataidh, làthaireachd aig a' chomataidh agus na h-oifigearan a thug taic don chomataidh.

3. Moladh

- 3.1. Thathar ag iarraidh air a' Chomataidh beachdachadh air an aithisg bhliadhnail a chithear ann an PT1 agus aonta a chur ris an aithisg gus an tèid a chur am beulaibh a' Bhùird-stiùiridh aig an ath choinneamh aca san Ògmhios 2025.

4. Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdadh

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Cha bhi gin ann.
- 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Cha bhi gin ann.
- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Cha bhi gin ann.
- 4.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdadh agus Corporra: Tha an aithisg bhliadhnail a cuir ris an amas corporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aca.
- 4.5. Buidhean air Cliù: Cha bhith gin ann.
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Cha bhi gin ann.
- 4.7. Buidhean Laghail: Tha an aithisg a' sealltainn gu bheil a' Chomataidh a' coileanadh nan dleastanasan aice, agus tha cuid dhiubh mar dleastanasan reachdail is laghail.
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: Chan eil gin ann.
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: 'S e an aon buaidh a tha air an àrainneachd nach robh aig buill no oifigear a bhith a' siubhal airson nan coinneamhan is tha sin math a thaobh na h-àrainneachd.

5. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☐	Clann is Òigridh	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

6. Cùrsa Riaghlachais

6.1. Dh'aontaich an Sgioba-stiùiridh ri susbaint a' phàipeir seo air 25/04/2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

7.1. Tha am pàipear seo fosgailte don phoball.

Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Goireasan dhan Bhòrd Stiùiridh

1. Cùl-fhiosrachadh

- 1.1. Bidh a' Chomataidh Poileasaidh is Goireasan (CPG) a' dèanamh aithris gach bliadhna dhan Bhòrd-stiùiridh air a h-obair thar na bliadhna, agus air na h-aithisgean a chaidh a thoirt dhan Chomataidh le luchd-rannsachaidh is eile.
- 1.2. Tha an Aithisg Bhliadhnail seo air a toirt seachad às leth na Comataidh Poileasaidh is Goireasan agus i a' coimhead air a h-obair eadar an Giblean 2024 agus am Màrt 2025.

2. Tar-shealladh

- 2.1. Tha ùine na h-Aithisg Bliadhnail seo a' gabhail a-steach beachdachadh air na cunntasan deireannach airson 2024/25.
- 2.2. Tha a' Chomataidh air a bhith a' cumail sùil air obair oifigearan agus luchd-rannsachaidh a chaidh a chur air bhonn leis a' bhuidhinn.
- 2.3. Choinnich a' Chomataidh ceithir tursan rè àm na h-aithisg seo.

3. Obair na comataidh

Coinneamhan CPG

- 3.1. Tha Pàipear-taice A a' liostadh ballrachd na Comataidh thar ùine, a bharrachd air luchd-frithealaidh cunbhalach bhon Sgioba Stiùiridh.
- 3.2. Chùm CPG coinneamhan air:
 - 07 Cèitean 2024
 - 10 Sultain 2024
 - 05 Samhain 2024
 - 28 Gearran 2025
- 3.3. Chaidh na coinneamhan uile a chraoladh beò air Teams Live. Thug Cathraiche na CPG seachad dreachd de na geàrr-chunntasan airson seachd de na coinneamhan aig CPG dhan ath choinneimh Bùird-stiùiridh.

4. Prìomh ghnìomhan

- 4.1. A bharrachd air aithisgean bhon luchd-stiùiridh air adhartas air plana gnìomh 2024-25 agus aithisgean ionmhais, bheachdaich a' Chomataidh air grunn chùisean eile tron bhliadhna.

- 4.2. Tha dleastanas air a' Chomataidh gus planaichean Gàidhlig a sgrùdadh agus aontachadh. Thèid na planaichean seo a sgrùdadh leis an Sgioba Stiùiridh mus tèid iad air adhart dhan Chomataidh. Tron ùine Giblean 2023 gu Màrt 2024, dh'aontaich a' Chomataidh ri 8 Planaichean Gàidhlig:

Comhairle Baile Dhùn Èideann
Comhairle na Gàidhealtachd
Comhairle Pheart is Cheann Rois,
Siorrachd Rinn Friù an Ear
Comhairle Mhoireibh
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

- 4.3. Dh'aontaich CPG grunn iarrtasan taic-airgid. Dh'aontaich a' Chomataidh ris na Prìomhachasan is Bun-riaghailtean aig Sgeamaichean Taic-airgid ùra 2024/25.
- 4.4. Fhuair a' Chomataidh aithisg air buaidh taic BnG air obair òigridh is chuir iad fàilte air an adhartas.
- 4.5. Fhuair a' Chomataidh aithisgean cunbhalach air cuspairean co-cheangailte ri ionmhas agus adhartas le Plana Ghnìomh 23/24. Fhuair iad cuideachd aithisgean air feachd-obrach, a' gabhail a-staigh trèanadh is leasachadh, slàinte is sàbhailteachd agus pàrantan corporra
- 4.6. Fhuair a' Chomataidh aithisgean cunbhalach air cuspairean co-cheangailte ri foghlaim, mar eisimpleir adhartas air fòghlam àrd-sgoile agus adhartas air a' trusadh agus a' gleidheadh luchd-teagaisg. Chaidh aontachadh gun robh seo a' dùblachadh an fhiosrachaidh a bhathas a' toirt don Bhòrd agus mar sin chaidh an nì seo a thoirt air falbh bhon phlana-obrach.
- 4.7. Dh'aontaich a' Chomataidh ris na poileasaidhean a leanas:
- Poileasaidh air Mì-chnàthachadh Shusbaintean agus Alcoil
Deagh Shunnd agus Trom-uallach
Poileasaidh Chùisean Gearain; Poileasaidh Trusaidh
Poileasaidh airson Stiùireadh Neo-làthaireachd
Poileasaidh Smachdachaidh
Poileasaidh airson Strì eadar Com-pàirtean
Poileasaidh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas agus Poileasaidh na Meadhanan Sòisealta
- 4.8. Chaidh taisbeanaidhean a thoirt dhan Chomataidh bho Comunn na Gàidhlig agus Iain Mac a' Mhaoilean (Stiùiriche Bhòrd na Gàidhlig).

5. Co-dhùnaidhean

- 5.1. Tha a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan den bheachd gu bheil i air a bhith soirbheachail ann a bhith a' toirt air adhart prìomhachasan corporra a' Bhùird-stiùiridh rè ùine na h-aithisg bliadhnail seo.
- 5.2. Feuchaidh a' Chomataidh ri sùil a chumail air dòigh-obrach agus dòigh-làimhseachaidh na buidhne a thaobh prìomhachasan corporra, eadar poileasaidhean, ro-innleachdan agus goireasan a chur gu feum anns an dòigh as èifeachdaiche.
- 5.3. Bu toil leam taing a thoirt do Bhuill eile a' Bhùird-stiùiridh a bha air a' CPG. Bu mhath leam taing a thoirt dhan Sgioba-stiùiridh agus dhan Sgioba Rianachd cuideachd airson an cuid taice ann a bhith a' cur coinneamhan comataidh air dòigh agus ag ullachadh phàipearan agus airson an deòin, agus an dìcheall a bhith daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air an dòigh sa bheil sinn ag obair.

Paipear Taic 1: Ballrachd Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan aig Bòrd na Gàidhlig
Giblean 2024 gu Màrt 2025

Buill:

Seonaidh Charity (Cathraiche)

Dòmhnall MacAoidh (Ball Chomataidh gu 30mh Sultain 2024)

Màiri T NicAonghais (Ball Chomataidh bho 1mh Dàmhair 2024)

Michelle NicLeòid

John Neil Dòmhnallach

Làthaireachd:

Ball	Àireamh de choinneamhan 2024-25	Làthaireachd
Seonaidh Charity	4	4
Màiri NicAonghais	2	2
Dòmhnall MacAoidh	2	2
Michelle NicLeòid	4	3
John Neil Dòmhnallach	4	4

An Làthair gu cunbhalach:

Sgioba-stiùiridh

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche

Jennifer McHarrie, Stiùiriche

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra

An Làthair gu neo-chunbhalach:

Oifigearan

Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan

Karen Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Ghnìomhan

Taobh a-muigh

Cha robh gin ann.

Coinneamh:	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là:	06 Cèitean 2025
Tìotal:	Bun-riaghailtean na Comataidh
Gnìomh a dhìth:	Ri Aontachadh
Àireamh pàipear:	6.2
Neach-labhairt:	Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard
Pàipearan-taic:	PT1 Bun-riaghailtean na Comataidh

1. Adhbhar

- 1.1. 'S e adhbhar na h-aithisg seo, cothrom a thoirt do Bhuill na Comataidh beachdachadh air Bun-riaghailtean airson na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan, agus ballrachd na Comataidh; agus molaidhean a thoirt seachad ma tha atharraichean sam bith a dhìth gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi siostaman-riaghlaidh èifeachdach ann fhathast.

2. Cùl-fhiosrachadh

- 2.1. 'S e an aon atharrachadh air bun-riaghailtean na comataidh ùrachadh air ballrachd na comataidh.

3. Prìomh Aithris

- 3.1. Tha na atharraichean ri fhaicinn ann an dearg.

4. Moladh

- 4.1. Thathar ag iarraidh air a' Chomataidh beachdachadh air na bun-riaghailtean a chithear ann an PT1 agus aonta a chur riutha gus an tèid a chur am beulaibh a' Bhùird-stiùiridh aig an ath choinneamh aca san Ògmhios 2025.

5. Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach

- 5.1. Buidhean air Ionmhas: Cha bhi gin ann.
- 5.2. Buidhean air Luchd-obrach: Cha bhi gin ann.
- 5.3. Buidhean air Trèanadh: Cha bhi gin ann.
- 5.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha bun-riaghailtean a' cuir ris an amas choprporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aca.
- 5.5. Buidhean air Cliù: Cha bhith gin ann.
- 5.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Cha bhi gin ann.
- 5.7. Buidhean Laghail: Tha bun-riaghailtean cudromach a thaobh a bhith a' cumail taic ris a' bhuidheann ann an coileanadh dleastanasan reachdail is laghail, agus a thaobh deagh riaghladh.
- 5.8. Buidhean air Co-ionannachd: Chan eil gin ann.
- 5.9. Buidhean air an Àrainneachd: Chan eil gin ann.

6. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☐	Clann is Òigridh	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

7. Cùrsa Riaghlachais

7.1. Dh'aontaich an Sgioba-stiùiridh ri susbaint a' phàipeir seo air 25/04/2025.

8. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

8.1. Tha am pàipear seo fosgailte don phoball.



NA BUN-RIAGHAILTEAN
A' CHOMATAIDH POILEASaidh IS GHOIREASAN

Tha am Bòrd Stiùiridh air Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a stèidheachadh mar Chomataidh den Bhòrd-stiùiridh gus taic a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' coileanadh an raon-dleastanais aige fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd Foghlam (Alba) 2016, agus airson rianachd iomlan a thoirt air stòrasan ionmhasail is goireasan daonna na buidhne.

Ballrachd

- Is iad buill na comataidh Buill a' Bhùird-stiùiridh: Seonaidh Charity, ~~Dòmhnall M MacAoidh~~ Michelle Nicleòid, John Neil Dòmhnallach agus Mairi NicAonghais.
- Bidh Seonaidh Charity sa chathair air a' chomataidh.
- Bidh rùnaireachd na comataidh air a sholarachadh leis a' Cheannard.

Aithriseadh

- Bidh a' chomataidh ag aithris gu foirmeil ann an sgrìobhadh chun a' Bhùird-stiùiridh an dèidh gach coinneamh. Mar is àbhaist, bi gearr-chunntas na coinneimh na bhun-stèidh airson na h-aithris.
- Bidh a' chomataidh a' toirt Aithisg Bhliadhnail don Bhòrd-stiùiridh, ann an deagh ùine gus taic a thoirt a thaobh crìoch a chur air an aithisg bhliadhnail agus air an aithris air riaghladh, anns an toir a' chomataidh gearr-chunntas air na co-dhùnaidhean a rinneadh bhon obair aice rè na bliadhna.

Uallaichean

Bidh a' chomataidh

- a' cumail sùil air adhartas ùghdarrasan poblach ann an cur an gnìomh an cuid phlanaichean cànanain;
- a' ceadachadh Prìomhachasan Ro-innleachdail airson Phlanaichean Cànanain;
- a' cumail sùil air adhartas an aghaidh targaidean is crìochan mar a chuireadh an cèill anns na Planaichean Corporra agus Gnìomh aig Bòrd na Gàidhlig;
- a' ceadachadh ro-innleachdan air rannsachadh agus fiosrachadh;
- a' ceadachadh Plana Ionmhasail sa Mheadhan-ùine (MTFP) ceangailte ris a' phlana chorporra agus ris an Ro-innleachd Ionmhasail sa Mheadhan-ùine aig Riaghaltas na h-Alba, agus a' moladh a' Phlana ris a' Bhòrd Stiùiridh;
- a' ceadachadh a' bhuidseit bhliadhnail (aig a bheil ceanglaichean soilleir ris an MTFP) agus a' moladh buidseat na buidhne ris a' Bhòrd-stiùiridh;
- a' cumail sùil air teachd-a-steach agus caiteachas an aghaidh bhuidseatan ùghdarraichte;
- a' dèanamh lèirmheas air cùisean is co-dhùnaidhean cudromach a thaobh aithriseadh ionmhasail;
- a' leasachadh agus a' ceadachadh poileasaidh corporra agus ro-innleachdan, nam measg air obrachadh ann an com-pàirteachas;
- a' sgrùdadh agus ag aontachadh atharraichean sònraichte gu poileasaidhean daonna;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil rianachd èifeachdach ann airson chùisean ceangailte ris an luchd-obrach taobh a-staigh na buidhne;
- a' ceadachadh atharrachaidhean mòra ris na structaran airson luchd-obrach agus gu luchd-obrach a bharrachd mar a tha an Ceannard a' socrachadh;

- a’ marasgladh ullachaidhean a’ Chòd Ghiùlain airson Buill Bhòrd na Gàidhlig agus mar a tha stiùireadh no atharrachaidhean poileasaidh sam bith air an toirt a-steach ann an co-rèir ri ullachaidhean a’ Chòd; agus
- a’ beachdachadh air cùisean sam bith eile a dh’fhaodar am Bòrd-stiùiridh òrdachadh no Ministearan na h-Alba a riaghladh bho àm gu àm.

Bidh a’ Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan cuideachd a’ dèanamh lèirmheas air a’ choileanadh is èifeachdas aice fhèin gach bliadhna agus ag aithris toraidhean an lèirmheis sin don Bhòrd-stiùiridh. Beachdaichidh Cathraiche na Comataidh air lèirmheas sam bith air ballrachd le Cathraiche a’ Bhùird-stiùiridh.

Còraichean

Faodaidh a’ chomataidh:

- buill a bharrachd a cho-thaghadh gus sgilean, fios agus eòlas sònraichte a thoirt dhan bhuidhinn;
- comhairle shònraichte fhaighinn air stèidh ad-hoc agus sin air a phàigheadh leis a’ bhuidhinn, le ùmhlachd do chead buidseit bhon Bhòrd-stiùiridh no bhon Oifigear Chunntachail.

Ùghdarras

Tha a’ chomataidh ùghdarraichte le Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig na leanas, às an leth, a cheadachadh:

- Planaichean Gàidhlig
- poileasaidhean obrachaidh
- poileasaidhean air luchd-obrach
- sgeamaichean thabhartasan is duaisean, ann an co-rèir ris an Sgeama airson Ùghdarras air a Thiomnadh

Coinneamhan

Is iad modhan na comataidh:

- bidh a’ chomataidh a’ coinneachadh co-dhiù ceithir tursan gach bliadhna. Faodaidh Cathraiche na Comataidh coinneamhan a bharrachd a ghairm, mar a tha e/i ga mheas riatanach;
- mar ìos-mheud, bidh dithis bhall den Chomataidh an làthair mus bi coinneamh air a meas cuòraichte;
- am bitheantas, bidh an Ceannard an làthair aig coinneamhan na Comataidh, agus far a bheil cùisean ann a tha a’ buntainn ris na dreuchdan aca bidh buill eile den Sgioba-stiùiridh an làthair;
- faodaidh a’ Chomataidh iarraidh air oifigich sam bith eile bhon bhuidhinn a bhith an làthair gus a cuideachadh le còmhraidhean air cùis shònraichte;
- faodaidh a’ Chomataidh iarraidh air a h-uile duine a tha an làthair nach eil nam buill den Chomataidh, no air feadhainn dhiùbhsan, a tharraing air ais gus deasbad fosgailte is fosgarra fhurastachadh air cùisean sònraichte;

- faodaidh am Bòrd Stiùiridh no an Ceannard iarraidh air a' Chomataidh coinneamhan a bharrachd a ghairm gus cùisean sònraichte a dheasbad air a bheil iad ag iarraidh comhairle na Comataidh.

Coinneamh:	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là:	06 Cèitean 2025
Tìotal:	Plana Obrach na Comataidh
Gnìomh a dhìth:	Ri Aontachadh
Àireamh pàipear:	6.3
Neach-labhairt:	Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard
Pàipearan-taic:	PT1 Plana Obrach 2025/26

1. Adhbhar

- 1.1. Gus prògram-obrach na Comataidh aontachadh

2. Cùl-fhiosrachadh

- 2.1. Tha prògram-obrach aig an dà Chomataidh agus aig a' Bhòrd-stiùiridh aig Bòrd na Gàidhlig. Tha iad feumail ann am planadh agus ann an dearbhadh gun tèid na cuspairean iomchaidh is cunbhalach air beulaibh choinneamhan.

3. Prìomh Aithris

- 3.1. Tha am prògram stèidhichte air gnàth-riaghailtean na Comataidh, agus air na thachair am-bliadhna.
- 3.2. Tha sùbailteachd sa phlana-obrach a leigeas leinn rudan a ghluasad gus dèanamh cinnteach gu bheil a' chomataidh gan deasbad aig an àm iomchaidh.
- 3.3. Chan eil fiosrachadh às ùr air Sgrùdadh Ràitheil air PCCan aig a' choinneimh seo oir chaidh an ùrachadh a thoirt don Bhòrd sa Mhàrt. Thathas a' moladh Sgrùdadh Ràitheil air PCCan a thoirt air falbh bhon phlana-obrach mar a thathar ag aithris don bhòrd

4. Moladh

- 4.1. Aonta a chur ris a' phlana obrach airson 2025/26.

5. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 5.1. Buidhean air Ionmhas: Cha bhi gin ann.
- 5.2. Buidhean air Luchd-obrach: Bidh am plana obrach a' toirt stiùir dhan sgioba air an obair a tha a dhìth airson aithisgean a chur chun na Comataidh.
- 5.3. Buidhean air Trèanadh: Cha bhi gin ann.
- 5.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha am pàipear seo a' cur ris an amas gun cum Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
- 5.5. Buidhean air Cliù: Tha e cudromach do chliù na buidhne gu bheil siostaman ann a bhios a' dearbhadh gu bheil deagh riaghlaidh aig a' bhuidhinn.
- 5.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Cha bhi gin ann.
- 5.7. Buidhean Laghail: Bidh am plana obrach a' cur ri coileanadh nan dleastanasan reachdail agus deagh riaghlaidh aig BnG.

5.8. Buaidhean air Co-ionannachd: Chan eil buaidh dhìreach air co-ionannas tron phlana seo ach bidh oifigearan a' Bhùird a' cumail sùil air cùisean co-ionannachd mar phàirt den phròiseas dearcnachaidh ann an co-bhonn leis an ùghdarras seo.

5.9. Buaidhean air an Àrainneachd: Cha bhi gin ann.

6. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☐	Clann is Òigridh	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

7. Cùrsa Riaghlachais

7.1. Dh'aontaich an Sgioba-stiùiridh ri susbaint a' phàipeir seo air 25 Giblean 2025.

8. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

8.1. Tha am pàipear seo fosgailte don phoball.

A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan (CPG) Plana Obrach 2025/26		Cèitean 08/05/2025	Sultain 09/09/2025	Gearran 10/02/2026	Coinneamhan Ad Hoc
Puingean Stèidhichte	Cùisean Tòiseachaidh/Fàilte	√	√	√	√
	Geàrr-chunntas na coinneamh mu dheireadh	√	√	√	
	Clàr gnìomhan	√	√	√	
	Plana-obrach na Comataidh	√	√	√	
	Lèirmheas air a' choinneamh	√	√	√	√
	Taisbeanadh	✗	√	√	
	Aithisg air Leasachaidh	√	√	√	
Deagh Riaghladh	Poileasaidhean Daonna	√	√	√	
	Suirbhidh Luchd-obrach		√		
	Ro-innleachd ICT		√		
	Ùrachadh Bun-Riaghailtean na Comataidh	√			
	Èifeachdas na Comataidh		√		
	Aithisg Bhliadhnail na Comataidh	√			
	Dàta Daonna	√			
	Slàinte is Sàbhailteachd	√			
	Sgrùdadh Ràitheil den PCC 25/26	✗			
	Plana Corporra				
Ionmhas	Aithisg Ràitheil air Ionmhas	√	√	√	
	Tabhartasan eadar £50,001 agus £100,000	✗	√	√	
	Buidseat Bliadhnail agus Plana Ionmhas Meadhan-teirm			√	
	Aithisg Bliadhnail air Solarachadh	√			
Cleachdadh	Planaichean Gàidhlig	√	√	√	√
	Adhartas nam Prìomh Buidhnean Lìbhrigidh		√	√	
	Molaidhean Taic-airgid nam prìomh buidhnean			√	
Puingean Ad-hoc	Buaidh bho thaic BnG air obair òigridh	✗	√		